

Saoghal Bana-mharaiche

Cunntas Beul-Aithris
mu Bheatha Muinntir an Iasgaich
ann am Machair Rois



Isbeil Anna (bean Uilleim MhicAonghais) aig an taigh an 'Nairnview', Baile a' Chnuic.

Saoghal Bana-mharaiche

Cunntas Beul-aithris
mu Bheatha Muinntir an Iasgaich
ann am Machair Rois

air a dheasachadh
le

Seòsamh Watson

Clann Tuirc
2007

Air fhoillseachadh airson na ciad uarach an Albainn an 2007 le
Clann Tuirc, Tigh a' Mhaide, Ceann Drochaid, Siorrachd Pheairt FK17 8HT.

Air a chlò-bhualadh sa Chuimrigh le Gwasg Gomer, Llandysul.

ISBN 978-0-9549733-4-6

© an teags: Seòsamh Watson 2007
© nan dealbhan: Seòsamh Watson 2007

An dealbh-aghaidh le cead bho Urrasairean Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba.

Na còraichean uile glèidhete. Chan fhaodar pàirt sam bith den leabhar seo ath-rioichdachadh an cruth sam bith, no air dòigh sam bith, gun chead ro làimh bhon fhoillsichear.

Chuidich Comhairle nan Leabhrachean am foillsichear le cosgaisean an leabhair seo, agus Ollscoil na hÉireann mar an ceudna.

Do Vivien Hick
deagh chompanach mo bheatha



CLÀR-INNSE

FACAL-TOISICH	xvii
RO-BHRIATHAR	xxi
SAMHLAIDHEAN IS GIORRACHAIDHEAN	xxv
RO-RÀDH	
NA BAILTEAN	xxvii
AN LUCHD-AITHRIS	xxix
NA TEAGSAICHEAN	xxxiii
AN DÒIGH DEASACHAIDH	xxxiv
AN CEART-SGRÌOBHADH	
CONNTRAGAN: Roinn; Càileachd; Rang; Sreathan Connraig; Eileamaidean toisich neo- eachdraidheil; Atharrach dhreach	xxxiv
FUAIMREAGAN: Càileachd; Buanas; Svarabhakti; Teasgadh toisich; Teasgadh deiridh; Teasgadh meadhain	xxxv
ATHARRACHAIDHEAN TOISICH: Sèimheachadh; <i>h-</i> ; <i>t-</i> ; ainmearan gnìomhaireach an ceann abairtean	xxxvi
CRUTH-EÒLAS: Ainmearan is buadhairean; An t-alt; Roimhearan; Roimhearan riochdaireil le <i>seo</i> , <i>sin</i> , <i>siud</i> ; Roimhearan fillte; Riochdairean; Buadhairean seilbheach; Co-ghnìomhairean; An gnìomhair riaghailteach; An gnìomhair neo-riaghailteach; Naisgearan is mion-flacail eile	xliv
CO-RÈIR: Ainmearan gnìomhaireach; Riochdairean	xliv
MEASGACHADH CHRUTH: Roimhearan; Clàsan dàimheach; Gnìomhairean	
MU CHLÀR NAM FACAL	xlv

I

NA BANA-MHARAIKEAN

AG ULLACHADH AN ÈISG

- | | |
|---------------------------------------|---|
| (1) Ga smocadh | 1 |
| (2) Ag obair aig an taigh | 2 |
| (3) Pollaich a bha mar <i>magenta</i> | 3 |
| (4) 'A' smocadh iasg le seann bòtan' | 5 |
| (5) A' bhean nach d' robh giùlan | 5 |

A' CREIC AN ÈISG

- | | |
|----------------------|---|
| (6) An adag gun spot | 7 |
| (7) Na muirceanan | 7 |

A' DOL AIR ASTAR

- | | |
|--|----|
| (8) Àird mo cheann! | 8 |
| (9) A' bhean a chaidh dochair | 8 |
| (10) An dròbhair | 9 |
| (11) A' <i>filletigeadh</i> air an trèan | 9 |
| (12) <i>Yard</i> mòr Bhaile an Todhair | 13 |

DOL AIR FALBH BHON DÙTHAICH

- | | |
|----------------------------------|----|
| (13) Am boireannach anns an t-ìm | 14 |
|----------------------------------|----|

AN SAOGHAL ANN AN YARMOUTH

- | | |
|---|----|
| (14) An obair | 15 |
| (15) A' falbh le làraidh a' ghuail gu Lowestoft | 17 |
| (16) A' ceannachd ad | 18 |
| (17) 'Scotch Maggie' | 19 |
| (18) A' bhean eireachdail | 19 |

II

AN T-IASGACH

NA MARAICHEAN

- | | |
|----------------------|----|
| (19) 'Bata da fhèin' | 21 |
|----------------------|----|

(20) An lion aig an duine sa phrìosan	22
(21) A' cur clachan anns na sgùileachan	23
(22) A' ceannachd <i>watch</i>	25
(23) Fear a bha ag obair is e na chadal	25
(24) <i>Insurance</i>	25
(25) A' chiad sgoth le <i>engine</i>	27

AM BAOIT

(26) Ag iarraidh maorach	27
(27) An coidse is paidhir	28

III

AN SEÒLADH

(28) A' seòladh sna tìrean fada às	29
(29) Balaich Steòrnabhagh	31
(30) An tir ann am Barraigh	32
(31) 'Cogga' a' dannsadh lomnochd	32

IV

AIR MHUINNTIREAS

(32) Isbeil Anna air uachdar Evanton	33
(33) Magaidh agus Mrs Fraser	33
(34) Cogga na <i>bhoots</i>	36
(35) Air mhuinntireas an taigh doctair	37

V

AM FEARANN

(36) An <i>gamekeeper</i>	37
(37) Am buntàta	38
(38) An cruidh	39
(39) An ciobair sa chùirt	39
(40) An spiorad	40
(41) Fead Lachaidh	41

VI

SAOGHAL NAN DAOINE

NA TREABHAIR: AN TUGHADH

- | | |
|-----------------------------------|----|
| (42) Am fear a bha creic fodar | 42 |
| (43) A' dèanamh tughadh | 42 |
| (44) A' pàigheadh na <i>taxes</i> | 45 |

NA TREABHAIR: AN TEINE

- | | |
|------------------------------|----|
| (45) An gual aig Port Làirig | 45 |
|------------------------------|----|

AM BIADH

- | | |
|--|----|
| (46) 'A rèir is mar thuiteas' | 46 |
| (47) Am prìne anns an t-ìm | 47 |
| (48) A' bruich faochagan | 47 |
| (49) A' bheanag a' coimhead na deaghaidh fhèin | 48 |

NA BEATHAICHEAN

- | | |
|---|----|
| (50) A' chearc agus fear a' bhùth | 49 |
| (51) A' chearc a dh'fhalbh gus na ceàirdean | 49 |
| (52) ' <i>No see piggy</i> ' | 51 |
| (53) 'Rinn thu murt!' | 51 |
| (54) An t-each a thuit air a' bhoireannach | 52 |
| (55) 'Joe' an t-each | 53 |
| (56) An t-each a bha aig na ceàirdean | 53 |
| (57) 'Mac' air chall | 55 |
| (58) Magaidh anns an dorcha | 55 |
| (59) 'Idir, idir' | 56 |
| (60) An cù bho Norway | 57 |

NA BÙTHAN

- | | |
|--------------------------------|----|
| (61) A' bhùth aig Mr Denoon | 57 |
| (62) An tè nach robh pàigheadh | 59 |
| (63) An tè bheag anns a' bhùth | 60 |
| (64) Ag iarraidh <i>syrup</i> | 60 |

AN EAGLAIS

(65) Ministear gun ghràs	61
(66) A' coimhead ri <i>Punch</i>	61
(67) An <i>Grecian band</i>	62
(68) An <i>catechising</i>	62
(69) An ofrail	63
(70) Na h-Òrdraigheannan an Tairbeart	65
(71) Nàbaidhean a' carraig	66
(72) An uaigh dochair	66
(73) An seann seacaид aig a' mhinistear	67
(74) Duine nach robh siubhal ceart	68
(75) 'Bu tu mo ghlig!'	68
(76) A' gabhail an Leabhar	69
(77) An dà chraobh	69

A' BHUIDSEACHD

(78) Leigheas airson foinneachan	69
(79) Uisge airgid	70
(80) A' bhana-bhuidse	70
(81) An nota a chaidh air chall	70
(82) 'Carson a dh'fhàg thu Dan?'	71
(83) An ìomhaigh	72
(84) An neapaig san t-seann seacaид	73
(85) An radan san t-shed	74
(86) Teip dubh	75

AN T-SLÀINTE

(87) Na dealachan	76
(88) An leigheas air an at-sgòrnain	77
(89) 'Chan e seo mo làimh-sa!'	78
(90) Aig an fhiac Claire	78
(91) Am fiaclare an Stronsay	79

AM PÒSADH	
(92) An oidhche ron phòsadhd	80
(93) Diabhlairachd air oidhche a' bhainis	81
(94) Am prèasant aig a' phòsadhd	81
(95) Na deargadan	81
(96) An duine bha subhach	82
(97) Cupal òg a' faighinn taigh	83
(98) Ag iarraidh faidhreanan	83
(99) 'Chan eil diofar'	84
A' CHLANN	
(100) Am pàigheadh aig a' bhean-ghlùine	84
(101) Cùm ort!	85
(102) Plangaid airson leanaibh	85
NA SEANN DAOINE	
(103) A' dol a laighe lomnochd	86
(104) Seann chupal a' dol a laighe	87
(105) A' cur athair gus an taigh-bhochd	87
AM BÀS	
(106) An taigh-faire	87
(107) 'Bidh am bàs againn duinn fhèin'	88
A' GHÀIDHLIG	
(108) An dìol-urras a' dol gu Canada	88
(109) An duine-uasal air an trèan	89
(110) Air an trèan còmhla ri Dr Myles	90
(111) A' dol 'n an sgoil an toiseach	90
(112) Na mionnan aig na brogaich	91
(113) A' toirt a' ghuail a-steach gu Barraigh	91
(114) Seann lsbeil is na brogachanan òga ann am Barraigh	91
NA CEÀIRDEAN	
(115) Am pòsadhd aig na ceàirdean	92

(116) Bana-cheàrd a' breith leanabh	93
(117) Bana-cheàrd a' goid	94
(118) An ceàrd sa bhùth	94
(119) Geordie a' toirt guail do na ceàirdean	94
(120) Duanag nan ceàirdean	95
(121) An aithis aig a' bhana-cheàrd	95

VII
FEARAS-CHUIDEACHD

CUR-SEACHADAN

(122) A' seinn anns na <i>concertan</i>	96
(123) Am <i>phonograph</i>	97
(124) Duine a bha diabhaltaidh math	97
(125) Falach-fead	98
(126) A' cluich a' <i>football</i>	98

NA FÈILLTEAN

(127) Oidhche Shamhna	99
(128) An dà mhuc	100
(129) An <i>Loch Ness Monster</i>	101
(130) Na stocaidhean aig a' Challainn	101

AN TOMBACA

(131) Mar thòisich duine a' smocaigeadh	102
---	-----

AN DEOCH

(132) An duanag a bha aig an smeòrach	102
(133) Botal teatha an àite an ruma	102
(134) Am botal dubh	103
(135) Wully agus an t-airgead aig an <i>rent</i>	104
(136) Wully agus an <i>carbolic</i>	105
(137) An tàillear misgeil	105
(138) A' bhean nach robh faighinn mòran airgid	106
(139) Am botal <i>Congo</i>	107

VIII

EACHDRAIDH NA DÙTHCHA

AN T-SEANN AIMSIR

(140) Beinn an Uig	108
(141) Poit òir aig Port Làirig	108
(142) An <i>Linnet</i>	108

TÌM A' CHOGAIDH

(143) Bellag a' falbh leis na saighdeirean	110
(144) An <i>Natal</i>	111
(145) An <i>Jellicoe</i>	112
(146) Nolda	112
(147) An <i>chantie</i>	115
(148) A' còcaireachd anns an <i>drome</i>	115
(149) A' ghlainne aig an lampa	119
(150) A' dèanamh stiudha anns an <i>drome</i>	119
(151) <i>I'm Baile a' Chàil too!</i>	120

NOTAICHEAN AIR NA NAIDHEACHDAN	121
--------------------------------	-----

IX

SEANFHACLAN

AM BÀS

142

AN DÀN

142

DÀIMH

145

FIALAIDHEACHD IS SPÒCAIREACHD

146

SEALBH IS MÌ-SHEALBH

147

AN T-SLÀINTE

149

PÒSADH

149

AM FREASTAL

150

GNÈITHEAN IS FEARTAN AN DUINE

154

OILEAN AGUS FOGLHAM

157

BEARTAS IS INBHE	158
------------------	-----

X
GNÀTHASAN-CAINNT

AM FREASTAL	159
AN DÀN	160
DÀIMH	160
FIALAIDHEACHD IS SPÒCAIREACHD	160
BEARTAS IS INBHE	161
AN AIMSIR AGUS RÀITHEAN NA BLIADHNA	161
CREIDEAMH	162
ABAIRTEAN A' DÈANAMH FEALLA-DHÀ MU THOGAIL FUINN	163
GIÙLAN	164
BEANNACHAIDHEAN	165
MOLAIDHEAN	169
DROCH GHUIDHEAN/ MASLADH	169
NA MEÒIREAN	170
DAOINE	171
SAMHLAIDHEAN	172
AN T-OS-NÀDAR	173
AMALAIDHEAN-CAINNT	174
AN CÀNAN	175
ÀITEAN IS LUCHD-ÀITEACHAIDH	175

XI
'AN LINNET MHÒR'

Ro-ràdh	179
'An Linnet Mhòr'	196

LIOSTA NAN CLÀRAIDHEAN	207
CLÀR NAN LEABHRAICHEAN	209
LÀRAICHEAN-LÌN	213

CLÀR NAN AINM	213
CLÀR NAN AINMEAN-ÀITE	216
CLÀR NAN CUSPAIREAN	219
CLÀR NAM FACAL	221

FACAL-TOISICH

’S ann gu math fada a tha Gàidheil na h-Albann is na h-Èireann an comain an Ollaimh Seòsamh Watson, fear den bheagan fhior eòlaichean a tha uidheamaichte ann an cànan na dà dhùthcha a tha sin, airson na rinn e de rannsachadh dian ann an raointean farsaing den fhoghlam, ann an litreachas agus ann an cànan nan Gàidheal. ’S e sgoileir a tha ann aig a bheil cliù da-rìribh an dà chuid ann an Gàidhlig na h-Albann agus ann an Gàidhlig na h-Èireann.

Os cionn a h-uile nì, ge-tà, ’s e dualchainntiche barrail a tha san duine fhoghlamaichte iol-chomasach seo, rud a ghabhas faicinn bho na sgrìobhaidhean den t-seòrsa seo a tha a' tighinn bho làimh fad dà fhichead bliadhna. ’S e a tha ann an susbaint an leabhair seo ach eisimpleir air leth de thoraidhean a chuid rannsachaidh ann an raon na Gàidhlig.

Neo-ar-thaing nach eil diofar dhualchainntichean ann. ’S ann gu math cuingealach nan dòighean-obrachaidh a tha cuid dhiubh, is gun fhòr aca ach air bun-stuth cànain agus dualchainnte a thrusadh, a mhion-sgrùdadh agus, an uair sin, an sùgh, mar gum b' eadh, a bhuineas riutha fhèin a-mhàin fhàsgadh às le dealas a thaobh eòlas fogharachd, gràmair is co-rèir. Air cho math is a tha iad air an ceàrd agus air cho cudromach is a tha an cuid rannsachaidh, chan eil e dualach dhaibh ri dealbh boillsgeanta a chruthachadh aon chuid de nàdar an luchd-aithris aca a bheir seachad am bun-stuth dhaibh gu toileach an toiseach, no de dhualchas na coimhearsnachd dam buin iad, agus is mòr am beud a tha sin gun teagamh.

A dh'aindeoin sin is uile, cha chòir cus cronaichaidh a dhèanamh air na sgoileirean a tha sin a chionn, gus an fhìrinne innse, is gum biodh feum air paileid na bu leatha na cheadaicheas dòigh-obrachaidh àbhaisteach an dualchainntiche gus beachd

a thoirt seachad air cultar sluaigh sam bith a bharrachd air feartan na dòigh-labhairt aca a sgrùdadadh is a shoilleireachadh.

Gidheadh, tha iomadach sgoileir ann dam b' àbhaist taghadh de theagsaichean fior inntinneach – sgeulachdan, fionnsgeulan, faclan òran maille ri seanfhaclan is tòimhseachain – a chur rin saothair cànanachais. Chan e a-mhàin gur e stuth leughaidh inntinneach a tha seo do dhualchainntichean ach, a thuilleadh air sin, 's e tùs anabarrach cudromach a tha ann cuideachd do luchd-rannsachaidh beul-aithris ged, mar as trice, a thathar an taic ri fiosrachadh a tha gu math easbhaidheach a thaobh an t-suidheachaidh anns an deachaidh earrainnean den t-seòrsa sin a chlàradh.

'S e brod stuth a tha anns na bloighean as fheàrr den t-seòrsa air a bheil luaidh agam an seo, mar a gheibhear air an crathadh an siud is an seo am feadh sàr obair Heinrich Wagner, *A Linguistic Atlas and Survey of Irish Dialects* agus, a bhàrr air sin, anns an leabhar ud, *Oral Literature from Dunquin*, a dh'fhoillsich e le cho-ùghdar, Nollaig Mac Congáil. 'S e obair fior neo-àbhaisteach uile-gu-lèir a bha san t-saothair bhunaitich, *Gaedhilge Theilinn*, a rinn Wagner ron sin agus tha buaidh Sheáin Uí Eochaidh ri h-aithneachadh oirre, fear a bha na thrusaire beul-aithris ann an Teileann, Co. Dhùn nan Gall, fhad 's bha an t-Eilbheiseach òg ro-ainmichte an sàs na thionnsgnadh cànanachais. B' e cnag na cùise gun do chuir fear Theilinn fo chomain mhòir e a thaobh luchd-labhairt is teagsaichean freagarrach a sholaradh dha.

Sgoileir eile nach robh aineolach air cho prìseil is a tha a' bheul-aithris a bha ann an Kenneth Jackson, fear a dh'fhoillsich an cruinneachadh iomraiteach, *Sgéalta ón mBlascaod Mhór* agus a bu bhuidhe do dh'ùghdar an leabhair seo a bhith na oileanach aige uair.

'S e an comas a tha aig Seòsamh Watson gu bheil e air an aon inbhe a bha sin a ruighinn, le chèile anns an stuth agus anns an dòigh-làimhseachaidh a chuir e gu feum san leabhar a tha seo. 'S e a tha ann, dealbh den t-saoghal ann an ceàrnaidh iomallach

den Ghàidhealtachd ann am Machair Rois a tha, mar gum b' eadh, air a thoirt air n-ais bho na mairbh is air a chur nar fianais dìreach mar a bha. B' ann anns an dùthaich àlainn mun cuairt air Baile a' Chnuic is na bailtean mara eile a choinnich Seòsamh an toiseach ris an fheadhainn mu dheireadh aig an robh Gàidhlig an àite bhon glùinean agus bhon d' fhuair e fiosrachadh mun dualchainnt aca, mar a tha e air fhoillseachadh ann an *Scottish Gaelic Studies* 14 (1985) agus ann an àitean eile.

Bho chionn beagan bhliadhnaichean, dh'aontaich e na bha e air a chruinneachadh de bheul-aithris Mhachair Rois ullachadh airson luchd-leughaidh *Béaloideas* (àir. 71 agus 72, 2001–02), bhon a bha e an-còmhnaidh na ghnàthas aig an iris altan a chur a-mach an-dràsta is a-rithist ann an Gàidhlig na h-Èireann, ann an Gàidhlig na h-Albann agus ann an Gàidhlig Mhanainn. Is mòr an toileachas a thug e dhomh fhìn, a-rèist, 's mi nam fhear-deasachaidh an dà chuid air an iris ud agus air *Northern Lights* (2002, feill-sgrìobhainn a chaidh a thabhann don Ollamh Bo Almqvist), a' chiad taghadh de na bha Seòsamh air trusadh fhoillseachadh maille ri eadar-theangachadh Beurla. Barrachd air 200 duilleag a tha ann an clò an siud uile gu lèir, is e a' gabhail a-steach cuid den chunntas as fheàrr air a' bheul-aithris shaidhbbhir a bha air uachdar anns a' cheàrnaidh ud de dh'Albainn uair dan robh.

Chan e fuidheall creiche, ge-tà, a tha sa chruinneachadh seo, is chan e measgachadh troimh-a-chèile a tha ann a bharrachd. 'S e a tha ann dheth mion-sgrùdadadh saothrachail às am faighean toraidhean a' cho-obrachaidd eadar muinntir an àite agus am fear-rannsachaidh, air dhàsan feum a dhèanamh de na sgilean aige gus an t-saothair uile a chur ann an sàr òrdugh le a caochladh earrannan agus a notaichean mìneachaidh. Cuireamaid failte, mar sin, air a' chruinneachadh phrìseil seo a tha ga chur a-mach an seo ann an cruth Gàidhlig.

Cha do choinnich mi fhìn, gu mì-fhortanach, ri neach sam bith den luchd-aithris a bha aig an Ollamh Watson, ach chòrd e gu mòr rium tachairt ri Doilidh, nighean Isbeil Anna, bean

MhicAonghais, prìomh sgeulaiche na dùthcha a bha sin. Cha tèid às mo chuimhne gu bràth am failteachadh fior Ghàidhealach a chuir i fhèin, an duine aice, Seòras, agus a banabaidh, Ceiteag Ros, orm air dhomh Baile a' Chnuic a ruighinn a' chiad latha. 'S i Doilidh a-mhàin a tha air mhairsinn an-diugh den fheadhainn dam bu chòir a' chlach-chuimhne a tha seo fhaicinn ga nochdadhdh.

Tha an t-àm an làthair a-nis àrd-mholadh a thoirt dhaibh sin uile, agus don fhoillsichear fhèin a thug comas don fhearr-chruinneachaidh agus deasachaidh a leithid de stòras beul-aithris a chur am fianais luchd na linne seo.

Séamas Ó Catháin

Ollamh Emeritus Beul-Aithris na h-Éireann

Ceannard

Lárionad Uí Dhuilearga do Bhéaloideas na hÉireann agus Cnuasach Bhéaloideas Éireann

An Coláiste Ollscoile

Baile Átha Cliath

RO-BHRIATHAR

Sluagh gun ghuth a bha ann an luchd labhairt na Gàidhlig ann am Machair Rois mun àm a ràinig mise an t-àite a' chiad uair a-riamh anns a' Ghiblean 1967. Ged a bha barrachd is fichead neach an siud aig an robh a' Ghàidhlig, cha bhiodh iad mar bu thrice a' cleachdadadh a' chànan is iad a' dèanamh còmhraidih eatarra fhèin – is cha chluinnte iomradh idir air a' Ghàidhlig ga bruidhinn ri coigreach sam bith a thigeadh bhon taobh siar: nach robh Isbeil Anna, am boireannach i fhèin bhon d' fhuair mi a' mhòr-chuid de na tha air fhoills-eachadh an seo, a' còmhnaidh fad bhliadhna chan an ath-dhoras ri tà à Eilean Leòdhais is gun ach corra fhacal Gàidhlig ri chluinntinn eatarra. 'S i an fhìrinн gu math muladach a bh' ann, mar a chaidh innseadh dhomh bho àm gu àm, gun robh barrachd den chànan ga bhruidhinn a-measg an t-sluaign bho ràinig mise an t-àite. Seach nach robh a' Ghàidhlig aig na pàrantan a bha a' togail cloinne ann, ge-tà, cha b' urrainn an cànan a chur air adhart tuilleadh – mo thruaighe! – am measg ginealaichean Gàidheil Mhachair Rois.

Ach an rud a b' urrainn 's a b' fheudar a dhèanamh, ar liom, cuimhnichean agus cuid de dh'eachdraidh a' ghinealaich mu dheireadh dhiubh a shàbhaladh is a ghlèidheadh nam faclan is nan cànan fhèin ach an cluinneadh Gàidheil eile na h-Albann is ann an ceàrnaidhean eile den t-saoghal tuairisgeul air choreigin air an t-seòrsa caitheimh-bheatha a bha ann am Machair Rois: ciamar a bha iad a' faighinn an teachd-an-tìr, dè bha aca mar chur-seachadan is mar sin air adhart. Chuir e iongnadh orm gun robh cuimhne fhathast air na h-uimhir de sheanfhaclan is de ghnàthasan-cainnte am measg an t-sluaign is ghabh mi an cothrom an cur an clò an seo an cois na bha ann de naidheachdan. Cha do mhair dhen bhàrdachd ach an

aon dàin, ach is math mar a chaidh am fear sin a chaomhnadh aig iomadach neach air feadh nam bailtean. Tha cunntas air an dàin (a chaidh a chur a-mach sa Bheurla ann an *Scottish Language* 21) agus teags an dàin, maille ri eagran ann an litreachadh an latha an-diugh agus tar-sgrìobhadh den cheòl, air am foillseachadh an seo cuideachd.

Tha mi air leth taingeil don fheadhainn seo a thug iasad dhealbhan dhomh: Dòmhnullaiona (Nic Aonghais) Bean MhicDhòmhnaill (Baile a' Chnuic): dd. 34, 54, 58; (gu h-ìosal) 4, 10, 16, 44, 64; (gu h-àrd) 20; Maighread Catriona Bean an Rosaich (Baile an Todhair) dd. 26, 30; (gu h-àrd) 4, 10, 16, 24, 44, 64; (gu h-ìosal) 20; Andrew Dowset d. 184; agus b' i a' Bh-Uas. Catriona (Mhorair) Rosach (Baile a' Chnuic), nach maireann, a thug dhomh an dealbh a tha (gu h-ìosal) air d. 24. Chuidich an Dr Seumas agus Murchag, a' Bh-Ph. Sginnearach (Baile an Todhair) anns an rannsachadh a rinn mi mu 'An Linnet Mhòr', is thoilich an t-Ollamh Colm Ó Baoill gu suilbhír tar-sgrìobhadh a dhèanamh de cheòl an dàin sin. Is mi tha taingeil dhaibh uile. Tha mi an comain mo mhic, an t-Ollamh Darach Watson, Niels Bohr Institute, Oilthigh Copenhagen, a thug cobhair dhomh bho thoiseach nuair a bha mi ag ullachadh chairtean-iùil airson na saothrach; agus fhuair mi còmhnhadh agus comhairle gu paitl is gu fialaidh mu ghnèithean den bheul-aithris bhon Ollamh Bo Almqvist.

Thug e misneach mhòr dhomh gun robh an t-Ollamh Séamas Ó Catháin, fear-deasachaидh *Béaloideas* aig an àm, toileach mòr-chuid an stutha fhoillseachadh maille ri eadar-theangachadh Beurla anns an iris sin agus ann an *Northern Lights* bho 2001 air adhart, agus tha mi a' toirt taing dhàsan gu h-àraig airson a chuideachaидh is a thaise bho fhòr thoiseach an tionnsgnaidh gus teachd an làthair an leabhair seo fhèin. Is mòr an toileachadh a tha e a' toirt dhomh gun do dh'aontaich e am Facal-toisich an seo a sgrìobhadh.

A thaobh foillsichear an leabhair seo, an Dr Richard A. V.

Cox, feumaidh mi ràdh gu bheil mi gam mheas fhèin air leth fortanach gun do ghabh esan an t-saothair seo os làimh. Chan urrainn dhomh cunntas a thoirt seachad air na dòighean uile san do chuidich e gus a cur am feabhas. Tha lorg na h-obrach fior èifeachdaich a rinn e ri faicinn ann an iomadach àite air fheadh, gu sònraichte a thaobh na comhairle a fhuair mi bhuaite mar eòlaiche Gàidhlig. B' e Richard, is e mar gum b' eadh na àrd-fhear-deasachaidh, a ghlèidh mi bho iomadh mearachd is cnap-starra agus tha mi gu math fada na chomain air saillibh na rinn e uile.

Tha facal air leth taing a' dol gu mo bhean, Vivien Hick. Cha chreid mi gun d' fhuair oibrache-raoin companach cho math a-riamh gus compàirt a ghabhail ris ann an cruaidh-chàs agus ann an aoibhneas a chuid obrach. 'S ann a bhios cuimhne aig an dithis againn gu bràth air an là ud air oir Linne Mhoireibh nuair a chaidh an teanta againn, san robh ceathrar de ar cloinn nan trom-chadal, a shèideadh air falbh le gàile air neart stoirm. (Neo 'r-thaing nach bi cuimhne aig a' chuid as sine de na pàistean air cuideachd!) Tha mi deimhinnte cinnteach às nach gabhainn leth an toileachais ris an obair is ri iomadh iomairt de a leithid air a' Ghàidhealtachd, an Èirinn is ann an Ceap Breatainn às aonais Vivien, agus, mar chomharradh air an sin, 's ann dhise a tha an leabhar seo air ainmeachadh.

Cha ruig mi a leas a ràdh nach soirbhichinn gu bràth an cruinneachadh a tha seo a dhèanamh no fhoillseachadh dh'easbhaidh na cobhrach is na deagh-chomhairle a bheireadh Isbeil Anna is a teaghach dhomh gu dioghrasach a h-uile ceum den rathad. Chan eil air fhàgail de a muinntir an-diugh a dh'fhaodas toradh na saothrach aca fhaicinn ach a nighean, Doilidh, agus gabhaidh mi taing rithe an-dràsta le chèile airson na rinn a h-uile gin den t-sean fheadhainn gus mo chuideachadh agus airson cho coibhneil is tha i fhèin air a bhith dhomh fad cha mhòr dà fhichead bliadhna.

A dh'aindeoin na cobhair is a' chuideachaidh uile a fhuair

mi fad an t-siubhail bhon fheadhainn a tha air an luaidh agam
gu h-àrd – agus bho dhaoine eile air nach eil iomradh an seo
ach dha bheil mi fior thaingeil – chan eil teagamh orm gun
deachaidh mi iomrall ann an àiteachan, is tha mi a' saoradh
a h-uile fear is tè a bha sin bho ge brith gaoid is mearachd a
tha rin aithneachadh am broinn an leabhair: guma orm fhìn a
thilleas an leithidean!

Seòsamh Watson

Baile Áth Cliath
An t-Sultain 2006

GIORRACHAIDHEAN IS SAMHLAIDHEAN

ABh	Anndra a Bhanns
AC	Anndra 'n Chart a Bhanns
àir.	àireamh
AX	neach-aithris den aon ghinealach ri Anndra a Bhanns
BG	Beurla Ghallda
boir.	boireann
caib.	caibideil
coim.	dèan coimeas air
d., dd.	duilleag(an)
fir.	fireann
GÈ	Gàidhlig Èireannach
GM	Gàidhlig Eilean Mhanainn
IAx	neach-aithris den aon ghinealach ri Isbeil Anna
IJ	Isbeil a' Bh.-ph. a Bhanns
iom.	iomarra
MG	Meadhan-Ghàidhlig
SG	Sean Ghàidhlig
sing.	singilte
SND	<i>Scottish National Dictionary</i> (1971) Dùn Èideann.
ÙR	Ùistean Bil-dan Ros
ÙRx	neach-aithris den aon ghinealach ri Ùistean Bil-dan Ros
US	Uilleam Bithean Sginnearach

1 sg ȝc a' chiad phearsa singilte ȝc

1 iom. ȝc a' chiad phearsa iomarra ȝc

ȝc agus mar sin adhart

[] ceartachadh sa ghràmair air neo falal no abairt shoilleireachaidh
air a chur a-steach leis an fhear-dheasachaidh
... cuid air fhàgail às

SAMHLAIDHEAN FOGHARACH


- / / 's e tar-sgrìobhadh fogharach a tha eadar an dà shamhla a tha seo
 ' leanaidh priomh chudrom an fhacail an samhla seo
 a:, i: fuaimreagan fada
 ã, ù fuaimreagan srònach
 ï, ü fuaimreagan ro gheàrr, mar gum biodh leth-fhuaimreag
 ë, ð connragan guthach
 k', t' connragan caola
 N' connrag chaol gun sèimheachadh a fhreagras, mar as trice, do -nn(-) caol
 ſ connrag a fhreagras don litreachadh s caol
 ÿ connrag a fhreagras don litreachadh *db-*, *gh-* leathann, mar as trice
 è fuaimreag aig toiseach a' bheòil is i meadhanach ìosal
 ò fuaimreag aig cùl a' bheòil is i meadhanach ìosal
 ò fuaimreag ann am meadhan a' bheòil

RO-RÀDH

Thàinig na teagsaichean a tha seo gu bith an toiseach mar fho-thoradh aig tionnsgnadh cànan-eòlais, i.e. cunntas air dualchainnt Mhachair Rois. Cha robh e tuilleadh is fada, ge-tà, gus an do bhuanndach a' bheul-aithris a tha seo a beatha fhèin, agus thug i bàrr fiù is air a' bhun-tionnsgnadh. 'S e a b' adhbhar do sin dilseachd agus diorras a' bhoireannach uasail a bha na pìomh neach-aithris agam: Isbeil Anna bean MhicAonghais, a bha na seanchaidh fior thàlantach. Chaidh na tha air fhoillseachadh an seo a chruinneachadh bhuaipe fhèin is bho fheadhainn eile air teip ri linn samhraidhean nam bliadhnaichean 1967, 1975, 1977, 1979 agus 1983 (Liosta nan Clàraidhean), agus, ged nach eil ann an cuid de na naidheachdan ach dealbh, mar gum biodh, air a tharraing gu math aithghearr, tha iad ag innse mòran dhuinn mu fhòr shaoghal nan daoine, gu h-àraig saoghal nam boireannach, air cost an ear-thuath na h-Albann air feadh deicheadan tràthna na ficeadamh linne. A chionn is gum b' iad na ginealaich mu dheireadh de shluagh na Gàidhlig sa cheàrnaidh seo den dùthaich, agus gur e seo cunntas dileas nan daoine anns a' chànan aca fhèin, cha robh teagamh sam bith agam ach gum bu chòir a fhoillseachadh. Mar sin, 's e bun-sgrìobhainn na tuatha a tha againn an seo, anns am bi cudthrom le chèile do luchd-beul-aithris, eachdraidh agus càinain.

NA BAILTEAN

Tha na trì puirt-mhara, Seannduaig, Baile an Todhair agus Baile a' Chnuic, far an deachaidh failte a chur orm airson na ciad uarach ann an earrach na bliadhna 1967, nan laighe san aon loidhne a tha a' sìneadh gun bhriseadh bhon iar-dheas gus an ear-thuath de chost an ear Shiorramachd Rois. 'S ann ann an sgìre an Uig a tha a' chiad fhear agus na dhà mu dheireadh ann an sgìre na Manachainn, is iad uile



mu 50 mìle tuath air baile Inbhir Nis. Aig an àm ud, cha bhiodh a' bruidhinn na Gàidhlig ach an t-seann fheadhainn – maille ri corra dhuine a bha leth-shean – ann an Seannduaig agus ann am Baile a' Chnuic. 'S e glè bheag de dh'obair a bha ri faighinn mun àite an uair ud, a-mach bho na tuathanais is bhon iasgach. Bha a bhuil air sin gun do rinn mòran de na daoine imrich bhon àite. 'S ann anns an àm an dèidh dhan Ghàidhlig a thrèigsinn a chaidh tionnsgal na h-ola a-mach bho chosta na dùthcha a leasachadh agus, air sàilleabhadh an leasachaидh sin, rinn mòran choigreach tuineachadh anns na bailtean, agus chaidh seòl-beatha an t-sluaigh atharrachadh gu bunaiteach. Cha chuimhnicheadh tuilleadh ach an fheadhainn a bu sine de na daoine air a' Ghàidhlig a bhith na cuid fhiughantach ann an saoghal Mhachair Rois.

A thaobh cuimhne nan Gàidheal fhèin san dùthaich, rinn mi tadhal san àite gu math tric am feadh nam bliadhnaichean agus fhuair mi a-mach, ged a chaidh gu leòr de na h-òrain is de na naidheachdan traidsante a bha fhathast rim faighinn ann an ceàrnaidhean eile air chall ann am Baile a' Chnuic is ann an Seannduaig, gun robh stòras saidhbhir de naidheachdan mun àite agus de luchd-aithris sgileil air mhaireann. Neo-ar-thaing nach do ghabh mi fhìn tlachd agus buannachd mhòr ann a bhith a' cruinneachadh na bha ri innseadh. Air thoiseach am measg na feadhna a bha siud, feumar Isbeil Anna bean Uilleim MhicAonghais à Baile a' Chnuic ainmeachadh. Is ise a thug dhomh a' chuid a bu mhòtha de na naidheachdan a tha an clò an seo, an cois mòran de na seafhaclan is de na gnàthasan-cainnt, agus, uime sin, tha e nàdarra gur e tachartasan bho saoghal fhèin agus bho shaoghal an teaghlach aice fhèin a tha anns a' mhòr-chuid dhiubh.

AN LUCHD-AITHRIS

Isbeil Anna (bean Uilleim MhicAonghais) à Baile a' Chnuic. 'S ann air 27mh den Chèitean, 1889, a rugadh Isbeil Anna, nighean do Sheòrasaìona Shutharlannach. 'S e fear à Eilean Mhanainn, Iòsaph MacFheorais, a b' athair dhi. Choinnich a màthair ris ri linn dhi bhith air falbh bhon taigh is i ag obair aig an sgadan. 'S ann a shocraich an càraig gun pòsadh a dhèanamh, agus 's iad Seòrasaìona fhèin, a bràthair agus a piuthar, Ealspad, a thog Isbeil Anna. Seach gur e an sean ghinealach – aig nach robh ach glè bheag de Bheurla, nan robh an cànan idir aca – a bu mhòtha a thog an leanabh, bha Gàidhlig air leth math aice. Ged as e bana-Shutharlannach a bha ann an Isbeil Anna, 's ann lem far-ainmean a bhiodh na teaghlach-ean a bhuineadh do na bailtean-mara ag aithneachadh a chèile, agus 's e Bell Ann 'Mossie' a theorite ris an tè bhig. Chaidh am farainm 'Mossie' a chantainn ri a seanaир, Dòmhnaill Sutharlannach, an toiseach, an dèidh sgiobair a bhiodh a' tadhal san àite ri linn òige Dhòmhnaill: tha e coltach gun robh dàimh air leth aig an duine sa, air an toireadh iad 'Captain Mossie', ris a' bhalachan bheag.

’S e nàbaidh dhi, Uilleam MacAonghais, a phòs Isbeil Anna ann an 1911, agus rugadh dithis nighean dhaibh: Cairistìona anns a’ Ghiblean, 1916, agus Dòmhlaiona anns an Ògmhios, 1919. Mar a thachair do mhòran san àm dhoilgheasach ud, chaidh Uilleam is Cairistìona a sguabdh le chèile a-staigh don aon uaigh an-abaich leis a’ chnatan mhòr Spàinnseach, agus b’ fheudar dhan fheadhainn a bha air fhàgail san taigh àrachadh Dòmhlaiona – no Doileag – a ghabhail os làimh, agus mar thoradh air sin ’s ann a bu luachmhoire dhith a-riamh cultar traidiseanta na Gàidhlig.

A thaobh Isbeil Anna fhèin, ’s ann a ghabh i an dà chuid uallach a leanaibh agus eallach na seann fheadhna, a bha an earbsa teachd-a-steach rithese a-mhàin, air a guailnean leathan ann an dòigh liteireil, air chruth na basgaid no sgùil èisg aice. ’S ann mar sin a bha i a’ faighinn cosnadhl, agus bho obair onaraich sam bith eile a gheibheadh i, gus an dèanadh i cinnteach nach biodh neach sam bith dhiubh feumach air sòn. Bha i, mar a chanadh i fhèin, ‘cho làidir ris an t-each’ agus, air an t-seòl sin, ‘cha chuireadh e nì orm’ ceud-chothrom de dh’iasg a ghiùlan (Naidheachd 45). Mhair an spiorad sùrdail seo a bha aice fiù is i suas ann an aois, nuair a bha aice ri tilleadh gu h-obair ach an trusadh i na bha i a’ feum de dhìolaidhean tèarainteachd sòisealta, gus a bhith deimhinne às a peinnsean cluaineis bhon Stàit. ’S e boireannach fior neo-eisimeileach a bha ann an Isbeil Anna agus bha i anabarrach moiteil le chèile às a sinnsireachd Shutharlannach agus às a cànan mhàthaireil.

Na barail-se, ’s e bochdainn nan daoine a bu choireach gun do chailleadh a’ Ghàidhlig ann am Machair Rois agus chan e rud sam bith eile, ach bha i a’ cur gu math suarach na fheadhna a shaoil leatha a bha air an cànan leis an do thogadh iad a thrèigsinn. ’S ann diadhaidh dha-rìreadh a bha am beachd a bha aice air a’ bheatha, mar a leigear fhaicinn ann an ùrnaigh na maidne a bhiodh aice fhèin is aig a co-bhana-mharaichean, is iad a’ töiseachadh air a’ chuairt-obrach làitheil aca: ‘Dia gun ullaich dhomh!’ (Gnàthas-cainnt 35). ’S e a tha ri fhaighinn

ann an cuid de na clàraighean a rinn mi de a seanchas, edar-ghreis shoisgeulach, mar gum biodh, san seinneadh i laoidh is i a' feuchainn ri cuid de spiorad a' chreideimh aice fhèin a thoirt dhomh. Neo-ar-thaing nach e creideamh Cailbhineach a bha ann ach, a dh'aindeoin sin, gun a bhith buileach cumhang. Co-dhiù, fhad is a bha Isbeil Anna a' feuchainn ri mo chur ceart mar seo, faodar a bhith cinnteach gur e a h-uile dicheall a bha mi fhìn a' dèanamh an t-agallamh a thionndadh air ais gu cinn-chòmhraidsa saoghalta a bhiodh na bu fhreagarraiche dhomh fhìn.

Bha e air leth cudthromach dhi bhon toiseach gun soirbhich-eadh leam anns a' phriomh amas a bha agam, .i. gach bloigh de na bha air mhaireann den Ghàidhlig ann am Machair Rois a chruinneachadh, agus bha i fhìn air leth saothrachail na cuid obrach air mo shon ach an dèanamaid an ceann-uidhe seo dheth. Thoireadh i seachad, mar eisimpleir, an seòmar-suidhe aice fhèin airson seiseanan clàraighe, chuireadh i cuairt air an dùthaich uile mu thimcheall a' sireadh feedhainn a dh'fhaodadh sgeulachdan a bhith aca, agus, anns na bliadhnaichean ud mun do dh'fhàs i anfhann, bu mhòr am feum a rinn i dhomh mar neach-seòlaidh agus mar agallaiche, is i an-còmhnaidh a' meas air mo shon-sa na chluinneadh i den chainnt ionadail agus gam theagasc fad na h-ùine anns na puingean a bha i a' creidsinn a bha iomchaidh.

Ged as e boireannach fialaidh, blàth-chridheach a bha ann an Isbeil Anna, dh'fhaodadh e bhith nach còrdadh pearsant-achd dhaoine àraid rithe. Chuir i failte is furan air Fred MacAmhlaigh, a rinn agallamh leatha air moladh bhuamsa – chaighd am prògram a chraobh-sgaoileadh air a' BhBC san Fhaoilleach, 1970 – ach bha feedhainn eile ann nach tugadh an aon fhàbhar dhaibh. Bha mi fhìn is mo theaghlaich cho fortanach is gun do chuir i ùidh annainn agus gun robh spéis mhòr aice dhuinn bhon toiseach, agus chan e a-mhàin aice fhèin ach aig a nighinn, Doileag, agus aig a cliamhainn, Seòras Dòmhnaillach (a dh'eug san Fhaoilleach, 2004). Ghabhadh

iadsan uile rinn a-riamh mar luchd-dàimhe dileas an teaghlach. 'S ann a chaochail Isbeil Anna i fhìn air an 12ra den Ghearran, 1980, is i na 91mh bliadhna: *Is lom sùil gun abhrad!* (Seanfhacal 16).

'S ann don aon ghinealach rithe fhèin a bhuineas a' mhòr-chuid den luchd-aithris eile, nach maireann, air a bheil luaidh agam mar a leanas:

Anndra 'n Chart (a Bhanns) à Seannduaig (AC), a rugadh ann an 1885: Naidheachdan 12, 28, 29, 30, 43, 111, 131 agus 142(i).

Isbeil Johndan (a' Bh.-ph. a Bhanns) à Seannduaig (IJ), a rugadh ann an 1882: Naidheachdan 35 agus 109.

Uilleam Bithean (Sginnearach) à Seannduaig (US), a rugadh mu 1890: Naidheachdan 37–38, 43, 85, 113–14 agus 120–21.

Ùistean Bil-dan (Ros), fear-bùth a' bhaile, à Seannduaig (ÙR), a rugadh mu 1905: Naidheachdan 41, 74–75, 86, 124, 132 agus 140. 'S e duine às an t-sreath a thaobh aoise a bha ann an Ùistean agus, ged nach robh e cho cofhurtail ris an fheadhainn eile ann a bhith a' bruidhinn na Gàidhlig, na dhèidh sin, mar a tha ri aithneachadh anns na mìrean bhuaithe a tha air am foillseachadh an seo, bha seanchas aige a tha air leth inntinneach.

Anndra a Bhanns à Seannduaig (ABh), a rugadh mu 1920. Cha d' fhuaradh naidheachd sam bith bhon fhear-aithris seo ach bha e anabarrach math a thaobh sheanfhaclan is ghnàthasan-cainnt. 'S e bha gu math fileanta anns a' Ghàidhlig cuideachd agus air leth eòlach air dualchainnt an àite, ged a bha e air a bheatha mar inbheach a chur seachad ag obair ann an Ros Suidhe. Tha e follais-each gur e duine às an t-sreath àbhaisteach buileach a bha anns an duine seo a thaobh aoise ach, gu mì-fhortanach, cha robh e an dàn dha a bhith fad-shaoghalach.

Tha (IAx) a' ciallachadh gun deachaidh am mìr air a bheilear a-mach a chlàradh bho neach-aithris eile den aon ghinealach ri Isbeil Anna, agus (ÙRx) gur e neach eile den aon ghinealach ri Ùisdean Bil-dan a bha ann.

NA TEAGSAICHEAN

Is e tha ann an tionndaidhean nan teagsaichean a tha seo ach deasachadh air a dhèanamh de na chlàraich mi ann an 1967, 1975, 1977 agus 1979. Bhon chleachd Isbeil Anna na naidheachdan a b' fheàrr leatha fhèin innseadh barrachd is aon uair, thagh mi an tionndadh a shaoil leam a bu fhreagarraiche, agus corra uair chuir mi ri seo à tionndadh eile. A chionn is gur e amas cudthromach a bha agam gun ruigeadh an leabhar seo luchd-leughaidh cho farsaing 's a ghabhas, shocraich mi air gabhail ris na nòsan a tha gan cur air adhart ann an Gaelic Orthographic Conventions 1981 agus 2005 le Ùghdarris Theisteanas na h-Alba, ach, aig an aon àm, gun comharr-aidhean cudthromach na dualchainnt a chur à bith. Mar sin, cha deachaidh, am bitheantas, gnàthasan gràmair no briathrachas na teanga ionadail a chunbhalachadh. Gheibhear barrachd fiosrachaидh mun dòigh dheasachaيدh a chaidh a chur am feum shìos. Seach gu bheil an dualchainnt san do dh'innseadh na naidheachdan a tha seo car eadar-dhealaichte bho na gnèithean Gàidhlig air am mothà a thathas eòlach ri ar linn-ne, tha mi air a mheas iomchaidh an dà chuid facal-mìneachaيدh a chur ris an teags fhèin bho àm gu àm ann an cruth fo-notaichean agus clàr fhacal a cheangal ri deireadh an leabhair (faic shìos).

AN DÒIGH DEASACHAIDH

'S e am prìomh amas a bha agam, mar a chaidh a ràdh shuas, gun ruigeadh an leabhar seo leughadaireachd cho fada farsaing is a ghabhadh. Uime sin, cha do ghabhadh ri modh-litreachaidh a thaisbeineadh dualchainnt an àite gu h-iomlan. An àite sin, 's ann a rinn mi an litreachadh a leasachadh cho fada is a b' urrainn ach am biodh e ag aontachadh ris na nòsan a tha gan craobh-sgaoileadh an-diugh. Bheir an cunnatas a leanas an dà chuid fiosrachadh mu àite sam bith a dhealaicheas mi ri na nòsan sin agus treòrachadh mun dàimh a tha eadar a' Ghàidhlig sgrìobhte san deasachadh seo agus cainnt luchd-aithris nan naidheachdan. 'S e mi fhìn a thagh tiotalan nan naidheachdan, air uairean a' cleachdad leth-fhacal às na naidheachdan fhèin.

Àite sam bithean do dh'fhàg an luchd-aithris falas no abairt às a tha cudthromach do bhrìgh na h-earrainn, no ma dh'fhàg iad fiosrachadh a tha riatanach às, tha na fhreagras do sin air a chur a-steach agam eadar camagan ceàrnach no anns na fo-notaichean. Air an aon adhbhar, tha cuid de mhearachdan an luchd-aithris air an soilleireachadh bho àm gu àm anns na fo-notaichean.

Anns na leanas, tha na h-àireamhan a' co-fhreagairt àireamhan nan naidheachdan 7c.

AN CEART-SGRÌOBHADH

CONNTRAGAN

Rang (.i. seòrsa nan connrag a rèir àite an altachaidh)

Mur eil a' chonnrag den aon rang ri nòs an litreachaidh cho-aimsireil, tha i air a cumail mar a bha i aig an neach-aithris: *òcrach* an àite *òtrach* (4), ach a-mhàin ann an sreath svarabhakti, m.e. *lomnochd* < *loramach* (103), agus ann an dreachan cruth-eòlais àraig, m.e. *aoneigin* < *ureigin* (15).

Roinn (.i. seòrsa nan connrag a rèir dòigh an altachaidh)

Mur eil an roinn anns a bheil connrag ag aontachadh ri nòs an litreachaidh cho-aimsireil, tha sin air a leasachadh, m.e. *giùlan* < *ciùlan* (146), *greiseag* < *creiseag* (27), *buntàta* < *mutàt'* (37).

Càileachd (.i. a bhith caol no leathan)

Mur eil a' chàileachd a tha aig connraig no aig sreath connraig ag aontachadh ri nòs an litreachaidh cho-aimsireil, tha sin air a leasachadh da rèir: *aideal* < *adal* (2, 136), *bogsa* < *boics* (12), *dè* < *[cio]d è* (135), *fann* < *feann* (19, 133), *freagairt* < *feagart* (19), *teaghlaich* < *taghlaich* (20).

Sreathan connraig

Ma thachair gun deachaidh sreath connraig a shìmpleachadh no a leasachadh anns an dualchainnt, tha am bun-sreath air a thoirt air ais ann: *criomag* < *ciomag* (19), *fliuch* < *fiuch* (90), *freagairt* < *feagart* (19), *lomnochd* < *loramach* (122).

Eileamaidean toisich neo-eachdraidheil

San àite far an deachaidh connrag thoisich eachdraidheil air chall, leigidh litreachadh an teags fhaicinn gur ann mar seo a tha e: *labhraidh* < *slabhraidh* (51), *reumh* < *freumh* (37).

Atharrach dhreach

Àite sam bith far a bheil atharrach dreach aig facial, m.e. *mionad* (51) ~ *mionaid* (86), *còmhla ri* (87) ~ *conā ri* (114), leigear sin a fhaicinn anns na teagsaichean.

FUAIMREAGAN

Càileachd (.i. a bhith gu h-àrd/gu h-ìosal, air thoiseach/air dheireadh)

Mur eil a' chàileachd a tha aig fuaimreig den aon sèorsa ri nòs an litreachaidh cho-aimsireil, tha i air a h-atharrachadh: *brod* < *brad* (43), *maraichean* < *moraichean* (11), *aoneigin* < *ureigin* (15), *donas* < *danas* (19), *seann* < *sionn* (42).

Buanas (.i. fad nam fuaimreag)

Mur eil buanas na fuaimreig mar a tha san litreachadh cho-aimsireil, tha sin air a leasachadh: *cupa* < *cùp* (44), *pàigh* < *peigh* (6, 62), *taigh-fhaire* < *taigh-àir* (106), *ghlèidh* < *gleidh* (139).

Svarabhakti

Àite sam bith far an tainig fuaimreag gu bith mar thoradh air svarabhakti, chan àbhaist gun leigear sin fhaicinn, ged a nìthean sin mas e facial fillte no a leithid a tha ann: *aona latha* < *aon latha* (41). Ma chaидh sreach connraig anns a bheil fuaimreag svarabhakti ais-thionndadh, chan eilear a' leigeil sin fhaicinn anns an litreachadh: *lomnochd* < *loramachd* (28).

Teasgadh toisich

'S e feart cumanta anns an dualchainnt a tha seo, ach cha deachaidh a chomharradh idir: *a bheil thu?* < *beil thu?* (19), *an-àirde* < 'n-àrd' (9), *an fhéar sa* < 'n fhéar as' (35).

Mas e co-ghníomhair a tha ann a thòisicheas le *a-*, m.e. *a-*

rèist, a-mach, a-null, a-bhàن, bidh an fhuaimreag thoisich ga sgrìobhadh no ga fagail às a rèir mar a bha i aig an neach-aithris.

Teasgadh deiridh

Mar as trice ann an dualchainntean an taobh an ear, bidh seo a' tachairt an dèidh chonnragan, an dà chuid an fheadhainn ghuthach agus an fheadhainn gun ghuth agus, cuideachd, an dèidh hiatais eachdraidheil. Bidh an teasgadh ri fhaighinn chan ann a-mhàin aig deireadh facail ach am meadhan abairtean cuideachd, m.e. *an-airde* < 'n-àrd' (9), *gasta* < *gast*' (74), *leatha* (SG *leë*) < *leath*' (13). A rèir choltais, ge-tà, cha tug seo buaidh air cuid de dh'abairtean co-ghnìomhaireach no abairtean cumanta eile, m.e. *còmhla ruinn* < *cola ruinn* (9), *anns a h-uile doras* < *a's a ch-uile dasas* (55), *oidhche mhath* (110).

Teasgadh meadhain

'S e feart gu math cumanta anns an dualchainnt a tha seo, gu h-àraid ann an lidean gun chudthrom an dèidh -r, m.e. *boireannach* < *boir'nach* (13), *urrainn* < *ur'n* (21), (Port) *Làirig* < *Lär'g* (141), ach ann an àiteannan eile cuideachd, am bitheantas: *siosacot* < *sios'cat* (53).

ATHARRACHAIDHEAN TOISICH

Sèimheachadh

Tha litrichean toisich air an cumail anns an deasachadh mar a bha iad aig an luchd-aithris agus, a chionn sin, gu math tric cha chomharraichear tuiseal facail mar a bha e gu h-eachdraidheil, m.e. *thàna ... an fhear sa* (35), *faighinn an t-iasg, às an t-iasg* (2).

Ged a bhite a' sùileachadh nach cleachdadh an ginealach a b' òige na h-atharrachaidhean toisich gu cunbalach, m.e. *dh'èirich Sheun; air an sliasaid* (86), uaireannan cha chuireadh an luchd-aithris a bu sine gu feum iad a bharrachd, m.e. *làn am bothan* (2). Ma bha e riatanach leasachaidhean a dhèanamh gus cùisean a dhèanamh soilleir, tha iad air an comharrachadh le camagan, m.e. *dà m[h]ac* (12), *arsa ise ri [h-]athair* (130).

h-

Àite sam bith am faighear *ea-* toisich ga fhuaimneachadh mar /ja/, cha chuirear *h-* ris: *na eallaich* (36).

t-

Tha *t-* a' nochdadhl ann an *tron t-fhodar* (43) agus *as t-oidhche* (65). 'S e nòs àbhaisteach sa dualchainnt *t-* a chur an dèidh an uilt ri faclan a thòisicheas le /ʃ/: *anns an t-shed* (85).

Ainmean gnìomhaireach ann an ceann abairtean

'S ann tric anns an dualchainnt a thèid ainmear gnìomhaireach a shèimheachadh ann an ceann abairte, agus tha seo air a chomharradh anns na teagsaichean: m.e. *airson dhèanamh an job* (43), *'s fheàrr domh thoirt number sia dut* (146), *airson chur an Linnet a-steach* (142), *ag iarraidh a mac phòsadhl a' chaileag* (77).

CRUTH-EÒLAS

Bha e mar amas agam leis an deasachadh seo an cruth-eòlas mar a bha anns an dualchainnt a leigeil fhaicinn, ach chaidh cuid de dh'fheartan a leasachadh a-rèir nòsan an litreachaidh cho-aimsireil, mar a leanas:

AINMEARAN AGUS BUADHAIREAN

Ma bhios tuiseal a tha claon gu h-eachdraidheil ga chleachdadhl mar thuiseal ailmneach aig àm sam bith, 's e sin a chleachdar am feadh nan teagsaichean: m.e. *salainn* (14); *daoinibh* (1); *craicinn* (6); *taoibh* (15); *teaghlaich* (20); *daoinibh* (33); *falaimh* (5). Rinneadh an aon rud a thaobh cho-ghnìomhairean agus abairtean co-ghnìomhaireach a chaidh atharrachadh tro shamhlachas riutha: *a-màraich* (148), *air adhaint* (12).

Ma chuireas sinn an dara taobh grunnan beag dhiubh, a' mhòr-chuid mì-riaghailteach, cha ghabh buadhairean caolachadh sa cheum choimeasach mar as trice, m.e. *nas fhada* (16, 144), *nas fhaid* (37).

'S ann mar a *h-uile* a tha (*[gh]a*)ch uile ga sgrìobhadh anns na teagsaichean.

Tha an dà chuid am mìr osgarra -sa, m.e. *mo sgùil-sa* (7), agus an riochdaire sònrrachaidh sa, m.e. *an là sa* (9), air am fuaimneachadh mar /əs/.

AN T-ALT

Sgrìobhar an t-alt gu slàn ged a thèid e – no pàirt dheth – à bith a chionn teasgaidh thoisich.

An àite dreachan an uilt air an ath-dhùblachadh, den t-seòrsa a gheibhear an dèidh fuaimreig aig deireadh roimheir, sgrìobhar dreach sìmplidh an uilt, m.e. *don duine < don an duin'* (19), *fon talamb < fon an talamb* (24), *dhen bhòrd < dhen a' bhòrd* (47), ach far a bheil toiseach an roimheir air chall, m.e. *dol 'n an sgoil* (12, 111), *thèid thusa 'n an cùirt* (41).

ROIMHEARAN

Aig

Gheibhear dreachan den roimheir riochdaireil le -g- air a shèimh-eachadh agus gun sèimheachadh, ach sgrìobhar -g- air fad anns na teagsaichean: *agam, agad 7c < agham, aghad 7c*.

An

Air fhilleadh le buadhair seilbheach, tha seo air a shoilleireachadh leis an asgair (): 3 sg fir. *an' aghaidh* (10), *an' inntinn* (103); 3 iom. *'an dèidh* (115).

Le *an dàimheach*: *anns a' charriage an d' robh sluagh* (103), *taigh an d' robh am bàs* (107).

Bho

Dreachan riochdaireil: 3 sg fir. /ve/ *bhuaithe*; 3 iom. *bhuatha < bhotb'* (1).

Cleachdar an roimheir riochdaireil 3 sg fir. *bhuaithe* an àite an roimheir shìmplidh anns an dualchainnt, ach sgrìobhar *bho* anns na teagsaichean (coim. *da* airson *do*, *foidhe* airson *fo* 7c).

De, do

Mar a leigear fhaicinn anns na teagsaichean, tha *do* am bitheantas a' gabhail àite *de* (ach a-mhàin san dreach riochdaireil).

Tha an t-atharrach dreach *a/a dh'* ri fhaighinn cuideachd: *làn an saoghal a dh'uisge* (3), *a dh'eàrlas* (14), ach faodar an fhuaimreag a dhol à bith nuair a thig i ro fhuaimreig eile no na dèidh: *spealltagan thoirt* < *spealltagan oir[t]* (2), *falbh dh'Inbhir Pheofharain* < *falu dh'Ini' Pheoran* (1), *taoibh muigh 'an àite* (148), *dol 'an adhar* (150), *dol 'n an sgoil* (12, 111), *thèid thusa 'n an cùirt* (41).

Chleachdadadh an luchd-aithris an roimhear riochdaireil 3 sg fir. *da* an àite an roimheir shìmplidh *do* san fharsaingeachd (coim. cuideachd *foidhe* airson *fo*, *bhuithe* airson *bho* 7c), ach 's e *do* a bhios ga sgrìobhadh fad na h-ùine anns na teagsaichean.

Dreach riochdaireil: 1 iom. (*de*) *diuinn* (1).

Eadar

'S e dreachan fillte air an ceangal ri *ri* a tha rim faighinn san roimhear riochdaireil an seo: *eadar-ruinn* (23).

Fo, ro, tro

San roimhear riochdaireil 3 sg fir., 's e dreachan leis an fhuaimreig /ɛ/ a tha rin cluinntinn, ged a sgrìobhar iad mar *foidhe* (43), *roimhe* (59) agus *troimhe* (72) an seo. 'S e na dearbh dhreachan sin a chuirear gu feum anns an dualchainnt an àite nan roimhearan shìmplidh (*fo, ro, tro*), ach 's iad an fheadhainn shìmplidh a sgrìobhar anns na teagsaichean (coim. *da* airson *do*, *bhuithe* airson *bho*).

Le

Dreach riochdaireil: 1 iom. *liuinn* (1).

Lodh 'mar, mar gum b' eadh': *lodh lasraichean* (26), *lodh gun d' robh i gu tinn* (90).

Mu

Cleachdar dreachan shìmplidh le -*r* deireannach, m.e. *chan ann mur seo* (65), *mur a' chladh* (137), ri taobh *mu* fhèin, m.e. *mu dheireadh* (12), *mu dheidhinn* (18), *mu seach* (37).

ROIMHEARAN RIOCHDAIREIL LE SEO, SIN, SIUD

Ro *seo*, *sin* agus *siud*, bidh fuaimreag a bharrachd ga cur a-

steach uaireannan: *rise sin* (87). Le *ro*, 's e /rəni/ a chleachdar san dualchainnt: *roimhne seo* (20).

ROIMHEARAN FILLTE

Tha *cona ri* (114) ri fhaighinn ri taobh *còmhla ri* (125); *airshon* (37) ri taobh *airson* (1).

Tha *air uachdar* ga fhuaimneachadh mar *air uachd air* (3).

Bheirear an aire do dhreachan eile mar *an gaoith do* 'faisg air, dlùth ri' (87).

RIOCHDAIREAN

Pearsanta

3 sg fir. osgarra *eise* /ɛʃ/, /ɛ:ʃ/; 3 iom. *iad* < *aid* (1, 2, 3), dreach osgarra *èidsa* /ɛ:d'əs/ (26); 1 iom. *sinn* (1, 3), (*sh)inn* (37, 113).

Sònrrachaidh

Gabhairidh rìochdairean sònrrachaidh sèimheachadh: *shin an t-each* (15), *shiud a dh'fhalbh eise* (53).

Neo-shònraichte

3 sg *aon* /ən/, /ɛn/ (6), ris an dèanar eadar-dhealachadh bhon chunnair àrdail *aon* /ʊ:n/ (43); *aoneigin* < *ureigin* (15).

An t-iar-leasachan osgarra -se, -sa

1 sg *domhse* /dõ:ʃ/ (19); 3 sg boir. *aicesa* < *aic'-as* (58); 1 iom. *sinnsa* < *sinn-as* (14); *ionnainnsa* < *unnainn-as* (70).

BUADHAIREAN SEILBHEACH

1 iom. *na*: *air na sàrachadh* (1), *air fhilleadh leis an roimhean* *an:bha sinn na brogachanan* (37); 2 iom. *nu*: *tro nu cuirp* (24); *sibhse agus nu cuideachd* (Gnàthasan-cainnt 31).

CO-GHNÌOMHAIREDH

Sònrrachaidh

(*an*) *seo*, (*an*) *sin*, (*an*) *siud*. 'S ann gu math tric a bhios na dreachan

seo a' leantainn *a tha/bha* 7c. 'S e dreach air leth ann an dualchainnt Sheannduaig a tha ann an *seo-an* (37), air a stèidheachadh air *seo* + an t-iar-leasachan *-an*.

Àite

an-àirde 'suas' le gluasad (9), ach uaireannan 'shuas' gun għluasad (63); *thurad* 'shuas' (93); *a-bħàn* 'sios' (11), ach uaireannan 'shios' (93); *a-stàn* 'shios' (12); *a-steach* a tha a' ciallachadh 'a-staigh' uaireannan cuideachd: 's e *steach seo a bha am both* (60) – 's e /ə 'stex/ am fuaimneachadh a tha aig an dreach seo ann am Baile a' Chnuic agus anns an Inbhir. Cleachdar *a-staigh* bho àm gu àm anns an t-seagh *a-steach* cuideachd: *thàinig seann boireannach a-staigh* (86).

AN GNÌOMHAIR RIAGHAILTEACH

Làthaireach/ àithneach

Neo-eisimeileach 1 sg *mionnam air!* (53).

Teachdail

Neo-eisimeileach *-idh*, *-as*: *innseas mi dhaibh* (72); *cuireas tu* (49); *dàimheach*: *airgead ... cheannas ad* (82).

Cumhach

1 sg: *-inn*, *-dhainn* /uin'/: *ged a bhiodhainn* (24), *gum buineadhainn* (48); gun phearsa: *cheannadh iad* (97); *dh'èireadh iad* (55).

Àithneach

2 iom.: *-ibh*: *trobhaibh uile!* (13); maille ris an iar-leasachan osgarra *-sa* (< *-as*): *gabhaibh-sa!* /gaɪs/ (48).

Buadhair gnìomhaireach -te

Dèante (44), *briste* (59, 121), *bàthte* (84); air a chall an dèidh sìmpleachadh san t-sreath de chonnrangan ann an *loisg'* (Gnàthasan-cainnt 58), *creic'* (96); *-ichite*: *thoilichite* < *thoilichit'* (43).

An t-ainmear gnìomhaireach

ceannachd (37), ach *ceannach* (122).

AN GNÌOMHAIR NEO-RIAGHAILTEACH

*beir*Caithte dàimheach: *'s ann a bheir iad* (127).*thoir*Teachdail neo-eisimeileach: *bheireas tu* (49); teachdail/cumhach eisimeileach: *toir(-)* (11, 16).*bi*Làthaireach eisimeileach: *am/gum bheil /bɛl/* (3, 6, 9); caithte eisimeileach: *robb* (2, 3, 5), *d' robb* (5, 9, 11).*faic*Cumhach eisimeileach: *am faiceadh e /bɛk'u a/* (29); caithte eisimeileach: *an/chan/gun/nach fhaca < fhac'* (3, 32, 84).*cluinn*Caithte neo-eisimeileach: *chuala sibh < ghual'* (35); eisimeileach: *cha d' chuala mise < cha dual'* (5).*dèan*Teachdail neo-eisimeileach: *nios e* soup (76); buadhair gnìomhair-each: *dèante* (43). Chan ann ainneamh a bhithear a' cleachdadadh *deis* an àite *dèante*: *bha mìrean deis diubb* (115).*faigh*Teachdail eisimeileach: *mur fhaigh* (11); cumhach eisimeileach: *am/gum/nam faigheadh /bɛu/* (73).*ruig*Caithte dàimheach: *dar ruig sinn* (10).*rach*Teachdail eisimeileach: *tèid*; caithte neo-eisimeileach: *chaidh /yɑ/* (8); eisimeileach: *deach* (9); cumhach dàimheach: *dar theaghadh sinn /dɔr 'ɛu siN'/* (eisimpleir a-mhàin 130); ainmear gnìomhaireach: *dol < duil* (2, 4).

thig

Teachdail/cumhach eisimeileach: *tig*(-) (1, 13, 29); caithte neo-eisimeileach: *thàinig* (2, 3), *thàna* < *thàn'* (29, 35); eisimeileach: *tàinig* (5, 11); àithneach: 2 sg *tig!* /t'ig'/ (32), *na tig!* /t'ig'/ (34); ainmear gnìomhaireach: *toirt* < *tor* (70).

NAISGEARAN AGUS MION-FHACAIL EILE

'S ann fada nas cumanta na *nuair* a tha *dar* agus a dreachan *da'*, 'n *da*, 'a' 7c: *dar chaidh* < *da'* *ghaidh* (3); *dar bha* an Jellicoe *tighinn* < 'a' *bha* 'n Jellicoe *tighinn* (145). Tha na dreachan seo uile, seach *nuair*, gan sgrìobhadh mar *dar* anns na teagsaichean. 'S e *bhail* (< *bho(n) là*) 'bho; bhon a, seach gu, oir' an litreachadh a riochdaich-eas /wəl/, /fall/, /vələ/ 7c: *bhail tha e shios sin* (3); *bhail tha mise uamhaidh gu tinn* (13); *bhail rugadh e*; *bhail thàinig e* (123).

a (dàimheach)

Mar a leigear fhaicinn anns na teagsaichean, 's àbhaist gun tèid seo à bith, gu h-àraigd ro no an dèidh fuaimreig, m.e. *dè phàigheas mi* (6), *bhail* bloody *nì nì thu* (82), ach ri taobh chonnragan mar an ceudna, m.e. brose *ghabhas e* (33), *plangaid chuireas mi* (102).

an

A bhios a' sèimheachadh *f-* toisich: *an fhaca* (3), *gus an fhàsadhb an saimeant cruaidh* (12).

mun, mur, mur'n 'mus'

Teachdail: *mur tig* (136), *mur fhaigh mise* (11); caithte: *mur d'fhalbh mi* (50), *mur tàinig mi* (11); cumhach: *mun canadh tu* (26), *mun d'rachadh e* (64), *mur salaicheadh e* (27), *mur'n d'rachadh iad* (14), *mur'm pòsadh iad* (97).

nan

A bhios a' sèimheachadh *f-* toisich, m.e. *nan fhastadh* (81). Bheirear an aire do *nam b' e* a bhios a' ciallachadh 'mura b' e': *nam b' e sin* (45), *nam b' e thu* (117).

CO-RÈIR

Ged a b' fheudar bho àm gu àm facail a bharrachd a chur ann gus brìgh an teags a shoilleireachadh, 's ann eadar camagan céarnach a chaidh seo a dhèanamh. A-mach bhon ghnàthas sin, leanadh ris a' cho-rèir mar a bha e aig an luchd-aithris. Cuirear ùidh anns na feartan a leanas:

AINMEARAN GNÌOMHAIREACH

'S e feart air leth a tha anns an dualchainnt, mar a tha na teagsaich-ean a' leigeil fhaicinn, gun cuirear an dà chuid an t-ainmear agus an riochdair pearsanta an dèidh ainmeir ghnìomhaireach aig a bheil iad nan cuspair. Thèid an dearbh ainmear gnìomhaireach a shèimheachadh an dèidh an roimheir *a* (a thèid à bith am bitheantas): *airson dhèanamh an job* (43); *'s fheàrr domh thoirt number sia dut* (146); *airson chur an Linnet a-steach* (142); *ag iarraidh a mac phòsadhbh a' chaileag* (77); *bhiodh agamsa ri phàigheadh gu leòr* (11); *dhol a chreic e* (1).

RIOCHDAIREAN

Anns an aon dòigh a tha shuas, ma tha riochdair pearsanta fo riaghait roimheir, bidh e ga leantainn: *timcheall i* (108).

MEASGACHADH DHREACH

ROIMHEARAN

Anns an liosta a leanas, tha e follaiseach gun deachaidh caochladh roimhearan troimh-a-chèile, air neo gun deachaidh roimhearan is mion-fhacail eile troimh-a-chèile. 'S e dìth chleachdaidh air a' Ghàidhlig a bhruidhinn a bu choireach ri seo, gun teagamh. 'S ann anns a' cholbh chlì a leigear an nòs eachdraidheil fhaicinn:

- | | |
|---------------|--|
| <i>air:</i> | <i>aig muinntireas</i> (2); <i>cho fagais ris an fhìrinne</i> (70) |
| <i>an:</i> | <i>àite sam bith gum faigheadh sinn</i> (39) |
| <i>do:</i> | <i>nan tachradh nì air an rathad air</i> (70) |
| <i>eadar:</i> | <i>diofar aig aon taoibh don sgoth no bhon taoibh eile</i> (99) |

- gu:* *Cuir nota domh!* (82)
- o:* *dè fo Dhia* (3)
- ri:* *brogach ... a'n canadh iad 'Cogga'* (31); *seann bhoireannach ... gun canadh tu Kate Margaiddh* (68).

CLÀSAN DÀIMHEACH

Air uairean, thèid *gun* a chleachdadadh an àite *a* (dàimheach): *aon bhliadhna gun d' robh am buntàta ... truagh* (46); agus thèid a chleachdadadh gu h-iomarcach an dèidh *bhail* ‘bho; bhon a, seach gu, oir’: *bhail gun d' robh mi gu tinn* (146).

GNIOMHAIREAN

Bheirear fa-near mar a tha *is* agus *bi* gan cur troimh-a-chèile corra uair: *'s e mòran na b' fheàrr daibh* (67). Thèid na co-chuir osgarra le *is e* agus *is ann* a mheasgachadh cuideachd: *chan e bho Mistress MacAngus fluair thu* (4); *gur e anns an dig* (61).

MU CHLÀR NAM FACAL

A thuilleadh air an t-soilleireachadh anns na fo-notaichean, gheibhear mìneachadh air na facail anns na teagsaichean a bhuineas gu sònraichte do dhualchainnt Mhachair Rois ann an Clàr nam Facal.



I

NA BANA-MHARAICHEAN

AG ULLACHADH AN ÈISG

(1) Ga smocadh

Chaidh sinn anns a' mhadainn, aig h-ochd uairean sa mhadainn gu *yard* Patterson. Bha Patterson a' creic an t-iasg, gabhail an t-iasg bho na daoinibh is creic e ruinn. Agus thiginn dachaigh is bheirinn na cinn diubh agus an cnàimh asta agus dhèanainn spealltagan. Is rèist, shaillinn iad, smocaigeadh iad, cur air *spitachan* iad, smocaigeadh gu uair sa mhadainn is dà uair sa mhadainn. Sa mhadainn, a-rèist, dh'èirinn, rachainn mach gus an *kiln*, bheirinn an t-iasg do na *spitachan* agus chuirinn anna mo sgùil iad, rachainn gu Inbhir Pheofharain leotha. Rachainn, nis, a-null ag iarraidh an t-iasg agus bhiodh an t-iasg air am *bid*. Corr uair bhiodh iad gu daor, corr uair eile cha bhiodh iad cho daor. Thiginn dachaigh, bheirinn na cinn bhuatha is ghlainn iad agus spealltainn iad, chuirinn salainn orra, thogainn air *spitachan* iad agus smocaiginn iad. Agus bhiodh uair sa mhadainn ann mum biodh iad deis, a rèir a' ghaoth. A-rèist sa mhadainn, rachainn mach sa mhadainn, bheirinn do na *spitachan* iad, chuirinn san sgùil iad, rachainn air falbh dh'Inbhir Pheofharain a chreic iad.

Nis, dar thigeadh fagais air a' Challainn, bhiodh an t-iasg cho daor nach b' urrainn duinn dhol a chreic e. Corr uair rachadh e air am *bid*, bhiodh am *bid* cho cruidh gum biodh iad fagais air còig notachan am bogsa, na h-adagan aig a' bhliadhna ùr. Agus bha aon diubh *bidigeadh* airson ceithir no còignear diuinn¹.

*

¹ dinn.

Agus nis, dar bhiodh iad cho daor is iad air am *bid* is h-uile nì, is sinn air na sàrachadh¹, agus b' àbhaist duinn— bu chaomh liuinn² dhol a-mach aig a' Challainn airshon is gum faigheadh sinn rudeigin bheireadh sinn dachaigh, aiteal a ruigeadh na cridhe³ agus *cake* mòr, brèagha – bheireadh sinn dachaigh e. Ach nis, dar nach fhaigheadh sinn iasg, bha sinn deis agus chuireadh an tè sa air a' *bhid* e agus chanadh i, ‘An rud nach tig steach air a' *hurdy-gurdies*, thig e steach air am *merry-go-rounds!*’

(2) Ag obair aig an taigh

Bha mi faighinn an t-iasg Diluain. Bha mi, nis, cur ceart⁴ Diluain ach an tigeadh e uair sa mhadainn is dà uair sa mhadainn. Bha agam, nis, aig còig uairean sa mhadainn ri èirigh a-rithist agus na spealltagan thoirt às an *kiln*, lìonadh mo sgùil. Rèist, thiginn steach, dhèanainn aiteal biadh. Bha agam ri dhol gu Patterson airson iasg bheireadh an ath-là mi. Mar sin bha mi dèanadaich.

Bha mi glè mhath dar bha mo mhàthair beò ach bha mi air mo mhurt dar chaochail i: bhiodh h-uile nì feitheamh rium dar thiginn dachaigh. Bha i aig muinntireas is, nis, thàinig i dachaigh is bhiodh i dèanamh an t-iasg domhse. ’S i thog Doilidh, chan e mise. Cha robh Doilidh faicinn mise ach air an t-Sàbaid. Bha mi ag obair. Cha robh tìm agam a choimhead rithe.

*

Ò, dh'fhimireadh tu thoirt na cinn is an *guts* às an t-iasg is a spealltadh is a ghlanadh is a shailleadh agus, rèist, chur anns am bothan, làn am bothan. Bha mi agam fhìn, bha mi dèanamh h-uile nì mi fhìn – [gun] neach, *body*, air an t-saoghal. Ach bha am màthair⁵ aig John, bha sinn mar dà phiuthar. Bhiodh an coire goil dar thiginn dachaigh. Agus dhèanadh i h-uile nì ach cha do bhean i ris an t-iasg riamh: cha b' urrainn di dhèanamh.

¹ air ar sàrachadh. ² linn. ³ ar cridhe.

⁴ i.e. ag obair air an iasg. ⁵ Leugh a' mhàthair.

Bha mise faicinn aig feedhainn eile e ged nach d' robh mi dol mach le sgùil. Dar phòs mi bha mi faicinn e. Chunnaic mi spealltagan nàbaidhean, an fheadhainn bhiodh dol mach leis an t-iasd timcheall seo fhèin. Cha d' rachadh iad air trèan ach an rachadh iad a chreic e anns a' Mhanachainn is àitean mar sin – Portmahomack, an t-àite nach d' robh iasg.

(3) Pollaich a bha mar *magenta*

Chaidh mi aon chuairt gu Inbhir Pheofharain agus fhuair mi *hundredweight* a phollaich geal agus dh'fhalbh mise mach sa mhadainn. Agus bha e— oidhche Disathairne a bha ann agus chuir mo mhàthair *cover* dearg air uachdar na pollaich. Bha iad air an sailleadh againn airson dhol mach a-rèist Diluain leotha. Agus dè thàinig air an t-Sàbaid ach uisge, làn an saoghal a dh'uisge! Agus 's ann a chaidh an dath aig an *cover* dearg anns an t-iasd. Is dar chaidh [mi] mach sa mhadainn riutha¹ air Diluain: 's ann bha iad mar *magenta*, a bheil thu cluinntinn?

Siud a dh'fhalbh mi. Cha robh fhios agam dè bho Dhia dhèanamh leotha. Siud smocaig mi iad is chunnaic mi a' chiad fear bha feitheamh rium, an *signalman* an Inbhir Pheofharain. Thuirt e,

'A bheil pollach brèagha agad domh?'

'Tha,' thuirt [mi], 'gu dearbh!' – Bha iad cho dearg ris an fhuil. Is thuirt e,

'Dè bhios sin domh?'

'Tha, leth-chrun.'

Is thug mi da am pollach. Nis, chreic mi na pollaich uile, sgùil mòr iasg do phollaich. Nis, bha caileag anns an *restaurant* an Inbhir Pheofharain is thuirt mi rithe,

'An fhaca thu—?' 'S e *signalman* bha anns an duine 'an tug mi an tè as miosa uile gu lèir – bha i cho dearg! – is thuirt mi ris an tè sa, ri Teeny,

'An fhaca thusa an *signalman* an-diugh? An fhaca thu idir e?'

'Chunnaic, bhail tha e shòs sin.'

¹ thuca.



Teaghach às na bailtean-mara agus an t-iasc ri tiormachadh.



Isbeil Anna a' deasachadh nan spealltagan agus tè a' tadhail oirre.

‘Ò uill,’ thuirt mi rium fhìn, ‘dar nach eil eise marbh, chan fheagal don fheadhainn eile!’

(4) ‘A’ smocadh iasg le seann bòtan’

Davina? Fuirich ach an innis mi dut airson¹ an tè sin. ’S e ceann-an-aghaidh innseas e! Dar thàinig i an toiseach, thòisich i dhol a-mach leis an t-iasg, agus ’s e an duine bha dèanamh an t-iasg ach bha ise creic e. Agus nis, bha mise dol riamh gus an taigh sa ann am Baile Dhubhthaich, creic an t-iasg leis an tè sa. Agus dar thàinig a’ bhean-uasal thugamsa, thuirt i,

‘Mrs MacAngus, dè tha thu smocaigeadh an t-iasg leis?’

‘Le tuirceanan agus fiadh cruaidh agus *sawdust*,’ thuirt mi rithe.

‘Eadh,’ thuirt i, ‘bha tè seo agus bha i bruidhinn – bhuineadh i do Obar Dheathain air rathadeigin,’ thuirt i. ‘Bha i cantainn gur e seann bòtan bha sinn cur anns na h-òcrachan.’ Bòtan, smaoinich!

Fuirich thusa! Fhuair mise i aig a’ bhus.

Thuirt mi rithe,

‘Mistress Woods, dè tha an duine agad dèanamh smocaigeadh an t-iasg?’

‘Ò, Thighearna, chan eil nichein aig an duine agamsa. Tha e cur an dath air.’ An dath! ’S e sin bha dol dhèanamh an t-iasg aice, cur an dath air.

Agus thuirt an duine aig a’ bhean[-uasal rithe],

‘Chan eil fhios agamsa. Cheannaich thu spealltag an sin is thug thu domhse i. Chan e bho Mistress MacAngus fhuair thu an spealltag sa.’

‘À, bha an tè sa,’ arsa ise, ‘tighinn gus an doras. Bha näire orm is thog mi na dhà, aon domh fhìn is aon dut fhèin.’

‘Ma-thà, gabh thusa mise air gur e an dath tha orra. Chan urrainn domhse ithe sin.’

(5) A’ bhean nach d’ robh giùlan

Bha sinn aon chuairt an Edderton ag iarraidh tuirceanan agus dar

¹ mu dheidhinn.

bha sinn ag iarraidh tuirceanan dè thàna ach stoirm mòr. Is cha b' urrainn duinn fuireachd anns a' choille le cho dona is bha an stoirm: sneachd is uisge is sneachd! Agus bha triùir againn ann. (Tha an dithis marbh nis.) Agus bha sinn sin agus aon do na boireannaich bha còmhla rium, 's e bàrd¹ a bha innse – gheobhadh tu gàire – chanadh rud sam bith thigeadh à ceann, cha robh diofar aice.

An duine a chuir sinn gu Edderton, thàinig e, nis, ag iarraidh sinn, smaoineachadh, nis, gum biodh tuirceanan againn no nì.

Thuirt e, '*Lord! You din a do any tuirceans. How am I going to charge you?*' Agus dè thuirt an diabhal sa, Bellag,

'Ò, cha b' urrainn duinn tuirceanan no rud eile a thional. 'S ann bha leanabh dol bhith aig an tè sin – anns a' choille.'

'Ò, Thighearna,' arsa an duine, 'bithibh tighinn air ais ach an tèid i còmhla ruinn!'

Eadh, dh'fhalbh e, nis. Thàinig sinn dachaigh agus chuir an duine eadar na dhà no thrì phocan bha falaimh ann, chuir e am boireannach na shuidhe². Thuirt e ri Mistress Mackay,

'Dèan thusa suidhe sin!'

Agus cha robh i tuigeil gun robh e cur pocan is dèanamh blàth i. Dar thàinig i gus an duine [aice fhìn] air cùlaibh an taigh sin, thuirt an duine rithe,

'Dè fo Dhia tha cur bhuat?' arsa eise. 'Tha thu làn³ pocan tuircean is chan eil nì— tha na pocan falaimh. Dè tha ruibh?'

'Ò!' thuirt MacAoidh, am fear. 'Ò,' arsa eise, 'nach eil fhios agadsa,' arsa eise, 'gun d' robh cloinn dol bhith aice?'

'Thighearna,' arsa eise, 'cha d' chuala mise nì do sin⁴ aice.'

'Chan eil mi tuigeil sin,' thuirt an duine.

Bha fhios aig an duine gur breugan a bha i cantainn. Ò, *God!* Dè cho dona is a bha i! 'S ann a thuirt i gur e cloinn a bha dol bhith aig a' bhean. Cha robh fhios aig an duine bochd a bha leis an càr nach e an fhìrinne a bha ann. Agus Bellag an donais! Ò, bha i gu dona.

¹ i.e. tè èibhinn. ² Leugh *na suidhe*.

³ i.e. air do chòmhachadh le. ⁴ de sin.

A' CREIC AN ÈISG

(6) An adag gun spot

Bha mise aon chuairt an Inbhir Pheofharain creic iasg. Agus dar bha mi creic iasg, thàinig an tè sa ag iarraidh iasg is cha b' àbhaist di thighinn thugamsa. B' àbhaist di dhol gus na Crombaich. Is thuirt i rium,

‘Thoir domhse aon mhòr, bhrèagha. Chan eil diofar agam dè phàigheas mi air a shon.’ – A bheil thu cluinntinn?

Is thug mi sin di is thuirt i rium,

‘Chan e adagan thug thu domh. Chan e adag thug thu domh. Chan eil spotachan air.’

‘Ò, Thighearna,’ *I said*, ‘cha robh tìm aca spot a chur air h-uile one.’

(7) Na muirceanan

Bha mi creic iasg ann an Inbhir Pheofharain agus thàinig an duine-uasal sa thugam is chunnaic e muirceanan – agus dar bha an craicinn diubh bha iad mar *salmon*. (Is bha iad fasta ris na creagan; bha boineid orra.) Agus a-nis, dar a chunnaic e an fheadhainn sa anna mo sgùil-sa thuirt e rium,

‘*What's that?*’

‘*Rock turbot.*’

Anns an t-seann tìm bha an t-iasg anns a' gheimhradh uamhaidh duilich fhaighinn. Cha robh sgoth dol a-mach leis an droch aimsir – gaith is gaith is uisge uile ann – agus bha na càrnarean a-muigh. Chaidh mi sìos gu ceann an t-sràid agus fhuair mi poc muirceanan. Bha *bicycle* agam agus chaidh mi gu Baile an Todhair is fhuair mi poc eile sin is rinn mi *fillet* igeadh iad agus chaidh mi gus an t-Srath leotha.

Dar ruig mise, thuirt e,

‘Dè tha thu ag iarraidh airson iad? Dh'ith mise na ceithir is, Ò, bha iad *beautiful*.’

Agus thuirt e rium,

‘An dèan sin fòghnaidh dut?’

Thug e còig notachan domh is cha do phàigh mi nichein airson na muirceanan – agus còig notachan a dhèanamh às! Agus innsidh mi sin dutsa, bha mi ann am flathanas leis na còig notachan.

A' DOL AIR ASTAR

(8) Àird mo cheann!

Bha bean dol leis an t-iasg gus an trèan. Mile mort! Chaill i an trèan. Bha i ceangal a bòt agus chaill i am fear bha dol thoirt gus an trèan i agus chaill i an trèan leis an t-iasg. Agus thuirt i dar thàinig i dachaigh, thuirt i ris an duine eile—

Arsa eise,

‘Ciamar chaidh thu dochair mar sin?’

‘Ò, pian mo cheann *when I di’na got Davey!* Àird mo cheann *when I di’na got Davey.*’ (Sin am fear bha toirt gus an stèisean i.)

(9) A' bhean a chaidh dochair

Anns an t-seann tìm bha Thomas Ailidh – bha *wagonette* aige is cha deach mi riagh anns a' *wagonette* nach biodh rudeigin air reubadh ann. Bha a' *wagonette* air a charadh¹ h-uile là, làn pacaidean. Agus siud bha e dol an-àirde leis na boireannaich gus an stèisean leis an t-iasg, sia sgùileachan is sia boireannaich, agus an là sa bha Jessag bheag còmhla ruinn. Agus dar ruig sinn na *crossroads*, 's ann a dh'fhosgail a' bhòt aig Jessag agus thòisich ise air ceangal a' bhòt. Agus thàinig fras sneachd is cha robh fhiros aice bho Dhia càite an d' robh i. Siud a rinn i: dh'fhalbh i suas. An àite thighinn an-àirde an rathad gus an stèisean, 's ann a chaidh i suas rathad Baile a' Bhealaidh. Choinnich i duine bha dol a dh'obair sa mhadaidh is thuirt e rithe,

‘Jhessag, càite a bheil thu dol mar seo?’

‘À,’ arsa ise, ‘nach deach mi dochair. An àite dhol gus an stèisean airson an trèan, 's ann a chaidh mi dochair suas seo is

¹ a' gluasad.

chan fhaigh mi an trèan is tha mo sgùil aig an stèisean.'

'Ò, nach uamhaidh siud, gun d' rinn thu sin anns a' mhadainn – nam biodh tu nas glic na sin.'

'Àch, na bi bruidhinn air glic! Tha mi cho colach¹ ri mo bhràthair. Thuit e anns a' mhuir: plub, plub! Chaidh e plub, plub anns a' mhuir.'

(10) An dròbhair

Chaidh sinn gus am feill ann am Bonar agus bha *hundredweight* pollaich ann is chreic sinn uile na pollaich² ach aon pollach. Nis, dh'fhimireadh sinn bhith dachaigh air an trèan, dh'fhimireadh sinn bhith air ais aig Bonar airson an trèan leth-uair an deaghaidh uair. Bha sinn ruith à na ciall³ airson an trèan. Dar ruig sinn an trèan, leum sinn steach àite sam bith agus dè bha sin ach dròbhair mòr. Chan eil cuimhne agam ceart dè chreic e ach chreic e gu leòr – cheannaich e gu leòr: fiach naoi ceud do bheathaichean.

Agus thuirt e riumsa – bha sinn creic an t-iasd,

'A bheil pollach agad domh?'

"Tha."

Dar fhuair mise a-mach aig a' Mhanachainn, bheir mi air a' phollach air an t-seaman – bha e aig an doras ach am faiceadh e am faigheadh e am pollach. Thug e deich tastan duinn airson am pollach. Fhuair e am pollach an' aghaidh⁴ agus bheul! Bha e na làimh aige mach gun Uig. Nam faigheadh e sinn! Ò, Dia gabh truas riut! Nam faigheadh e grèim orainn!

(11) A' *filletigeadh* air an trèan

(i)

Anns an t-seann tìm bha iad dol a-mach leis an t-iasd agus bha iad a-mach leis an t-iasd agus bha am boireannach sa, bha i gu math aig *filletigeadh* an t-iasd ach cha b' urrainn don të eile nì

¹ coltach. ² chreic sinn na pollaich uile. ³ às ar ciall.

⁴ na aghaidh.



Isbeil Anna ann an Stèisean Inbhir Pheofharain ann an 1954
air an latha mu dheireadh a bha i a' siubhal a reic an èisg.



Port Bhaile an Todhair an dèidh leagail a' *yard* chiùraigidh anns na 1930an.

dhèanamh. Agus dè rinn i ach an tè b' urrainn *fillerigeadh* an t-iasg, *fillet* i ceithir adagan di anns an trèan. Agus dar bha iad dol¹ aig Delny, dè rinn an tè rinn na *fillets* ach thilg i mach na caolanan ann am pàipear air an uinneag. Agus nach d' robh duine-uasal dol an-àird do dh'Inbhir Nis a choimhead rudeigin a bha ann an Inbhir Nis agus bha e coimhead a-mach aig Delny agus siud fhuair e am pàipear làn do na caolanan² anns [am] broilleach. Agus innsidh mise dutsa, ma chuala thu riamh mionnan, chuala thu sin e!

(ii)

An *stationmaster* bha aig Inbhir Pheofharain, bha a phiuthar-chèile glè bhochd is thàinig an *stationmaster* a-mach thugamsa mur tàinig mi dachaigh is thuirt e,

'An toir thu trì *filletan* gu mo phiuthar-chèile?

'Ò uill,' arsa mise, 'ma tha an t-iasg a-steach anns a' mhadainn, nì mi iad.'

Ò, Thighearna, bha an tìm agamsa dhol air falbh air an trèan dar bha na sgothan tighinn steach, ach fhuair mi iad. Thàinig aon do na maraichean leotha ann am pàipear domh. Nis, aig an stèisean cha robh tìm agam a dhèanamh.

Thug mi sgian còmhla rium, am *fillet-sgian* a tha agam. Nis, chuir mi pàipear an sin, tòrr pàipearan air an *seat* aig an trèan agus *filletig* mi trì cuidhteagan, a bheil thu faicinn?

Aig Foulis – bha ise³ na tidsear aig Foulis – *reportig* i mise gun d' robh mi [dèanamh] an t-iasg anns an *carriage* – nach bu chòir domh dhèanamh, a bheil thu tuigeil? Dar ruig mise Inbhir Pheofharain, thàinig an *stationmaster* a-mach thugam.

Arsa eise riomsa,

'Tha *report* agad an seo, Mrs MacAngus. Bha thu *fillerigeadh* air an trèan?'

'Bha,' thuirt mi, 'bha mi *fillerigeadh* air an trèan. Ach 's ann a bha mi *fillerigeadh* trì cuidhteagan do do phiuthar-chèile. Dh'òrdaich thu iad.'

¹ falbh. ² de na caolanan. ³ Leugh *an tè sa*, .i. tè eile.

‘Thighearna,’ thuirt e, ‘an e sin na tha ann?’

“S e,” thuirt mise. ‘Dè nì sinn?’

“S e Dia rinn,” thuirt e, ‘gur e Inbhir Pheofharain a rinn e. Nan cuireadh i Inbhir Nis thugad, bheireadh iad an-àirde gu Inbhir Nis thu.’

Thuirt mi ri Bella Johndan – bha i steach còmhla rium, anns a’ *charriage*,

‘Faodaidh,’ arsa mise, ‘fichead bliadhna mur fhaigh mise i ach gheobh mi i!’

Thuirt i,

‘Thighearna nan Gràst! Geall nota gum bi thu h-uile là thèid thu mach anns an aon *charriage* rithe.’

Ò, cho fior is tha i cantainn e, bha mi dol san aon *charriage* còmhla rithe. Agus chaidh am bliadhna seachad agus air a’ bhliadhna sa cha d’ fhuair mi grèim oirre.

Cò thàinig steach aig Inbhir Gòrdain ach proifeasair bha dèanadaich airson *vegetables* is rudan – a bheil thu faicinn? – dom *fleet* agus thuirt e,

‘Och, Thighearna,’ thuirt e, ‘cha robh cuimhne agam an ticead agam thoirt don *collector*.’

‘Hàch, coimhead riumsa!’ arsa ise. ‘Tha trì mìosachan bhail nach do thog mise ticead, trì mìosachan nach do phàigh mi ticead. Tha fhios aca gu bheil an ticead agam ach chan eil iad dol ag iarraidh an ticead ach am biodh an cairteal ann.’

Thug mi mo shùil rithe¹.

‘Ò, Dhial’ thuirt i. ‘Tha i deis!’

Nis, dar bha mi tighinn air ais air an trèan dar thàinig mise aig a’ Mhanachainn a-mach, thuirt mi ris am bus bha feitheamh ruinn a thoirt [sinn] a-bhàn am Baile an Todhair is Seannduaig,

‘Tha mise dol steach,’ thuirt mise, ‘dà mhionad is cha bhi mise steach gum bi² mi muigh a-rithist. Tha mi dol steach gus an stèisean *reportigeadh* i.’

Report mi i. Fhuair mi grèim oirre. An t-seachdain aig sin, cha deach sinn steach idir còmhla rithe bhail bha grèim agam

¹ i.e. ri Bella Johndan. ² Leugh *mum bi*.

oirre. Bha i dol steach tron *corridor* is thuirt i,

‘Ò, bhiodh agamsa ri phàigheadh gu leòr airson bhith anns a’ *charriage* an d’ robh sluagh bhith *filletigeadh* ann.

Bha sinn, nis, anns a’ *charriage* [còmhla rithe]:

‘Cinnteach fo Dhia,’ thuirt Bella Johndan, ‘gum faigh mi saorsainn nis.’

(12) *Yard* mòr Bhaile an Todhair

Ò, dar a bha mi òg, stàn an seo am Baile an Todhair bha *yard* mòr ciùraigeadh sgadan agus tha mi creidsinn gun d’ robh trì fichead no trì fichead is a deich do boireannaich an sin, *gutigeadh* sgadan is pacraigeadh iad ann am baraillean. Is bha *cooper* an sin, agus dà m[h]ac da, dèanamh na baraillean is na boireannaich *gutaigeadh* sgadan is ciùraigeadh iad le salainn. Och, bha iad *kipperigeadh* is bha h-uile nì bhuineadh don iasgach air dhol air adhaint an sin, culaidhean-sgadan mòr, straunnsearan tighinn an seo is creic, faighinn *sale* air an sgadan aca. Agus, às deaghaidh sin, thòisich an sgadan air bàsachadh air falbh *and* bàsachadh air falbh gu, fo dheireadh; thàinig e gu *nothing*, gu *nought*. Am *building* mòr a bha seo an d’ robh iad ciùraigeadh, thug iad *dismantled* gus an talamh mu dheireadh [e]; is thug iad na clachan brèagha an-àirde gu Sutherlandshire agus *bhuildig* iad *post office* ann an Lairg leis na clachan a bha anns a’ *yard* sgadan a bha seo.

Straunnsearan a bha an sin, feedhainn dhiubh a bha air an rathad, *trampachan*, bha iad beò anns a’ *yard* an sin, lodh *hawkern* agus bha iad dèanamh *batchachan* do saimeant, is cur bogsa an deaghaidh bogsa a bha aca, is lìonadh bogsa do saimeant. Is lìonadh iad am bogsa mòr sin, fàgail an saimeant gus an fhàsadhan an saimeant cruaidh. Chuireadh iad a-nis bogsa mach, bogsa mòr falaimh – saoraichean dèanamh na bogsan – is lìonadh iad an sin làn saimeant gus am biodh e làn. Is chuireadh iad bogsa eile mar sin, dol air adhaint mar sin gus an d’ rinn iad am *pier*, mar tha thu faicinn mar sin e. Tha cuimhne [agam] air sin glè mhath: bha mise dol ’n an sgoil aig an àm. (AC)

A' DOL AIR FALBH BHON DÙTHAICH

(13) Am boireannach anns an t-ìm

Tha mi creideil gu bheil dusan bliadhna chan bho bha sinn dol gu Stronsay gus an sgadan. Agus bha sinn dol a dh'fhaighinn an *steamer* bho Bun Ilidh, agus – Ò, Thighearna! – dar chaidh sinn gu Bun Ilidh, bha na muirean cho mòr ris an taigh tha seo. Bha feagal na beatha¹ ged a bha sinn a' dol— d' fhimir-eadh sinn a dhol air an *steamer*.

Ach dh'fhalbh sinn. Siud, dar bha sinn leatha mach air a' mhuir, dh'fhàs h-uile boireannach bha air bòrd an *steamer*, dh'fhàs iad uile gu tinn. Agus bha an tè sa uamhaidh gu tinn agus thuirt an sgiobair rithe,

‘Isbeil, siùbhlairbh an-àirde [gus an ceaban agam] ach am faic thu am bi thu rudeigin nas fheàrr!’

Siud a d' fhalbh ise.

Nis, bha, nis, nàbaidh air mo chliathaich is bha ise cho beag agus bha i anns an leabaidh a bha fodham. Agus siud dh'fhàs ise gu tinn is thuirt i riumsa,

‘Siubhail a-null, chriomag! Beir mi còmhla riut, bhail tha mise uamhaidh gu tinn is chan urrainn domh fuireachd an seo.’

‘*All right*,’ thuirt mi rithe. ‘Feuch an tig thu an-àirde?’

Dè bha bhàin aig cas an leabaidh ach càidainn beag le ìm agus leum i air sin airson dhol an-àirde còmhla riumsa – bhail bha i cho beag. Thì! Thighearna, ’s ann a chaidh i fasta – chaidh a' bhròg aice bhàin anns an t-ìm is cha b' urrainn di thighinn às. Is thàinig aon do na daoinibh an-àirde,

‘Thì! Thighearna, dè tha thu dèanamh sin?’

Ò, dh'fhalbh e; thug e an èigheamh air a' *chrew* uile,

‘Ma tha Dia umaibh, trobhaibh uile! ’S ann tha boireannach fasta anns am pigean, anns an t-ìm agaibh. An t-ìm tha sibh dol dh'ithe, tha i ann!’

¹ ar beatha.

AN SAOGHAL ANN AN YARMOUTH

(14) An obair

An aon tìm is bha sinn *gutaigeadh* an sgadan, bha na daoinibh tighinn leis na *drifteran* steach leis an sgadan. Bha na daoinibh ann, bha, agus na boireannaich à seo *gutaigeadh*. Bha triùir boireannaich an aon *crew*, triùir eile an *crew* eile. Bhiodh sia no seachd a *chrewachan* à Baile an Todhair is Shandwick is Baile a' Chnuic ann an Yarmouth. Bha sinn *lodgigeadh*. Bha triùir againn ann an *crew*. Agus bha aon diubh pacraigeadh an sgadan, bha dithis againn *gutaigeadh*, toirt an caolan às is cur anns a' chùdainn air na cliathaich¹ e. Rèist, bha tuba mòr, mòr agam, tuba mòr aig am pacair. Bha *braid* sgadan ann is bha salainn aice air a' chliathaich. Bha i cur salainn air h-uile *braid* don sgadan. Rèist, bha clàr dol anns am baraille mòr. Bha, rèist, clàr dol ann agus na daoinibh cur cearcallan iarann timcheall.

Dh'fhimireadh tu dh'obair² airson na dhèanadh tu. Cha robh thu faighinn airgead airson dhol ann. Bha sia tastan agus h-ochd sgilling airson h-uile baraille a dhèanadh sinn. Uill nis, bha triùir againn fasta ri sin. Ach bha trì notachan agaibh a dh'earlas airson dhol a-mach. Bha an ciùrair pàigheadh sinnsa gu Yarmouth. Bha ciùrair orainn. Bha eise pàigheadh. Bha e pàigheadh bhon Mhanachainn gu Yarmouth.

Aig an oidhche thigeadh sinn dachaigh, bhiodh sinn clior timcheall h-ochd uairean anns an oidhche, anns an samhradh is sa gheamhradh. Is bha sinn dà mhìos ann an Stronsay, dà mhìos ann an Sasainn, an Yarmouth, anns an aon bhliadhna. Bhiodh sinn deis anns an samhradh timcheall h-ochd uairean. Cha robh nichein ach [a bhith] anns na treabhair ach an tigeadh màraich. Dh'fhimireadh sinn bhith muigh aig seachd uairean sa mhadainn airson *trimigeadh* an sgadan mur'n d' rachadh iad air a' chreic gu Ruisia.

Ach, bha sinn faighinn feòil is h-uile nì mar tha thu faighinn

¹ air ar cliathaich. ² Leugh a *bhith ag obair*.



Caileagan na sgìre a' fighe. Is math dh'fhaodte gur ann
nuair a bha iad air falbh aig an sgadan a chaidh an dealbh sa thogail.



Isbeil Anna aig a' ghlomaig air a' chladach air chùl 'Nairnview' far am biodh
i a' glanadh nan sgùilean-èisg sam biodh i a' giùlan an èisg a bha i a' reic.
Bhiodh i togail sràilleach an seo cuideachd airson leigheis.

seo ann an Yarmouth. 'S e baile mòr mar Lunnainn tha ann an Yarmouth.

Àch, 's e air an glùinean bha iad *gutaigeadh* an sgadan. Bha bòrd— bha farlaing cho fada ri sin, cho leathann ri sin, is chuireadh na carteran steach leis¹ an lòd sgadan, chuireadh iad steach gus am farlaing duinn e – am farlaing: am bogsa bha cumail an sgadan. 'S e *gutter* a bha ionnam. Tha pàipear fhuair mi – chan eil fhios agam dè chanas mi ris? Laidhbeal. 'S e am pàipear gun *cover*, 's e laidhbeal a tha ann, [gum b' urrainn domh] a dhèanamh uiread a sgadan an uiread a mionadan.

'S e cùdainn bhiodh aig pacair, agus baraille. Bha cùdainn aice, cùdainn mòr, agus bhiodh sinn timcheall, tilgeil a-bhàn an sgadan anns a' chòmhdhail². Bha ise, nis, pacraigeadh an sgadan mar sin anns a' bharailt, a bheil thu faicinn? Salainn, nis, dol air sin, am *brashing*. Nis, dar dhèanadh i am *brashing* thòisicheadh i air aon eile. Bha an dithis bha *gutaigeadh* is an tè eile pacraigeadh, bha an triúir againn faighinn an aon sgilling³. Fhuair sinn nota an aon, an dithis againn.

Bha *yard* ann am Baile an Todhair is bha *yard* mòr ann an Tairbeart, an t-àite an d' robh iad cur mach an sgadan mar sin. Ach dh'fhalbh sin, cha d' rachadh an fheadhainn òg gus an sgadan. Cha robh na culaidhean aca.

(15) A' falbh le làraidh a' ghuail gu Lowestoft

Bha cladhan beag eadar Yarmouth is Lowestoft agus, ag innseadh dut nach d' robh mòran uisge ann, 's e sgilling phàigheadh tu airson dhol leis a' chulaidh null thuige. (Bha sinn coimhead airson dhol an ath-bhliadhna a Lowestoft.) Dè bha aig an stèisean ach duine le poc guail air an làraidh, agus b' àbhaist duinn bhith dol leis na h-eich an seo [am Baile a' Chnuic], dèanadaich còmhla ri duine. Is thuirt ise riomsa,

'Donas mi fhìn! Ma thèid sinn anns an làraidh, nì sinn an taoibh eile agus chì sinn dè seòrsa d' àite a tha ann.'

Cha robh an còrr ann ach thug i aon le cas air an t-each is

¹ *leis*, i.e. leis an fhàrlaing. ² còmhladh, cruinn. ³ an aon phàigheadh.

air adhairt dh'fhalbh an t-each – mi fhìn is i fhèin is an t-each agus am poc guail. Dar thàinig am fear às an taigh-sheinnse bha e coimhead airson an t-each. Cha robh an t-each no guail no *bloody* nì ri fhaicinn. Thuirt aoneigin ris,

‘A bheil thu faicinn an dithis an sin? Shin! Uill, shin an t-each air an Lowestoft *side*. Shin an t-eachan! Tha an tìm agad bhith ag iarraidh orra thighinn air ais mur thig¹ an tide àrd.’ (Bha saimeant airson dhol uair eile air an rathad.)

Bha sinn dol dhèanamh caradh airson thighinn dachaigh. Thuirt mise ri Ceiteag,

‘Ceiteag, ma tha Dia umad, tionndaich bhail tha mise faicinn— am poc is an guail, tha an duine coimhead air a shon!’

Uill, tha fhios agad an Sasainn, an slaiseachan tha aca, tha e² cho fada ri seo. Chuir e làn an saoghal a mhionnan orainn is thug e aon domhse leis an slais anns a’ cheann. Shaoil liomsa gun deach mo chorp a mharbhadh! Is thug e do Ceiteag nach do mhurt e i, sin uile. Chan eil fhios agamsa cò mheud *bitch* a bha orainn ach gun d’ robh e toirt ‘*Scotch Maggie* an donais!’ [orainn] – *Scotch Maggie* chanadh iad.

(16) A’ ceannachd ad

Bha mi fhìn is a’ chaileag, an tè sin (an *chum* agam) – ghabhadh tu ad is chuireadh tu tastan oirre, an ath-là chuireadh tu tastan a-rithist oirre ach am pàigheadh tu i mar sin – agus thill sinn a Yarmouth agus, dar nach d’ robh *bounty* dh’airgead³, cha toireadh iad duinn mar sin e. Ach bha an tè— àite brèagha aice, agus s’ e *French lady* bha innte, agus thuirt mise ri Ceiteag,

‘Thèid sinn gu Miss Falk.’ – Falk a bha oirre – ‘Thèid sinn gu Miss Falk. Bios fhios againn dè bheir i duinn.’

‘À, nach toir?’ Ach bha h-uile ad bha sa bhùth air mo cheann bhail bha i ag iarraidh cus oirre⁴, a bheil thu faicinn? Cha robh an t-airgead againn. Agus dè bha oirre⁵ ach *frill* air a cùlaibh, ò, froca sid agus e mìle shlighe fada.

¹ Leugh *tig*. ² Leugh *tha iad*. ³ Dioladh a bharrachd bho an dreuchd.

⁴ Leugh *orra*. ⁵ air an ad a bha seo.

Arsa Ceiteag – bha dà *step* an-àirde gus an t-sràid – arsa ise,
‘A bheil fhios agad càite am bi sinn? Anns a’ phrìosan
ma dh’fhuiricheas sinn nas fhada. Bhail ’s e *French lady* a tha
inntesa: chuireadh i ag iarraidh am poilios agus cha bhiodh
fhios againn dè bhiodh i cantainn.’

Thighearna, dh’fhalbh Ceiteag. Nach do thuit Ceiteag agus
nach do thuit mise air Ceiteag. ‘S ann a bha i aig am fòn, cur
am fòn air falbh airson chur gus am poilòs.

(17) ‘*Scotch Maggie*’

Ach innsidh mi dut aon eile nach d’ innis mi dut. Chaidh an
dithis againn a-bhàn gus a’ bhùidsear ach am faigheadh sinn
criomag dh’fheòil airson dhèanamh aiteal *soup*. Bha sin cur
thairis leis na Sasannaich. Ach thuirt am fear ri Doilidh –
Doilidh Miller a bha oirre,

‘*What are you wanting, Maggie?*’

‘*I’m wanting a shilling cabbage.*’

Chaidh sin di. (Bha a’ bhùth lan Sasannaich, a bheil thu
faicinn?)

Thuirt am fear bha air a’ chunnair,

‘*Oh, I think, Maggie,’* – ‘s e Maggie bha air h-uile *one à Scots*
– ‘*you would like a bone!*’ – cur sinn cho suarach gur e *bone*—

Thog i an *cabbage* a bha aice is thug i e anns an aghaidh air,
mar sin. San aghaidh!

(18) A’ bhean eireachdail

Dar bha mi òg, bha mi ann an Yarmouth aig an sgadan agus b’
àbhaist domh dhol h-uile Sàbaid a sheinn do na daoinibh, bhail
bhuineadh na daoinibh gus an t-àite againn fhìn, agus thigeadh
iad an-àirde airson an t-Sàbaid a chluinntinn an t-searmaid,
bhail bha *mission-lady* ann, agus bhiodh ise dèanamh caibideil
a leughadh dhaibh agus *psalm*. Agus dar bha mi ann, sheinn
mi *hymn* a bha againn an *The Albatross Hymn Book*, *hymn* mu
dheidhinn màthair a chaochail agus, mur’n do chaochail i,
bha am brogach sa dol a dh’fhàgail i airson dhol air falbh tron



Isbeil Anna agus a nighean, Doilidh, ann am Baile Dhubhthaich sna 1950an.



Iasgairean cuide ri cloinn, Port Bhaile an Todhair, tràth san 20mh linn.

t-saoghal agus dar sheinn i seo, thuirt i ris,

‘Tha thu fagail mise agus ’s ann aig Dia tha fhios càite an tèid thu?’

Ach nis, bha mise seinn seo – ‘*Mother’s Prayer*’ – agus thàinig am brogach sa – ’s e *Merchant Navy* a bha ann is bha màthair eireachdail aige – agus thàinig e ’mo dheaghaidh dar thàinig mi mach bhon Bethel¹ is thuirt e rium,

‘Tha mise dol dachaigh gu mo mhàthair. Bha mise anns a’ phrìosan. Bha mi leis an *liquor* – chan eil fhios agam càite nach d’ robh mi – bha mi aig an Diabhal. Cha robh fhios agam gun robh Dia no dhuine ann. Ach bha màthair eile ann agus tha mi dol dachaigh ach am faic mi a bheil i beò no marbh.’

Ach nis, thuirt e rium,

‘Cha robh dùrd agam mu dheidhinn mo mhàthair ach an do sheinn thu seo domh, ach nis tha mi dol dachaigh.’

II AN T-IASGACH

NA MARAICHEAN

(19) ‘Bata da fhèin’

Tha cuimhne agamsa, dar bha mi òg, bha na maraichean, bha iad dol gus a’ mhuir. Agus dar bha iad an-còmhnaidh dol cho fada, bhiodh iad cho fada air a’ mhuir is gum biodh na boireannaich a’ cur an-còmhnaidh pocan-mara² agus bhiodh cairteal do aran-coirce ann agus uinnean mòr. Dar bhiodh iad fann, dh’itheadh iad fhèin le cho fada—’s e air na ràimhean a bha iad.

Ach phòs am fear sa agus bha e dol gus a’ mhuir còmhla ris

¹ Talla misein a chaidh a stèidheachadh dha na Gàidheil.

² .i. an diathad a bhiodh maraiche a’ toirt leis gus a’ mhuir.

an fheadhainn eile is cha robh pocan-mara no nì aige agus thuirt aon fear ris,

‘Thighearna, chan eil fada bhail phòs thu, dhuine. Carson nach biodh pocan-mara agad colach ri h-uile neach eile: criomag aran-coirce agus uinnean a ruigeadh do chridhe, ach bhith ag ithe à fheadhainn eile?’

‘Tha e diabhlaidh math dutsa bhith bruidhinn!’ thuirt e. ‘S iomadh fear chaidh gus a’ choille airson bata da fhèin agus sin mise.’

‘A bheil thu ag innseadh sin domhse, Iain?’

‘Tha mi ag innseadh sin dut.’

‘Uill, ma tha thu ag innseadh sin domhse, mur d’ rinn thu fhèin *job* dith, nì mise an *job* dith. Thig mise aig leth-uair an deaghaidh dà-reug thugad; thig mi gus an uinneag.’

[Thàinig e gus an uinneag aig an oidhche:]

‘A bheil thu na do chadal, Anna?’

Cha tug i freagairt.

‘A bheil thu na do chadal, Anna?’

Cha tug i freagairt. Is mu dheireadh thall thuirt an duine rithe,

‘S fheàrr dut freagairt, m’ eudail, chan eil fhios agamsa nach e eachd a tha aig an uinneag. ’S fheàrr dut freagairt e.’

‘Dè tha sibh ag iarraidh?’

‘À, cuimhnich! Cha d’ robh pocan-mara don duine gus a’ mhuir mar h-uile duine eile. Cuimhnich, Anna! Gabh mar gheobh thu is gheobh thu mar chaitheas agus, mur bi thusa gu math don duine, curidh mise freagairt¹ ort.’

(20) An lòn aig an duine sa phrìosan

Bha an duine sa aig an fhèill – bha e anns an t-seann tìm. Fuirich thusa, nis. Agus dè rinn e ach bha fear bruidhinn ris agus, dar bha am fear mionnan ris, ’s ann a chuir e sgian ann. Thog iad e is thug iad gus am prìosan e. Bha e sin airson sia seachdainean agus

¹ Leugh *feagal*.

teaghlaich mòr aige gun brùchd san taigh.

Dè rinn mo sheanair ach thuirt e – chaidh e gu h-uile maraiche bha anns an t-àite,

‘Cuiridh a’ bhean an lìon ceart agus bheir sibh gus a’ mhuiр e, agus an t-iasg bhiodh anns an lìon, gheobh i dachaigh e airson biadh don chloinn.’

Rinn e sin daibh, a bheil thu faicinn? Nis, bha h-uile fear tighinn: bha an sgoth sa toirt an t-iasg, na rinn an lìon. Bha e ann am peile no ann an sgùil agus rachadh e gus an teaghlaich.

Nis, rachadh a’ bhean a-mach is chreiceadh i sin. Bha, rèist, biadh aca. Is bha e dol air h-uile sgoth. Tha mi creideil gun d’ robh seachd no h-ochedh a sgothachan dol gus a’ mhuiр, agus rachadh e air h-uile *one* an oidhche roimhne seo.

“S e do *thurn-sa* chur a-mach an lìon a-màraich agus cuimhnich gun toir i mach i!”

Nis, gu bith an t-iasg bha anns an lìon, ged a bhiodh seachd sgùileachan ann, gheobhadh a’ bhean e airson dhol a chreic airson biadh don teaghlaich.

(21) A’ cur clachan anns na sgùileachan

Anns an t-seann tìm bha na maraichean, b’ àbhaist daibh dhol leis na sgùileachan a Bhaille an Todhair agus na lìonachan anns na sgùileachan. Agus aig an taigh-sheinnse ann am Baile an Todhair, bha seòrt do dìg ann, agus b’ àbhaist daibh na sgùileachan a chur air an dìg, gabhail anail mur ruigeadh iad an sgoth.


Ach bha donas do bhrogach [ann] agus b’ àbhaist da fhaicinn iad dèanamh seo an-còmhnaidh h-uile madainn bhail bha na lionachan anns na sgùileachan glè throm dar bhiodh iad fliuch, agus dè rinn e ach chaidh e bhàн air cùlaibh an dìg is chuir e clach ann a h-uile sgùil gun fhios daibh agus, dar bha na daoinibh dol suas gus a’ *phier*, thuirt aon fear ris am fear eile,

‘Uill, dhuine, tha mise cho sgìth nach eil fhios agamsa air an t-saoghal dè tha cur bhuam an-diugh ach chan urrainn domh an sgùil thoirt suas gus a’ *phier*.’

‘Tha mise an aon rud. ’S ann bha nàire orm bhith gearan.’



Lìonachan gan tiormachadh ann am Port Bhaile an Todhair.



Cuid de theaghlaich Ceiteig (Mhorair) Ros a' cur baoit air lionachan
air taobh a-muigh na dachaigh aice.

Agus dar ruig iad an sgoth sa, cha robh nì aca ach clach mòr ann a h-uile sgùil agus m' anam fhìn! Nam faigheadh iad e!

(22) A' ceannachd *watch*

Bha dà chàrnair ann am *bothy* cuideachd is thàinig fear le *watch-achan* agus bha aon brogach diubh na chadal. Agus thuirt am fear eile ris,

‘Donald, feuch an toir thu domh bonn leth-chrun. A bheil thu na do chadal, Donald? Dhòmhnaill, Dhòmhnaill! A bheil thu na do chadal, Dhòmhnaill?’

‘Tha!’

‘Feuch an toir thu domh leth-chrun: tha am fear sa creic *watches* aig an doras.’

‘Àch, tha mise na mo chadal. Na dùisg mi!’

(23) Fear a bha ag obair is e na chadal

Bha duine ann an Seannduaig. Bha e fhèin is duine eile anns an sgoth ach thàinig rudeigin eadar-riutha, agus bha an duine ag iarraidh dhol gus a' mhuir, mar tha leis fhèin, ach cha robh fòghnaidh stoban aige airson an sgoth. Siud dè rinn e ach dh'èirich e is dh'fhalbh e gus a' choille is thug e stob mòr, fada a dhèanadh airson am pollaich air ais is dh'fhàg e aig taoibh an taigh aige e.

‘Dar dh'èirich e is a bhean sa mhadainn, thuirt i,

‘Uilleam, ’s ann tha *pole* mòr taoibh an taigh.’

‘Ò, m' eudail, tha. Bha mise a-muigh bho a-raoir!’

(24) *Insurance*

Bha mo sheanair – dà chulaidh mòr bha aca – agus bha e cur anns an *insurance* – an dà sgoth mòr sgadan – bha e cur anns an *insurance* airson iad. Chaidh am fear *insurance*, chaidh e a Ameireaga, bhaile bha am bràthair ann is chuir a bhràthair ag iarraidh e. Is cha d' fhuaир mo sheanair sgilling riagh agus bha fagais air trì fichead nota aige ann, a bheil thu cluinnntinn?

Air a leabaidh-bhäis, thuirt e,



Iasgairean agus bradain a ghlac iad, Baile an Todhair.



A' Bhean-phòsta Maighread C. Ros, Baile an Todhair,
còmhla ri cairdean air an uidheamachadh airson iasgaich.

‘Cuimhnich cho fad is tha am fuil Suthurlanach dol tro nu cuirp¹, nach gabh sibh sgilling *insurance*.’

Chaochail an *auntie* agam, chaochail an *auntie* eile agam – ach bha airgead aice – chaochail mo mhàthair, chaochail an duine agam, chaochail an leanabh! Ged a bhiodhainn marbh mi fhìn, cha do chuir sinn riagh an *insurance*. Chaidh iad fon talamh cho eireachdail ri eireachdail. Bha mi cur airgead dachaigh airson na chuireadh mach mo chorpa.

Chuir mise an taigh sa ceart agus, tha Dia cluinntinn mi air an t-Sàbaid, cha d’ fhuair mi tastan is cha d’ iarr mi sgilling air a’ *government*. Chuir mi air mo dhruim e agus nach biodh fhios agam corr uair càite am bithinn leis an sgùil mòr iasg air mo dhruim.

(25) A’ chiad sgoth le *engine*

Tha cuimhne agamsa a’ chiad sgoth aig Dànaidh, ’s e a’ chiad fear bha sgoth le *little engine* aige. Rinn e fhèin e. Bhiodh a cheann uamhaidh *clever*. Bha Baile an Todhair is Baile a’ Chnuic is Seannduaig timcheall i. Bha i cur *steam*.

‘À, Thighearna!’ arsa am fear air an tìr. ‘À, tha i dol na theine air!’

Bha an *engine* aige, bha e aig an tòin aig an sgoth, a bheil thu faicinn?

‘Eadh, tha i dol na theine. Bios i na theine.’

Cha robh fhios aca dè bha ann, na creuitairean bochd.

AM BAOIT

(26) Ag iarraidh maorach

Anns an t-seann tìm b’ àbhaist daibh dhol a-bhànn gus an Inbhir ag iarraidh maorach bhiodh baoiteadh na lìonachan. Agus bha caileag òg, agus leatha seann boireannach. Chuir èidsa dà sgùil air am mhuin². Dh’fhalbh iad aig uair sa mhadainn a-bhànn gus an Inbhir a rèir an tide agus bha a’ ghealach ann. Agus bha an tè sa

¹ tro ur corp. ² Leugh *air am muin*.

— rugadh i anns an Inbhir agus bha i smaoineachadh gun d' robh fhios aice air h-uile àite a bha ann agus, tha fhios agaibh fhèin, an t-àite am bi a' *quicksands*, gun slugadh e an *Queen Mary* maille ri creutair.

Siuil a dh'fhalbh ise air adhairt agus chaidh a' chaileag òg an [a] deaghaidh agus bha dà sgùil air am muin — bha iad toirt dachaigh a' mhaorach airson na lionachan. Mun canadh tu 'Dhia, beannaich!' bha i an-àirde seachad a glùinean anns a' ghainmheach — 's e *quicksands* a bha ann. Agus dar choimhead an tè òg, thuirt i rithe,

'Ò, Dhia! Thuit thu anns a'— chaidh thu san t-àite dochair.'

Thilg i — fuirich thusa! — thilg i sgùil dith is thuirt i,

'Here! Gabh grèim air an sgùil!'

Bha an tobha aig an sgùil aice fhèin is nam b' e¹ sin bha e an-àirde seachad a ceann, bhail bha i dol steach ann cho luath is— lodh lasraichean, bhàn anns a' *quicksand*. Thàinig iad dachaigh is cha tug iad maorach no rud eile dachaigh le feagal am beatha. Bha am boireannach air chrith. Is iongantach gun tug a casan dachaigh bhon Inbhir i. Agus mur biodh an tè eile òg, làidir, chan fhaiceadh iad biod gu sìorraidh dith.

(27) An coidse is paidhir

Anns an t-seann tìm dar bhiodh an t-iasg pailte — pailteas iasg ann — bha againn ri dhol 'an Uig ag iarraidh *lug* agus, am madainn sa, an tè bha dol còmhla riumsa ag iarraidh an *lug*, cha thogadh an donas fhèin i le cho leisg is bha i. Chaidh mi thuice anns a' mhadainn.

Arsa mise,

'Bios an tìde a-steach is chan fhaigh sinn *lug*. Chan èirich thu! Cha toir an donas thu às an leabaidh!'

Never you mind! Dh'èirich i is dh'fhalbh sinn is thionail sinn an sin dà *phitcher lug*. Bha sinn, nis, tighinn dachaigh agus dè thàinig ach coidse is paidhir agus cha robh na h-uaisibh ann.

'S ann a bha iad dol leis na h-uaisean dh'Edderton, dh'innis e

¹ mura b' e.

domh. Is thuirt mi ris,

‘Feuch an toir thu an-àirde sinn greiseag an rathad.’

‘Ò, gu dearbh, bheir!’

Thug e steach an *lug* air cùlaibh an rud agus thug e sinn ach an do ruig sinn a’ Mhanachainn. Agus bha an caibe air mo ghualainn agus air a gualainn-sa cuideachd, bhail bha tobha timcheall an caibe ach an cumadh e e fasta air: cha b’ urrainn domh bhith cur mo làimh an-còmhnaidh ris agus siubhal.

Bha *pitcher lug* an aon againn. Chuir sinn an t-aparan a-bhàn air beulaibh am *pitcher* mur salaicheadh e an rud air am brogach bochd thug sinn air adhairt mar sin. Thàinig sinn dachaigh seo agus chaidh am brogach leis ag iarraidh na h-uaisibh aige. Bha iad dol a dh’Edderton.

III AN SEÒLADH

(28) A’ seòladh sna tìrean fada às

Chaidh mi anns na tìrean shìos, cho fada shìos agus am Persian Gulf gu Hong Kong. Bha mi gu Singapore agus uair no dhà gus na States. Ò, bha mi dèanamh sin ach cha bu chaomh le misc¹ air bhith shìos anns na tìrean shìos. Bha e ro theth dhomhse, bha. Dar a bhiodh sinn seòladh, dar a bhiodh *stern* an soitheach air a’ ghrèin, chan fhaigheadh tu drùb a chadal le teas na *plateachan* don soitheach.

Uill, bha sinn dol sios gu China, gus am Persian Gulf, is bha sinn *tradeigeadh* bho sin gu Hong Kong is gu Singapore is gus na State[s]. Bha mi air aon soitheach an sin agus bha e *amalgamated* gu *foreign firm* agus *phlanig* iad gum faigheadh iad na Breatainnach air falbh don soitheach agus a ghabhail *crew* dhuhb airson fhaighinn an *cheap labour*, so thàinig sinn uile dachaigh

¹ Leugh liomsa.



Port Bhaile an Todhair, am meadhan na 20mh linne, is dòcha.



Cairt-phuist de Phort Bhaile an Todhair.

[na] *passengers*¹, dachaigh gus a' United Kingdom. Sin an tìm, an uair mu dheireadh a bha mise air falbh dar a thàinig mi dachaigh na mo *passenger*. (AC)

(29) Balaich Steòrnabhagh

Bha mi air an soitheach tha seo, air an *Celtic*, White Star Line Boats, còmhla ris na balaich à Éirinn agus bha sinn an South America. Is thàna sinn gu àite glè ònarach agus leig sinn às an *anchor*, an trig. Bha sinn na laighe² anns an *stream* sin agus às deagħaidh na teatha aig an oidhche – bha e cho blàth, an aimsir teth – chaidh sinn air an *deck* is bha sinn a' smocaigeadh. Is bha Sasannach bha ann an sin, bha e bruidhinn ris na h-Albannaich is thuirt an Sasannach,

'Uill, chan eil *doubt* nach eil an t-àite an sin ònarach. Ann a h-uile *spot* a choimheadas tu tha e ònarach. Ach nan d' rachadh tu air tìr an sin, chuireadh mise geall, rud sam bith, riut gun tigeadh tu an coinnimh Albannach ann an sin.'

Ò, tha sin cho fior agus tha mi ag ràdh riut e. Leth-uair às deagħaidh sin, chunnaic sinn bàta tighinn bhon tìr, bàta mòr lodh *canoe*, is chaidh e gus an *gangway* don soitheach a bha na laighe anns an *stream* agus dh'fhaighnicheadh e am faigheadh e uair *permission* airson dhol air bòrd am faiceadh e a bheil mòran don àite a bhuineadh e air bòrd air an soitheach. Bha an uair *granted for him* – is thàinig e air bòrd. Ò, chunnaic mise mi fhìn e tighinn air bòrd. Ò, bha e ann an sin, timcheall sia troighean, balach cho brèagħa is chunnaic thu tric. Àch, cha robh e mòran mionaidean air bòrd dar a bhiodh tu dèanamh dheth gun d' robh e ann am baile mòr a Stornoway. Bha gu leòr *Stornowaymen* air bòrd is thàna – bha eise – bho Steòrnabhagh. Bha e an sin anns na cnuic ònarach an sin airson trì bliadhna a' coimhead às deagħaidh nan caorach. Ach aon beò chunnaic mise air an tìr an sin, 's e dà *chamel* agus duine a' coimhead 'an deagħaidh. Sin an aon beò chunnaic mise anns an tìr ònarach an sin an South America. Ò, tha sin fior. (AC)

¹ nar *passengers*. ² nar laighe.

(30) An tìr ann am Barraigh

An d' chuala thu riamh mu dheidhinn an 'Duine Mòr' à Barraigh? Uill, chunnaic mise an Duine Mòr. Bha e timcheall seachd troighean ach bha e fas sean dar a chunnaic mise e. Bha e fas crom leis an aois, bha. Chunnaic mi e ann am Barraigh. Bha e cho mòr is gun d' robh e faighinn a bheò dol air falbh còmhla ris na *showachan* bho àite gu àite. Bha e faighinn a bheò mar sin gus an d' fhàs e sean. Dar a chunnaic mise e, bha e fas crom is bha *tom o' shanter* dearg air – do Barraigh, Eilean Bharraigh. Rugadh ann am Barraigh e. Chunnaic mi bràthair dha is bha aon do na sliastanan¹ aige air falbh dheth. Bha e air aon sliasaid. Cha robh e leth cho mòr ris an Duine Mòr, a bhràthair. Ach bha e cho tiugh is air² sin. Bha e dèanadaich air brògan is a' càradh brògan, a bhràthair a bha a shliasaid dheth. (AC)

(31) 'Cogga' a' dannsadh lomnochd

Anns an t-seann tìm bha brogach às an t-àite againn 'an canadh iad Cogga – 's e Donny bha air ach 's e siud an *nickname* a bha air, Cogga. Agus bha e air an long còmhla ri brogach às an t-àite againn agus 's e *officer* a bha sa bhrogach. Airshon sin bha Cogga cho breugach sin, bhail gum b' urrainn da rud sam bith chantainn ris an *officer*, gun d' robh³ e bhon t-àite againn fhìn.

Aon là nach deach an *officer* a laighe agus, dar dhùisg e, chaidh e an-àirde air *deck* agus 's ann bha Cogga lomnochd gus an t-saoghal, dannsadh don *chrew*. Agus thuirt e ris,

'Cinnteach gur e t' inntinn a dh'fhalbh!'

'Cha d' fhalbh m' inntinn, ach cha leigeadh tusa mise a thìr.
Nan leigeadh tusa mise a thìr, cha bhithinn-sa dannsadh.'

An deaghaidh sin dh'fheumadh an *officer* sa leigeil tuillidh an deaghaidh sin, no dhèanadh e dannsadh rithist agus gheobhadh iad näire le Cogga. Dè 'n diofar bhith aig Cogga?

¹ i.e. casan.

² Leugh *cho tiugh ri*.

³ seach gun robh.

IV
AIR MHUINNTIREAS

(32) Isbeil Anna air uachdar Evanton

Bha mi bliadhna gu leth an àite nach fhaca mi Crìosdaidh ach an fheadhainn bha anns an taigh – an t-àite a bha ann, bha e cho fiadhaich. Ach thàinig mo mhàthair còmhla rium.

Thuirt i,

‘M’ eudail, shin bonn leth-chrun dut. Ma dh’fhàsas tu gu tinn, tig dachaigh *at once!* Tha e diabhlaidh fiadhaich an t-àite an seo.’

Bha mi, nis, còig bliadhna air uachdar Evanton, còig bliadhna anns an aon taigh. Innsidh mi dut rud eile. Bha an *cook* bha ann mur tàinig a’ *chef* – agus bha bòrdan mar sin anns a’ *phassage* agus bha na lampachan aig an taigh uile air – agus bha an *cook* seo, bha i glanadh steach fo sin. Bhuail an druim am bòrd is siud *the whole bloody lot* nam mìrean! Uill, bhris lampa mòr uasal.

Agus bha an Diabhal aig am brogachan [de mhuinntir an taigh], agus thuirt i¹ riumsa,

‘Ò, Thighearna, cha bhi sgilling agamsa bheir mi dachaigh do mo mhàthair,’ thuirt i. ‘Bheir i an-dràsta na chostadh an lampa do mo èarlas.’

‘Chan eil fhios agamsa dè nì thu,’ arsa mise rithe.

‘Tha mise dol chur air am brogachan e?’

Chuir ise air am brogachan e. Chuir i air an leanabh, gur e am brogachan a rinn e. Bhail innsidh mi dut ciamar – ò, lampa uasal! – bheireadh i trì no ceithir a notachan deth². Rèist, cha robh nichein aice dar rachadh i dachaigh gu màthair.

‘Ò,’ thuirt mise rithe, ‘do chuinnseas fhèin!’

(33) Magaidh agus Mrs Fraser

Bha Mrs Fraser Balaldie, ’s e *lady* uamhaidh gasta a bha innte is chuir i anns a’ phàipear gun d’ robh i feum *cook*. Agus chaidh

¹ .i. an còcaire. ² air, .i. air an lampa.



Isbeil Anna agus an cù aice, Mac; fear-dàimh, Dòmhnull MacAonghais; a cliamhain, Seòras MacDhòmhnaill; agus a màthair, Seòrasaiona Shutharlannach – air a thogail sna 1940an, is dòcha.



Isbeil Anna is cuid da càirdean: (bhon chli) 'Seekie', fear Rosach; Dòmhnull MacAonghais, mac do phiuthar màthair Isbeil Anna; Iain Dòmhnullach (Jackie 'Log'); Risteard (Dickie) Pàisteanach; Dòmhnull MacAoidh (Donnie Kay), a' Mhanachainn – air a thogail sna 1940an, is dòcha.

an tè sa an-àirde thuice is thuirt i gum b' urrainn dise *cookigeadh dhèanamh*. Is thuirt Mrs Fraser,

'Ma tha sin ceart, tigibh an-àirde Diluain!'

Siud a dh'fhalbh Margaid an-àirde. Dar chaidh i an-àirde, thuirt Mrs Fraser rithe,

'Nis, tha [mo mhac] Malcolm – 's e *brose* a ghabhas e sa mhadainn is aiteal salainn ann. Agus feuchaibh, Mhagaidh, gum bi e¹ goil mur dèan thu am *brose*!'

Dar dh'èirich a' mhàthair sa mhadainn, chaidh Malcolm an-àirde gu mhàthair,

'Dè an seòrsa do diabhal *cook* fhuair thu siud? 'S ann a rinn i am *brose* agamsa le bùrn fuer.'

Dh'èirich an *lady* is thuirt i ri Magaidh,

'Mhagaidh, 's e [le] bùrn fuer a rinn thu am *brose* do Malcolm.'

'Chan e, ach bùrn goileach! Ach innsidh mi dut dè nì thu. Siubhail is ith guail!'

*

Thuirt Mrs Fraser ri Magaidh,

'Tha fhios agad, Mhagaidh, tha thu faicinn Dr Gillies. Tha e tighinn *steady*. Tha fhios agad fhèin carson tha e tighinn.'

'Dè damainte diofar tha agamsa airson Dr Gillies! Chan eil e dèanamh nichein domhse ach obair, obair, teatha is obair san oidhche. Chan eil mi *humbugieadh* mi fhìn² mu dheidhinn Dr Gillies!'

'Nis, a Mhagaidh, cuireas tu an *cosy* air [a' phoit-teatha] a-nochd! Cuimhnich! Na tig leis a' phoit-teatha na do làimh mar is àbhaist duinn.'

Ò, Thighearna, dar bha am bàrd ceart, 's ann a thàinig i leis an *cosy* le dà *hair-pin* fasta na ceann agus a' phoit-teatha an a bais da. Ò, is tu bhith cinnteach gun fhaigheadh ise e bho Mrs Fraser dar rachadh Dr Gillies air falbh!

*

¹ i.e. am bùrn. ² cur dragh orm fhìn.

Thàinig i gus a' chidsin aice is thuirt i ri Magaidh,

'Is tusa an *cook*. Fimireas tusa na clagachan uile sin a
ghlanadh bhail tha uaisibh tighinn thugamsa agus chan fheadar
nach iarr iad dhol steach anns a' chidsin.'

'Chan eil iad tighinn seo. Cùm dut fhèin iad anns an *sitting-room*
agad fhèin! Chan eil iad feum thighinn gus a' chidsin seo
thugamsa. Chan urrainn domhse dhol air seathar ach am bris mi
mo chasan is gum bi mi anns an ostail. Cò, rèist, gheobh thu
chookigeas dut?'

'Mhagaidh, fimireas na *bellachan* bhith deis.'

'Feuchaidh mise dut na *bellachan*!'

'S ann a bheir i air a' bhruis leis an làimh mòr, fada. Siud a
thug i h-uile *scotch* don *whole lot* do na *bellachan*. Ghliog i h-uile
one diubh agus, Thì! Thighearna, 's ann a thàinig na daoinibh
bhon *study* le feagal a bheatha¹ gur e teine bha anns an taigh
mhòr.

(34) Cogga² na *bhoots*

Bha e uair eile, dar bha mise creic an t-iasdann ann an Inbhir
Pheofharain, chaidh e uair eile na *bhoots* gu taigh anns an
t-Srath. Thuirt mi ris,

'Càite a bheil thu dol, John?'

'Tha mi dol na mo *bhoots* gu tè a bheil³ iad cantainn '*Miss, miss!*' rithe, ach 's ann aig Dia tha fhios dè seòrt tè tha innte.'

Ceithir là deug an deaghaidh – mile mort! – ceithir là deug
an deaghaidh sin, chunnaic mise an *case* aige fon *class* aig an
stèisean an Inbhir Pheofharain is thuirt mi rium fhìn,

'Diabhal mi fhìn! 'S e an *case* aig John.'

Arsa mise,

'An e air *holiday* tha thu?'

'Àch, *holiday* an donais! Tha mi dol dachaigh.'

'A bheil thu ag innseadh sin domh?'

'Tha, ge-ta. 'S ann dar a ruig mi thuirt i, "Siubhail agus
bleoghain a' bhò."

¹ Leugh am beatha. ² Faic (31) shuas. ³ a tha.

“Chan urrainn domhse, chan urrainn domhse dhèanamh.”

‘Is tu thèid!’

‘Siud ghabh mise an stòl is am peile. ’S ann a thog a’ bhò a cas: thilg i mi fhìn sam peile.

‘Nis, aig an oidhche, dh’iarr i orm na bòtan a ghlanadh airson a’ mhadainn. Dar a chaith mise ag iarraidh bòtan ann, ’s e bòtan fada boireannach a bha ann. Agus siud cha robh fhios agamsa fo Dhia dè dhèanainn. Bha bogsa mòr le *blackening* ann. Chuir mise am *blackening* air na *suede boots* aig an tè. ’S ann bha iutharn ann!

‘Thuirt i, “Bi dol dachaigh. Chan fhiach thu rud sam bith ach an òcrach.”’

(35) Air mhuinntireas an taigh doctair

Bha mi air mhuinntireas an taigh doctair agus thàna doctair eile a-staigh agus thuirt eise ris an doctair,

‘Tha mise dèanamh dheth gum bruidhnich am *maid* againn a’ Ghàidhlig.’

Thàna e bhruidhinn a’ Ghàidhlig riumsa fhìn, an fhear sa agus thuirt e,

‘Cò dha bhuineas tu?’ thuirt e.

Arsa mise, ‘Buineas mise do Easter Ross, ma chuala sibh e riamh.’

‘Uill, thàna a’ bhean agamsa bho Easter Ross.’

Agus cò bha seo ach Dina Ross: bha a’ bhùth aca am Baile an Todhair. Agus thàna e is ’s e bha bruidhinn a’ Ghàidhlig riumsa h-uile ceum. (IJ).

V

AM FEARANN

(36) An *gamekeeper*

Bha mi fhìn is tè eile anns a’ choille ag iarraidh stoban a bheòth-aicheadh an teine agus, dar bha na eallaich deis, cò thàinig ach

an *gamekeeper*. Is thug e sgian à a phòcaid is siud a gheàrr e an dà eallach, is cha robh fhios againn dè dhèanadh sinn, dol dachaigh gun stob.

Is thuirt an tè eile riumsa,

‘A bheil fhios agad dè nì sinn? Bheir sinn an *trouser* bhon trustair!’
Bheir sinn an trùsar don trustair! Is dh’fhalbh e dachaigh gun trùsar.

(37) Am buntàta

Nis, anns an t-seann tìm seo-an, bhiodh iad faighinn *plotachan* bhon tuathanach, sia slat air leud. Agus, rèist, rachadh an clais an-àirde air an dà thaoibh, sia slat. Nis, dh’fhaodadh e bhith gum biodh trì fichead slat [a dh’fhaid] ann no leithid sin. Ghabhadh do nàbaidh leth dheth agus dhèanadh sinn dà leth an rathad sin air: Coimhead! Ruithidh sinn an *line* an-àirde anns a’ mheadhan. Nis, bhiodh trì slat agadsa is bhiodh trì slat agamsa. Nis, dh’fhaodadh tu chur *Kerr’s Pinks* no dè an sìol bha dol aig an tìm. Tha diofar sìol a-nis ann. *Champions* dol an uair sin. *Kerr’s Pinks* agus – hàch! – *up-to-date* san tìm sa tha air nis. Tha, a-nis, gu leòr do diofar sìol air a’ mhargaid.

Nis, chan eil shinn faighinn biod bhon tuathanach, a bheil thu tuigeil? Bha e dèanamh mach gur e an sìol againn cuideachd a bha toirt an *eel-worm* gus an talamh. Agus tha sin aca ged [nach eil] sinn faighinn aon buntàta anns an talamh idir. Rèist, tha *Board of Agriculture* cur comain orra gun fhimir an talamh sin bhith laighe airshon trì no ceithir bhliadhna mun tèid am buntàta a-rithist ann. Nis, bha shinn pàigheadh nota. À, chan eil fhios agam an e *so much* airshon trì slat. Tastan eadar-ruinn fhìn e. Bhiodh e nota, co-dhiù, an drile dut. Rèist, bha e cur mach drileachan. Na tuathanach – gheobhadh tu drile, phàigheadh tu iad aig a’ *back end*. Bha e cur mach a-rithist iad airshon an ath- bhliadhna. Nis tha thu ceannachd iad, no ma thig fear gus an doras leis a’ bhana, no ma tha beagan agad anns an leas, ma tha talamh agad—. Bhiodh iad cur air falbh am buntàta anns an t-seann tìm air an long.

Nis, feamainn, 's e sràilleach chanas sinn seo-an (ach 's e feamainn tha ann). 'S ann don chreig tha e tighinn, am feamainn. Agus b' àbhaist duinn dhol gu—, dar bha sinn na¹ brogachanan, ò, tha sin ceithir fichead is a deich, ceithir fichead bliadhna. Anns an tràigh, tha comharradh² aig h-uile fear dà fhèin airshon ropadh an t-sràilleach, toirt don chreig e – 's e an t-sràilleach dhubh. Is bhiodh sin air a' bhruach airshon seachd no h-ochedh là. Nam biodh i nas fhaide, bhiodh i dol dhol leaghadh. Chuireadh tu sin, nis, air a' chaob fearainn bhiodh agad bhon tuathanach, mas e am *plot* a bha agad. Dhèanadh tu *turn* siud is seo-an. Bhiodh tu cur reumh mu seach. 'S e spaid a bhiodh againn, fhiros agad. Nis, bhiodh feamainn dol sin is an sìol sin. Rèist, an *ath-row*, 's e *fertilizer* guana e. 'Guana' chanadh sinn ris. *Tatty manure* an-diugh chanas iad. Nis, bhiodh agad, nis, ri chur an àc ri sin. Bhiodh agad, rèist, dar thigeadh na *crops* an-àirde, chur an talamh riutha. H-uile nì do sin. (US).

(38) An cruidh

B' àbhaist do duine bhith aca, bhiodh h-uile *estate* cumail fear air an t-seann tìm – chaidh sin innseadh domhse. Is bha dà mhinistear gabhail an là aig aon là is chòmhlaich iad an duine sa is thuirt an dàrna fear ris an fhear eile – fuirich ort:

'Seallaibh leithid – leithid seo-an!' – Duncan, no gu bith dè an t-ainm a bha air – 'Gheobh sinn gàire.'

'Nis, tha thu gabhail do là, Dhuncan?'

'Tha,' *he says*. 'Dè mar tha sibh?'

'Ha, ha! Nach e mi tha *lucky*: fhuair mi cruidh each!'

'Nach iomadh rud nì am foghlam? Cha bhiodh fhiros agamsa nach e cruidh làir a tha ann.' (US)

(39) An cìobair sa chùirt

Bha cìobair agus bha e sna monaidhean agus, dar bha e sna monaidhean, nach tàinig stoirm mòr le sneachd is reòthadh is

¹ nar. ² i.e. lorg air a chur air an tràigh gus leigeil fhaicinn càit an robh an t-aite dha fhèin sam biodh e a' buain feamainn.

cha robh bùth fagais air agus cha robh biadh aige don chloinn. Bha teaghlach mòr aige agus cha robh biadh aige daibh. Dè rinn e ach mharbh e aon do na caoich is thug e an craicinn deth agus 's ann a chuir e an craicinn anns an òcrach.

Dè thàinig ach an duine-uasal e fhèin agus bha dà chù mhòr aige. Siud a dh'fhalbh na coin agus 's ann a thug iad an craicinn an-àirde às an òcrach. Is thuirt an duine-uasal ris,

'Dè an craicinn tha sin? 'S e craicinn caora tha sin!

"S e.'

'Uill, mharbh thu an caora sin dut fhèin.'

À uill, innsidh mi dut ciamar a rinn mi e. Cha robh biadh ri fhaighinn. Bha sinn mìleachan bho biadh is bho àite sam bithe gum faigheadh sinn aiteal biadh agus bha an teaghlach caochaileadh gun biadh is chaidh mi a' chaora mharbhadh¹. Agus nis, thug an duine-uasal e gus a' chùirt agus thuirt e ris,

'Dè, nis, tha thu dol a dhèanamh? A bheil thu dol a phàigh-eadh sa chaora?'

'Chan eil airgead agamsa a phàigheadh sa chaora.'

'Dè, rèist, tha thu dol a dhèanamh?'

'Mè, mè!'

(40) An spiorad

Tha mi creideil gu bheil dusan bliadhna chan bhail bha an duine sa, Willag, b' àbhaist da bhith coimhead an deaghaidh a' chladh agus bha e glè *nervous*. Cha bu chaomh leis – ged a bha e dèanamh e, bha e dèanamh e dar nach robh *job* aige. Agus an là sa bha an dorcha ann agus thuirt e ris fhèin,

'Chan eil seo ceart rathadeigin. Ô, Thighearna, tha rudeigin fagais orm an seo. Cha chaomh liom idir bhith anns a' chladh an-diugh.'

Siud ghabh e chasan is bha e ruith mach às a' chladh agus dh'èirich spiorad is thuirt an spiorad ris,

'Tig air ais, Willag! Na bi amaideach! Tha dà stampa agad ri chur air do *chard*!'

¹ Leugh *chaidh a' chaora mbarbhadh*.

(41) Fead Lachaidh

An Sgìre Lachaidh – sin timcheall ceithir mìle à seo – bha duine an croit beag. Is bha e sa choille aona là is chunnaic e craobh mòr.

‘À, dhèanadh sin glè mhath airson cumail an-àirde, cumail seasamh an stàbal agam.’

Is chaidh e fhèin is am mac mach aig an oidhche is gheàrr e bhàn an craobh. Fhuair e dachaigh e. Is dar chunnaic an tuathanach mòr gun d’ robh an craobh air a ghearradh bhàn, thuirt e ris fhèin,

‘A bheil fhios agam cò rinn sin?’

Dh’innseadh aon do na daoinibh da:

‘An e Lachlainn a dhèanadh e?’

Agus thuirt e ri Lachlainn, ‘An e thusa a gheàrr an craobh mhòr tha sin?’

‘Ò, chan e mise rinn e!’

‘Cò eile – tha e aig an taigh agad?’

‘Chan eil diofar. Chan e mise a gheàrr e.’

‘À, coma leatsa! Tha mise dol chur am poilòs thugad.’

Agus thàinig am poilòs is thug [iad] an sumanadh do Lachlainn. Agus cha robh fhios [aig] Lachlainn dè dhèanadh e. Agus thuirt duine ris,

‘Siubhail thusa gus am fear-lagha bheir cobhair dut.’

Is thuirt am fear-lagha,

‘Dar thèid thusa ’n an cùirt, dar their an siorram am facal dut¹, “An e thusa a gheàrr a’ chraobh mòr?”, dèan fead!’

Is dar thàinig an là don c[h]ùirt, thuirt an siorram,

‘An e thusa a gheàrr a’ chraobh mòr aig an tuathanach?’
[FEAD].

Thuirt e ceist eile.

[FEAD]. Cha tuirt e ach fead.

Thuirt an t-sheriff,

‘Chan eil an duine sin glic. Chan eil e glic. Mach à seo leis!’

Dar a bha e mach às a’ chùirt, chunnaic am fear-lagha e:

¹ Leugh riut.

‘Gu dè, nis, Lachlainn, tha thu dol a phàigheadh domh airson an cobhair rinn mi dut?’

[FEAD]

‘S e sin, ma-thà, facal tha iad ràdh gus an là an-diugh: ‘Cha d’ fhuair mise ach “fead Lachaidh”.’ (ÙR)

VI SAOGHAL NAN DAOINE

NA TREABHAIR: AN TUGHADH

(42) Am fear a bha creic fodar

Fhuair mise gàire le Johnny aon chuairt. Bha e creic fodar, fodar airson na treabhair dar bha criadhach dol¹. Agus an t-seann eachan bha aige, bha e cho sean, Dia tha fhios cho sine² is bha i! Agus dar thàinig e gus an taigh bha ag iarraidh an fhodar. Thighearna, ’s ann bha an taigh air a thughadh. Eadh, agus cha do ghabh iad an fhodar bhuaithe.

‘Ó,’ arsa eise, ‘Bhetty, m’ eudail, chan eil fhios agamsa c’as a thàinig thu ach innsidh mi seo dut: cha tug iad sin leis an t-each bha seo. Cha tug iad an fhodar bhuam agus gu sìorraidh bhith-bhuan anns an t-saoghal sa cha tèid thu an-àirde an cadha aca³, na buggeran grànnnda!’

Bha e air a shàrachadh nach do chreic e an fhodar an deaghaidh thighinn às an Inbhir leis.

(43) A’ dèanamh tughadh

Rinn mise tughadh mi fhìn. Dar a bha mi òg, bha tughadh air taigh mo mhàthair agus, dar a bhiodh an tughadh a’ caitheamh

¹ *dar bha criadhach dol*, .i. nuair a bhite a’ cleachdadh criadh anns an tughadh.

² *Leugh sean*. ³ .i. chan fhaigh thu suas an staran aca, .i. chan fhaigh thu tarsainn air an doras aca.

air falbh, bha mi faighinn sumag no dhà fodar agus bha mi tarraing e agus cur dìreach e. Bha mi dèanamh càrsa air càrsa agus bha *trowel* agam agus bha mi cur *trowel* criadhach ann an siud is ann an seo. Is bha mi, rèist, bualadh e, is lodh criadhach tighinn an-àirde tron t-fhodar. Bha mi, rèist, plastairigeadh e bhàin is a-bhàin aig beulaibh an taigh. Bha sgian gheur agad is gheàrr thu an fhodar dìreach. Dar bhiodh tu dèanad-aich air an taoibh eile don taigh, dar thigeadh tu gus an sop a bha seachad air an *ridging*, bha thu cur an fhodar staigh foidhe agus cur an sop sin air a mhuin gus a ruitheadh an t-uisge bhuaithe. (AC)

*

Bha duine, is bha e ag obair *steady* agus cha robh e pòsta – *gentleman* do dhuine a bha ann. Uill, 's e tughadh bha agamsa air an taigh aig an tìm. Àch, tha seo-an, canaidh mise *nineteen-nineteen* no *twenty*. Gu meud bliadhna tha sin? Tha e seachad dà fhichead bliadhna tha sin – cogadh an deaghaidh sin. Thàinig e an-àirde sin 's t-samhradh:

'Feuch an tig thu an-àirde am faic thu – 's e Beurla bha e bruidhinn – Feuch an tig thu an-àirde – ach bha a' Ghàidhlig aige cuideachd, h-uile facal – an tig thu an-àirde am faic thu an dèan thu criomag tughadh domhse?

'Chan aithne domhse tughadh dhèanamh air.'

'Ò, is math sin,' *he says*, 'a rinn thu dut fhèin an sin agus, ma nì thu domhse mar rinn thu dut fhèin, bidh mise glè thoilichite.'

Thuirt a' b[h]ràthair riumsa – a' b[h]ràthair agamsa a chaochail a-muigh an Sydney – arsa eise,

'Siubhail an-àirde còmhla ri duine!'

Agus bha duine eile chuir tughadh an aon rud. Uill, fhuair e bhon tuathanach faisg air dà cheud sguab airson dhèanamh an *job*. Fhuair e sac dà chuairet bhon àite.

Thòisich mise air an taigh is chuir mi ceann air da. Bha e anabharr toilichite agus – dearbh! – chan e gun d' rinn mise e, [ach] bha am brod *job* dèante dheth. (US)



Cairt-phuist de Shràid a' Chladaich, Baile an Todhair,
tràth san 20mh linn, is dòcha.



Isbeil Anna aig an taigh le nighinn, Doilidh, aig àm Nollaige.

(44) A' pàigheadh na *taxes*

Anns an t-seann tìm cha robh iad pàigheadh *taxes* agus dar thàinig fear a' *taxes* timcheall, dar a chaidh e gus an doras aice [òinnseach a bha innte], thuirt i,

‘Tig a-steach! Tha mise dèanamh cupa teatha duinn fhìn agus gheobh thusa cupa teatha.’

Is chaidh e steach còmhla rithe agus arsa eise,

‘A bheil fhios agad dè tha mise ag iarraidh?’

‘Tha, na *taxes*. Ach innsidh mise dut. Gheobh mise anns an *catalog* i airson tastan.’

‘Agus chan urrainn dut sin a phàigheadh?’

‘Tha mise sgìth glanadh is *dustaigeadh* agus, nis, thoir leat a' *whole lot!*’

Nis, bha i cho còir. Dar chunnaic iad cho còir is a bha i, toirt teatha daibh airson na *taxes*, thuirt iad,

‘Na bi cur feagal air a' bhean sin!’

NA TREABHAIR: AN TEINE

(45) An gual aig Port Làirig

Bha mise ag iarraidh baoit rachadh air na lìonachan don *uncle* agam agus choinnich mi an tè sa air an rathad.

‘Càite an d' robh thu?’ [thuirt mi] ri Nanna Theàrlach.

‘Thàinig long le guail steach aig Port Làirig agus fhuair mi poc bhom fear is tha tunna a ghuail agam.’

‘Thighearna, gu dearbh,’ – bha peile agam – ‘nam biodh poc agam, dhèanainn gràineag guail.’ Bhiodh guail cruaidh an uair sin fhèin.

‘Sin am poc dut, ma nì thu feum deth.’

Rinn mi tunna a ghuail, a thilg [mi] an-àirde air an stèill e¹. Nis, cò bha, nis, dol thoirt dachaigh e? Dh'èirich mi sa mhadainn aig sia uairean sa mhadainn – bha an duine agam an Inbhir Gòrdain, dèanadaich air am *fleet*. Dh'èirich mise aig sia uairean sa mhadainn. Rinn mi fhìn gu goirid a chur an *slippers* beag orm.

¹ Leugh *air an stèill*.

Siud a-bhàن, tha mi creideil, trì no ceithir mìle, is thuirt mi ris an duine¹,

‘An tig thu màraich?’

‘Thig mi còmhla riut air am mionad, bhail tha mi faicinn nach eil thu *fit*.’

Dà là an deaghaidh sin, rugadh Doilidh agus tha sràilleach² air a gàirdean. Agus chuir mi an-àirde an tunna a g[h]uail a rinn an geomhradh duinn. Bha e an-àirde air an stèill is thuirt mo mhàthair,

‘Airson Dia, m’ eudail! Bios tu marbh, a dol a-bhàن trì mìle.’

Agus bha an seann duine³ còmhla rium agus bha e ag amhran da fhèin: ‘daidheadal-dobhdal-daidh aidheadal-daidheadal-dobhdal-dadal’ tighinn dachaigh. Nam b’ e⁴ sin bha mi na mo chorp air an rathad. Bha mi cumail *step* ris: ‘aidh-aidheadal-obhdal-daidh aidheadal-daidheadal-obhdal-dadal, is dobhdal-aidheadal, dobh-aidheadal-daidheadal-dobhdan’. Agus thàinig mise dachaigh. Dar dh’èirich mi sa mhadainn – is cha d’ innis mi don duine⁵: bhithinn na mo chorp aige. Is dh’fhalbh mi bhàن le *lornean* ag iarraidh *cart* – càrn a bheireadh an tunna a ghuail agam dachaigh. Chaidh mi sìos gus an tunna a ghuail còmhla ris⁶ ach am biodh fhios aige – chuir mi sin e. Ò, bha mi cho làdir ris an t-each. Bha, gu dearbh. *Hundredweight* iasg, cha chuireadh e nì orm.

AM BIADH

(46) ‘A rèir is mar thuiteas’

Bha aon bhliadhna ann gun d’ robh am buntàta uamhaidh, uamhaidh truagh. Chan fhaigheadh tu buntàta airson airgead: cha robh buntàta san dùthaich. Fhuair a’ bhean sa dhà no thrì buntàta. Bha i plocadh am buntàta is thàinig am brogach an ath-dhoras a-steach. Nis, bha smugan tighinn bhon t-sròin aice agus cho fada is nach tuiteadh an smugan anns am poca buntàta

¹ i.e. fear na cairt. ² feamainn, i.e. comharra dhith. ³ i.e. sean bhràthair màthar di.

⁴ mura b’ e. ⁵ i.e. don duine aice fhèin. ⁶ i.e. ri fear na cairt.

ghabhadh am brogach e, ach nan tuiteadh an smugan anns am buntàta cha ghabhadh am brogach e, agus thuirt e rithe,
‘A rèir is mar thuiteas!’

(47) Am prìne anns an t-ìm

Anns an t-seann tìm bha taigh anns an t-àite sa agus bha iad glè uailleach: cha robh cho àrd anns an t-àite againn. Is dar a bhiodh na brogaich a’ dol airson cèilidh bha leth-phunnd ìm aca air a’ bhòrd. Bha e gu sìorraidh, bithbhuan am-feast air a’ bhòrd, gun thighinn dhen bhòrd. Agus thuirt aon fear ris an dithis eile,

‘M’ anam fhìn, nì mise *job* diubh! Cuiridh mise prìne anns an t-ìm.’ – A bheil thu faicinn?

Nis, an deaghaidh sin bha fhios aig an dithis eile, nis, gun d’ robh am prìne ann.

Chanadh e, ‘Ha, ha, ha!’

‘Carson tha an donas sin gàire?’ [chanadh an fheadhainn a bha san taigh.]

‘Ò, chan eil fhios agam carson tha e gàire. Tha e gàire mar sin an-còmhnaidh. Chan eil e glè ghlic.’

(48) A’ bruich faochagan

Dar bha sinn aig na faochagan, b’ àbhaist duinn thoirt coire ann le bàrn ach an dèanadh sinn aiteal teatha. Ach an là sa thàinig Doilidh mach, cha deach mise gus na faochagan, ach an ath-là chaidh mi agus dè bha orm ach an còta mòr *railway* aig George. Agus a-nis – bha èidsa cho *cute* – thuirt iad riomsa,

‘Siubhail gus a’ bheanag!’ – dar nach robh fhios agamsa gur dhiùlt i daibhsa – ‘Thèid thusa! Chan fheadar nach bruich i an coire dut.’

Dh’fhalbh mi fhìn, a-nis, gus an doras. Thuirt i,

‘À, m’ eudail, tig steach!’ – Thàinig bogsa à Dùn Èideann di le panachan agus *frying-pan* – Agus thuirt i riomsa,

‘A bheil thu feum *frying-pan*? ’

‘Chan eil mise feum nichein ach bu chaomh liomsa e.’

‘Ach, gabhaibh-sa am *fry-pan*!’

Is thug i am *fry-pan* còmhla rium.

Thuirt i,

‘Madainn a-raoir bha dithis beag ann,’ thuirt i, ‘agus bha an dithis tha sin – agus dà bhana-cheàrd! – smaoineachadh gun cuirinn-sa coire daibh. Àch, gu dearbh! Cha robh mise dol bhith bruich faochagan do ceàirdean. Cuine a tha thu tighinn a-mach à shin [ag obair sa *railway*]?’

‘Thighearna, chan eil fhios agamsa,’ thuirt mi, ‘chan eil fhios agamsa idir cuine a gheobh mi à seo.’

‘Uill, tha an tìm agad don aiteal teatha. Cha bhiodh e ach sia dar ruigeas tu.’

Chaidh mi mach agus bhruiich sinn na coirean a-rithist is:

‘Fhuair mise am *fry-pan*.’

‘B’ aithne dut a’ bhean riamh?’

‘Cha do chuir mi sùil air a’ bhean!’

Ach ’s e *the railway coat*, bhail bha an duine aice air an *railway*. Bha i, nis, smaoineachadh gum buineadhainn don *railway*.

(49) A’ bheanag a’ coimhead na deaghaidh fhèin
 Tha mi dol a dh’innseadh dut mu dheidhinn beanag agus bha i coimhead an deaghaidh i fhèin ach cha robh dùrd mu dheidhinn an duine. Agus thuirt i ris an nighean aice,

‘Magaidh, tig an seo!’

‘Dè, nis?’

‘Uill,’ arsa ise, ‘tha cairteal staoig a-steach an sin agus cuireas tu air do do mhàthair e, is dà ugh, bhail cha bhi do mhàthair fada agad!’

‘Agus dè bheir mi dom athair?’

‘Tha seann ciopair anns am frids agus bheireas tu dod athair e, bhail ithidh na daoinibh rud sam bith!’

NA BEATHAICHEAN

(50) A' chearc agus fear a' bhùth

Dh'fhalbh mise air an t-Sàbaid còmhla riuthasa. Mur d' fhalbh mi thuirt mi ri caileag, agus, gu dearbh, 's e caileag gasta a bha innse,

'Feuch, Bhella, dar bhios mise air falbh màraich, an tilg thu aiteal biadh do na clearcan?'

Dar thàinig mise dachaigh, 's ann a bha an clearc as mothach agam, 's ann a bha i marbh. Fear a' bhùth, bha cù aige nach buineadh idir da – 's ann a chùm e an cù airson an t-seachdain.

'Uill, donas mi fhìn!' thuirt mise rium fhìn. 'Pàigheas tua airson a' chearc! – A bheil thu cluinntinn?

Chaidh mi null gus a' bhùth aige.

'Phàigh mise,' arsa mise, 'seachd is sia sgilling airson a' chearc tha sin is chan eil clearcan agadsa.'

'Chan eil.'

'Uill, mharbh an cù geal bha agad – agus cha buineadh an cù idir dut – mharbh e an clearc agus cuireas tu naoi tastan a-bhàn an sin airson mo chearc!'

Bha mi falbh bhuaithe leis a' chearc is thuirt e rium,

'Thug mi naoi tastan dut airson a' chearc agus, gu dearbh, chan eil thu dol a dh'ithe i!'

(51) A' chearc a dh'fhalbh gus na ceàirdean

Bha Òrduigheannan againn agus, dar bha na h-Òrduigheannan againn, chaidh sinn a-mach air Dimàirt agus, dar ruig sinn an stèisean, bha bàrd mòr mar sin aig an stèisean agus chuireadh sinn na sgùileachan air. Agus, rèist, cha bhiodh aig am fear ach an labhraidh aig an trèan a chur innse agus chuireadh e e mar sin air adhairt¹: cha bhiodh *lift* idir aige. Uill, bha an sgùil aig an tè sa, Jess – agus bha mise ag iarraidh an ticead agam – dar bha mi tighinn a-mach, chunnaic mi sin beò². Thuirt mi ris a' phiuthar aice,

'Bella, tha *livestock* aig Jess.'

¹ air adhart, .i. air, air an trèan. ² .i. gun robh an sgùil beò.

‘Dè fo Dhia an *livestock* bhiodh aig Jess bochd? Cinnteach nach eil thu ceart.’

‘Tha mi ceart gu leòr.’

Thàinig Jess a-mach i fhèin is thuirt Bella rithe,

‘Jess, tha Bell Ann cantainn gu bheil rudeigin beò na do sgùil.’

‘Na mo sgùil-sa? Càite am biodh rud beò? Tha iasg an mo sgùil mar tha aice fhein.’

‘Àch, *damn it!*’ arsa mise. ‘Chan e.’

Is bheir mi air ceann an t-aparan,

‘Chan e an t-iasg tha sin.’

‘Geall fichead nota!’ arsa a piuthar. ‘Chuir iad cat anns an sgùil aice. ’S e an cat tha ag ithe an t-iasg.’

Thuirt mise,

‘Chan eil diofar agamsa dè chanas Jess. Chan eil gnothaich agam ris an sgùil sa, ach tha fhios agam gu bheil rudeigin beò anns an sgùil.’

Dar thog ise an t-aparan den sgùil, siud e ag èigheachd às! Cearc mòr brèagha anns an sgùil! Cheannaich i a’ chearc don t-sagart. Agus fhuair a’ chearc air falbh.

Agus cò bha dol air an aon trèan ach am ministear a bha againn airson na h-Òrdraigheannan agus Mr MacKay, am ministear againn fhìn. Thighearna, cha robh fhios agamsa dè dhèanadh an tè,

‘Ah, *Mistress MacAngus a devil*,’ h-uile mionad.

‘*Mistress MacAngus a devil*,’ thuirt i ris am ministear.

‘What did [s]he do to you?’

‘Hen fly away, hen fly twelve shillings away!’

An ath-mhadainn dh’fhalbh i an-àirde gus an stèisean. ’S ann a bha i fagais air a h-ithe aig an dà chù mòr aig na ceàirdean. Dh’ith iad i. Bha a’ chearc dà thastan deug ri cheannach. Thighearna, bha! ’S ann a cheannaich i a’ chearc don t-sagart. Agus chunnaic mise an rud dol – a bheil thu tuigeil? – mar sin. Agus dar fhuair [ise a h-]anail, leum i às null gus na ceàirdean air taoibh eile an rathad ...

(52) ‘No see piggy’

Bha an duine sa, chaidh e gus an fhèill am Baile Dhubhthaich airson cuilean muc. Agus dar a bha e tighinn dachaigh, bha am poc leis a’ mhuc air a ghualainn agus thuirt am fear sa ris air an rathad,

‘Dè tha sam poc tha ort?’

‘Tha cuilean muc.’

‘Thighearna, feuch domh e!’

Siud a dh’fhalbh an cuilean às a’ phoc. Bha e cantainn ris a’ bhrogach dh’iarr air fhaicinn,

‘Ó, piggy off, piggy off. No see piggy any more.’ Leum an cuilean muc às a’ phoc a bha air a ghualainn. Dh’fheuch e don fhear a’ mhuc. Siud a d’ fhalbh a’ mhuc às:

‘Ó, piggy no see any more.’ Sin a’ Bheurla bha aige: ‘Piggy no see any more.’

(53) ‘Rinn thu murt?’

Anns a’ bhaile bha seo bha seann duine is bean ann. Bhiodh iad an-còmhnaidh cumail mucan agus creic iad. Agus an là sa chuir a’ bhean a Bhaile Dhubhthaich e, is thug i airgead nota da airson dhol a Bhaile Dhubhthaich ag iarraidh cuilean muc bhiodh aice. À, mionnam air! Dar a ruig eise Baile Dhubhthaich, cha robh muc air an fhèill ach mucan mòr. Dè rinn e ach siud a dh’fhalbh e ’an taigh-sheinnse is dh’òl e h-uile sgilling don t-airgead a bha dol a cheannachd a’ mhuc.

Nis, cha robh airgead aige bheireadh air bus ’an àite eile no trèan. Shiubhail e bho Bhaile Dhubhthaich gu Baile a’ Chnuic. Dar bha e am meadhan— tighinn a-bhàn a’ chnoc sin air uachdar Baile a’ Chnuic, chunnaic dà bhrogach e. Agus anns an t-seann tìm bhiodh siosacotan aca le lìnigeadh dearg taoibh steach iad, *flannel* a chumadh blàth na maraichean. Is thuirt am fear sa ris am fear eile,

‘A bheil fhios agad dè nì sinn? Canaidh sinn ri Johndie gu bheil e salach, gun do thuit e anns an *coup*. Agus bheir sinn an t-siosacot deth agus cuiridh sinn an rud dearg a-mach ach an tèid

e dachaigh gus a' bhean leis.'

Shiud a dh'fhalbh eise dhachaigh gus a' bhean is thuirt a' bhean ris,

'An d' robh thu carraig?'

'Cha robh.'

'Tha thu làn fuil, ma-thà.' – bha e dorcha is chan fhaca i glè mhath – 'Tha thu làn fuil, ma-thà. Mur d' robh thu carraig, rinn thu murt.'

(54) An t-each a thuit air a' bhoireannach

Bha sinn dol a-mach gus an t-iasg agus bha an càrn aig Johnson toirt an t-iasg agamsa an-àirde. Is aithne dut an Tulaich? Uill, dar ruig sinn an Tulaich, 's ann bha *spring-cart* a-bhàn agus an t-each na laighe air mo nàbaidh, ceann an t-each air mo nàbaidh. Dar thàinig sinn an-àirde,

'Ò, Thighearna,' thuirt mi ris an draibhear, 'an e sin Katie Wilson?'

'Seadh, Katie Wilson, seadh. Uill, dè nis tha dol bhith deis leatha?'

'Tha mise dol thoirt an ceann aig an t-each de a corp¹.'

'À, an e sin thu, m' eudail? Innsidh tu d' Anndra, dar thèid thu dachaigh, ciamar a chaochail mi – leis an t-each.'

Choimhead mi ris an ceann aig an t-each. Bha e na laighe tarsainn oirre.

'Nis, Khatie,' arsa mise rithe, 'a bheil thu ag èisneachd rium?'

'Bios tu marbh fodham.'

'Cha bhi, no marbh. Cuimhnich! Gheobh mise grèim air an dà chluais aig an t-each. Bheir mi aon dut le mo chas anns an tòin agus tilgidh mi gus an taoibh eile aig an rathad thu, ach cho fada is tha thu fon t-each chan fheagal dut.'

Bheir mi air an dà chluais aig an t-each, thog mi e is thug mi aon dise san tòin is chaidh i gus an taoibh eile. Thàinig i mach. Dh'innis mi di dè bha mi dol a dhèanamh. Uill, cha d' chuala thu leithid. Àch, bha fad an t-seachdain na pàipearan làn deth.

¹ Bhàrr a cuirp.

(55) ‘Joe’ an t-each

Anns an t-seann tìm bha duine anns an t-àite seo. Bha each aige agus cha robh biadh ri fhaighinn. Bha an t-each bochd gun biadh. Donas! Is aithne dut poll nam buntàta? Ghabhadh e an dà chas aige, reubadh e h-uile nì don buntàta. Agus dar dh’èireadh iad anns a’ mhadaidh, bha iad clòr.

Agus bha e cho eòlach, rachadh e leis a’ cheann steach ann h-uile taigh ann am Baile a’ Chnuic. Joe – diabhal do each bha siud! – bhuineadh e dom fear bha dol a thoirt am *bike* dut – Canghaiseach, Joe MacAngus – rachadh gus am buntàta agus bheireadh e h-uile nì às, a’ sgrìobadh e le chas. Dar rachadh iad a-mach, cha robh dusan buntàta aca. Rèist, dar rachadh e anns a’ mheadhan-là – bha e cho glic – rachadh e, ‘Hò, hè!’, leis a’ cheann steach anns a h-uile doras ag iarraidh aran. ’S iomadh là bha e aig an doras sa: ‘Seallaibh Joe!'

(56) An t-each a bha aig na ceàirdean

Dar bha sinn dol a dh’Inbhir Gòrdain leis an t-iasg, bha fear sin, bhiodh e cur sinn is an t-iasg is h-uile nì is rachadh e dh’Inbhir Gòrdain còmhla ruinn. Ach bha an Nanna sa – chaidh i bhàin is thàinig i air ais thugamsa,

‘Bell Ann!'

‘Dè?’

‘Cha bhiodh e an Inbhir Gòrdain an-diugh. Cha toireadh na seachd diabhlan an t-each às an stàile.’ – bha iad diabhlaidh math, nis, da – ‘Cha tig e às an stàile, agus tha e bramadaich is cur dheth is cha tig e às an stàile.’

‘Thighearna,’ arsa mi ri mo mhàthair, ‘dè nis? Tha an t-iasg aicesa is an t-iasg agam fhìn—.’

‘M’ eudail, ’s fhèarr dut dhol a-null ach am faic thu dè thachair.’

Chaidh mi null thuice. À, cha tigeadh, ged a chuireadh tu—.

‘Uill, chan eil mise dol a challtainn an t-iasg is h-uile nì,’ arsa mise.

Siud mise – agus bhiodh stob aig an doras aige – arsa mise ris, is e san leabaidh,



Isbeil Anna agus fear de na coin aice, sna 1940an is dòcha.



Isbeil Anna le cù, Mac, sa ghàrradh aig 'Nairnview'.

‘Èirich à sin! Tha diabhal de— an t-each an seo is cha tèid i, cha tig i mach às an stàile, a bheil thu cluinntinn?’

Chuir e an trùsar air is thàinig e mach.

‘Ged a chuireadh tu òr fo gob is cha tig i mach às an stàile is cha chreic sinn an t-iag.’

Chaidh e steach anns an taigh [a-rithist] – tha seo cho fior – is ghabh sinn post do stob, stob lodh post bhiodh ann:

‘Tig a-mach à sin, a nighean aig an Diabhal!’

Thighearna, bha i mach air an rathad! ’S ann aig na ceàirdean a bha e¹, agus ’s ann mar siud bha iad toirt an t-each às fo na craobhan:

‘Mac an diabhal, tig a-mach às sin!’

Agus mach thàinig e¹.

(57) ‘Mac’ air chall

Bha aon chuairt, bha cùthan beag, geal agamsa, *West Highland terrier*, agus an oidhche sa dh’fhalbh e agus chan fhaighinn biod deth². Cha robh fhios càite an d’ robh e timcheall.

Nis, bha brogach agus bha e aig an dannsadh agus, dar bha e tighinn dachaigh, càite an deach an cùthan ach an-àirde air cnocan feur bha air cùlaibh an taigh agus shuidh e sin. Agus bha e cho geal agus bha am brogach tighinn dachaigh bhon dannsadh is nach fhaca e an cùthan geal. Shaoil leis gur e eachd a bha ann. Siud a dh’fhalbh am brogach fagais air dochair na h-inntinn³.

Steach an doras leis:

‘Airson Dia, fosgail an doras! Tha eachd air cùlaibh an taigh agaibh!’

Agus cha robh ann ach an cùthan beag, geal agamsa.

(58) Magaidh anns an dorcha

Bha an cùthan beag sa, cha robh e faicinn mi le bhith muigh leis an t-iag ach, dar thiginn dachaigh, chan fhàgadh e mi, an cùthan. Bhiodh e tighinn gu sìorraidh aig cùlaibh mo shliasaid an sin, aig cùlaibh mo chasan. Agus chaidh mi an-àirde gus a’ bhùth ag

¹ Leugh *i.* ² .i. chan fhaighinn lorg air. ³ Leugh *na inntinn.*

iarraidh gnothaich aig Magaidh Ùistean. Is bha e, an oidhche sa, dh'fhalbh e mach, mar b' àbhaist, is cha tàinig e dachaigh.

Nis, chaidh mise an-àirde gus a' bhùth ag iarraidh rudeigin agus bha eise còmhla rium. Dè bha ann ach na brogaich dèanamh *po'gun*, is aithne dut, agus nach do shaoil leis gur e gunna a bha ann. Leum e steach. Bha leabaiddh aicesa anns a' chlòsaid. Chuir e cheann fon t-aodach is dh'fhuirich e sin le feagal. Thàinig mise dachaigh is thàinig an oidhche is cha robh *bloody* biod deth ri fhaighinn.

‘Ò,’ thuirt mi, ‘Thighearna, bha e còmhla riumsa an-àirde gu Magaidh Ùistean. Chan eil fhios agam càite an deach e.’

Chaidh Doilidh sa mhadainn an-àirde ag iarraidh gnothaich. Thuirt Magaidh Ùistean,

‘Bhail rug Dia mise is cha d’ fhuair mise uiread do feagal leis an cùthan, an donas beag cù agad! Aig trì uairean sa mhadainn thàinig e às a' chlòsaid – agus cha robh solas agamsa. ’S ann a bha an diabhal beag cùthan ceanna-bhàn, bha e laighe anns an leabaiddh fad an oidhche.’

Nach e a bha glic, nis?

(59) ‘Idir, idir’

Anns an t-seann tìm bha ciobair agus bha e anns na monaidhean agus bha geamhradh cruaidh ann is cha b' urrainn da biadh fhaighinn don teaghlaich. Is cha robh fhios aige dè air an t-saoghal a chreiceadh e anns an taigh airson airgead bheireadh biadh don teaghlaich. Àch, smaoinich e gun creiceadh e an cù – s'e ‘Idir-idir’ an t-ainm bha air an cù. Thuirt a' bhean ris dar dh'fhalbh e laighe aig an oidhche,

‘Cuimhnich, a Mhurdo, na creic an cù, bhail thèid a' chloinn dochair airson an cù! Tha iad dèanamh seòrt do Dia don cù.’

‘Fimireas mi dhol gus an fhèill leis an cù is a chreic e.’

Dh'fhalbh e agus chreic e an cù aig an fhèill agus bha a chridhe briste airson an cù, e fhèin, is thuirt e dar bha e dol dachaigh,

‘Hàch,’ thòisich e air cantainn. ‘àch, chan fhiach an fhèill idir, idir, idir, idir, idir!’ Agus dh'fhalbh e bhon duine a cheannaich e – bha e anns an taigh roimhe.

‘Gu dearbh!’ [thuirt a’ bhean ris.] ‘Cha tug thu an cù gus an fhèill: tha e uair agus nas mothà na uair bho bha an cù aig an taigh.’

(60) An cù bho Norway

Bha cù mòr againn, ‘Nils’, agus thàinig e bho Norway. Aon là bha mi na mo shuidhe aig an teine liom fhìn is boireannach eile còmhla rium, agus thàinig an cù sa steach agus chuir e a cheann air m’ aparan, bhàn air m’ aparan agus, gun canadh tu, cairteal an deaghaidh sin thàinig an duine-usal gus an doras – ’s e steach seo bha am both agam – is thuirt e rium,

‘Steach seo thàinig an cù agam?’

‘Seadh. Coimhead! Chuir e a cheann air an t-aparan agam.’

Nis, bha iad anns a’ Mhorbhaich is fhuair iad *shift* air sin ach cha robh iad dol dachaigh a Norway. Cha robh e dol dachaigh. Dh’iarr e orm an cumainn an cù is thuirt mi gun cumainn. Bha an cù agam airson bliadhnaeachan. Ghabh e *turn* dona.

NA BÙTHAN

(61) A’ bhùth aig Mr Denoon

Anns an t-seann tìm bha bùth anns an t-àite beag an seo agus – mile mort! – nach do bhris e agus cha robh fhiros aige¹ dè dhèanadh e dh’ easbhaidh an t-airgead². Siud a dh’fhalbh e sìos timcheall mìle às an t-àite is chuir e anns an dig e. Agus nis, anns an dorcha dh’fhimireadh e chur ann e. Dar thàinig a’ mhadainn, chan fhaiceadh e am poc. Bhiodh e cur a’ chlach deth is a’ chlach is a’ chlach ach an tigeadh e air am poc agus cha tàinig e riamh air.

Agus thuirt aon fear ris, dar bha sinn dol gus na faochagan,

‘Mr Denoon, dè tha cur bhuaibh dar tha sibh gu sìorraidh tilgeil na clachan dheth mar sin?’

‘Ach, m’ eudail,’ arsa eise, ‘chan urrainn domhse innseadh dut.’

¹ i.e. aig fear na bùtha.

² i.e. an t-airgead a dh’fheumadh e thoirt seachad an dèidh dhan bhùth briseadh.



Isbeil Anna agus a nighean, Doilidh, sna lethcheudan air chùl 'Nairnview',
a deasachadh an èisg airson a reic.



Isbeil Anna agus Nils, a cù Lochlannach.

‘Geall,’ arsa am fear, ‘gur e anns an dig chuir sibh am poc airgead.’

‘Chan eil fhios agam nach eil thu ceart is chan eil fhios agam a bheil thu ceart.’

Cha robh Gàidhlig aig Mr Denoon. ’S e Beurla a bha aige. Bhuineadh e do timcheall Obar Dheathain. Chan eil cuimhne agam c’as a thàinig e ach thog e a’ bhùth seo shìos am baile. Agus nis, phòs e. Bha cloinn aige. Cinnteach gun deach e tron t-airgead. Dh’fhimireadh e bhith gun deach e tron t-airgead agus siud an t-àite an do ghlèidh e am poc: chuir e am measg timcheall na clachan e. Cinnteach gur e aig an oidhche. Dar thàinig a’ mhadainn, cha robh fhios aige càite an do chuir e e agus bhiodh clach is clach is clach dol ach am faiceadh e an tigeadh e air am poc airgead. Agus thuirt am fear sa ris,

‘Mr Denoon, dè fon Aon-fhear tha sibh dèanamh, gu sìorraidh cur na clachan a-bhàn an-còmhnaidh? Cinnteach gu bheil sibh sireadh mach am poc airgead chuir sibh anns an dìg.’

‘Chan eil fhios agam nach eil thu ceart is chan eil fhios agam a bheil thu ceart.’

(62) An tè nach robh pàigheadh

Bha iad an-àirde gus na h-amhaichean aca – cha robh iad pàigheadh rud sam bith. Agus nis, chaидh iad¹ anns a’ *university*; bha iad gu math aig sin, h-uile nì. Agus rinn iad eadar-riutha gun toireadh iad còta *fur* do am màthair airson a *birthday*. Agus bha mo sheanmhair agus an *cousin* aice tighinn às an eaglais agus bha bùth aig an tè sa, Magaidh Ùistean, is thuirt i,

‘Coimhead! Georgina, nan creiceadh iad an còta aice, nan dèanadh iad mìrean don chòta, a bheil fhios agad dè na bhiodh oirre dar bhiodh iad deis?’

‘Dè, m’ eudail?’

‘An coilear a tha oirre timcheall a h-amhaich?’

Cha robh iad pàigheadh am biadh bhiodh aca. Is chaيدh iad a chèile is thug iad an còta do am màthair agus, dar thug iad an

¹ i.e. a’ chlann.

còta di, thuirt Magaidh Ùistean ri mo sheanmhair, tighinn às an eaglais,

‘Nan creiceadh iad an còta, nan tigeadh na *debtoran* ag iarraidh an t-airgead, na bha an còta, bheireadh iad an còta uile don¹ druim aice ach an amhaich.’

(63) An tè bheag anns a' bhùth
Chaidh tè bheag steach ann am bùth is thuirt i – bha tìm uamhaidh bochd ann – is thuirt i,

‘Tha mo mhàthair ag iarraidh lof aran agus, ma tha e sin *at all*, ghabhainn caob càis.’

‘À uill,’ arsa eise, ‘gheobh thusa an lof, bhail’s e *the loaf the staff o’ life*,’ – a bheil thu faicinn? – ‘ach dar thig do mhàthair a phàigh-eadh an leabhar, gheobh thu rud mar càis. Ach chan urrainn do càis dol bhail tha an càis nas àrd na thu fhèin san leabhar.’

(64) Ag iarraidh *syrup*
Thuirt a seannmhair ri caileag an seo,
‘Siubhail ag iarraidh fiach dà sgilling do *shyrup!*’
Bha *jar* aice – bha *tumbler* aice! Bha *tumbler* aice. Bha i cantainn,

‘*Tuppence worth o’ syrup, tuppence worth o’ syrup*’ mun d’ rachadh e à cuimhne, an leanabh bochd, an tè bheag.

Chuala na brogaich i cantainn, ‘*Tuppence worth o’ syrup, tuppence worth o’ syrup*’.

‘*No,*’ arsa eise, ‘*tuppence worth, but a yard.*’
Chaidh i gus a’ bhùth agus dh’iarr i *yard o’ syrup*. Thuirt am fear rithe,

‘Cò chuir an seo thu?’
‘Mo seannmhair.’
‘Uill, siubhail air ais gu do seannmhair is innis dhi nach eil sinn creic *yards o’ syrup!*’

¹ den.

AN EAGLAIS

(65) Ministear gun ghràs

Oidhche na Sàbaid agus dorcha, dorcha mar an sùith, cho dorcha is bha an oidhche. Thàinig an gnog gus an uinneag agam fhìn air oidhche na Sàbaid is cha robh fhios agam dè dhèanainn. Bha e timcheall h-ochd, an deaghaidh mi thighinn bhon t-searmon – timcheall as t-oidhche anns an geamhradh. Cò bha seo ach ministear. Ministear!

Agus choimhead mi mach air an uinneag sin ach am faicinn cò bha ann is leis an dorcha cha robh mi faicinn e. Chaidh mi gus am *porch* is chunnaic mi gur e am ministear, agus bha a mhàthair còmhla ris. Arsa mise,

‘Dè tha thu ag iarraidh aig an tìm sa air an t-Sàbaid?’

Arsa eise, ‘Tha mi ag iarraidh an taigh aig Hector Hec.’ – A bheil thu cluinntinn? Air oidhche na Sàbaid!

‘Chan ann mur seo¹ tha an taigh aig Hector Hec. ’S ann tha an taigh aig Hector Hec shuas am baile,’ thuirt mi ris.

‘À,’ arsa mise, ‘an d’ robh thu aig an t-searmaid aig an oidhche?’ thuirt mi. ‘Nach eil näire ort?’ – agus a mhàthair ann – ‘Ministear gun ghràs!’ thuirt mi ris.

(66) A’ coimhead ri *Punch*

Uill, bha an t-seann boireannach sa, bha i ann an Sasainn coimhead air a nighean agus, dar a thàinig i gus an trèan, chaidh i steach ann an *carriage* an t-àite an d’ robh ministear. Agus bha am ministear leughadh leabhar – chanadh tu gur e *Punch* a bha air an leabhar. Agus dar a bha a’ bhean cho sàmhach leis a’ *umbrella* anns an làimh aice – bha *umbrella* mòr, fada, anns an làimh aice – agus thuirt am ministear rithe,

‘Mistress, an coimhead thu ri *Punch*?’

Chuir i an-àirde a’ *umbrella*:

‘Mo Dhia! Ma dh’fhosgaileas tu putan!’

¹ Mun cuairt seo.

(67) An *Grecian band*

Bha ministear anns a' Mhanachainn – chì thu seo – anns am *Free Church* agus thàinig *fashion* steach. *Grecian band* chanadh iad ris. Bha *chainachan* anns an t-aodach, cumail a-mach e. Chì thu seann pioctaigurean leis mar sin. Agus chaidh na caileagan gus an sgadan is thug iad dachaigh sgiortachan le *Grecian band* anns an cùlaibh.

Agus chaidh iad an-àirde gus an t-searmaid ach an cluinn-eadh iad dè chanadh e¹. À, bha searmaid airson airgead don eaglais an seo. Dar chaidh iad an-àirde gus an t-searmaid, cha robh nichein aca. À, airgead, airgead, airgead! Agus bha am ministear cantainn carson bhiodh aig caileagan òg *Grecian band* agus nach d' robh iad toirt tastan don eaglais, a bheil thu tuigeil?

‘S e mòran na b 'fheàrr daibh thoirt don eaglais bhail tha an eaglais feum e?’

Dh'eirich an t-seann bodach agus thuirt e,

‘À, dè tha cur bhuuibh? Carson tha sibh bruidhinn air na caileagan airson *Grecian bands* dar tha iad anns an tòin aig bean am ministear?’

Bha iad anns an tòin aice, anns an sgiort aice, mar càch, an aon rud.

(68) An *catechising*

Anns an t-seann tìm bha *catechising* ann. Thigeadh am ministear gu h-uile taigh agus dh'fhimireadh sinn uile dhol gus a' *hall*. Agus bha am ministear cur orainn an *catechism*, a bheil thu tuigeil? Agus bha an duine agam beò agus chaidh an dithis againn suas thuige agus bha seann boireannach an sin gun canadh tu Kate Margaidh – seann boireannach, ach 's e Crìosdaidh bha innte, bha i gu math.

Agus bha i anns a' choille briseadh stoban airson a' mhadaidh bheòthaicheadh an teine di. Agus cò thàinig an rathad ach am ministear agus thuirt e rithe,

¹ i.e. am ministear.

‘An e sa choille a tha thu, Kate, agus gu bheil agad ri dhol gus an *catechising* a-nochd?’

‘Och, chan eil mise dol, Mr MacKay. Chan eil mi dol bhail chan eil aon agamsa. Chan eil cuimhne agamsa orra. Dar bha mi òg—.’

‘Fimireas tu bhith sin. Nis, ged nach tigeadh tu ach cairteal mum biodh sinn deis, fimireas tu bhith siud!’

‘Fuirich thusa! Thèid mi suas gus an t-àite ma chanas tusa nach cuir thu aon orm! Chan urrainn domhse, nis, an *catechism* a dhèanamh, a bheil thu tuigeil?’

Dar chaidh sinn suas, thuirt am ministear ri Kate,
‘*What's man's chief end?*’

‘Mr MacKay, a bheil sibh cur aon ormsa an deaghaidh na thachair eadar-ruinn anns a' choille?’ (Thuirt eise rithe anns a' choille nach cuireadh e oirre e.)

(69) An ofrail

Anns an t-seann tìm dar bhiodh iad dol 'an eglais, leis am bochdas bha anns an t-àite – bha an t-àite cho bochd nach d' robh teaghlaichean mòr dol 'an eglais. Bu bhrèagha daibh sgilling an aon chur anns an ofrail. Ach an là sa bha am brogach dol a-steach 'an eglais agus chuir e làimh na phòcaid agus, an àite chur an sgilling anns an ofrail, 's ann a chuir e bonn leth-chrun ann. Dar bha e dol steach gus an eglais e fhèin, thuirt e ris am boireannach sa,

‘Thighearna,’ arsa eise, ‘nach do chuir mi am bonn leth-chrun a tha agam don t-saoghal anns an truinnsear.’

‘Ò uill, siubhail air ais agus innis don duine gun do chuir thu ann e!’

‘Ò, chan eil fhios agamsa ciamar a thèid mi air ais.’

Thuirt am boireannach ris¹,

‘Ùistean, a bheil bonn leth-chrun san truinnsear?’

‘Tha.’

‘Uill, buineas e don brogach sa. ’S fheàrr dut thoirt da e,

¹ i.e. ris an èildear.



Cuirm-chnuic aig sgoil shàbaid, Seannduaig 1936.



Isbeil Anna air taobh a-muigh taigh na h-ighne aice ann am Baile Dhubhthaich.

bhail innsidh mi dut còrr. Chan eil an còrr aige don t-saoghal ach am bonn leth-chrun agus bheir – cuireas e sgilling ann.'

‘Ò uill, ma thig eise agus cur an sgilling anns an ofrail, gheobh eise am bonn leth-chrun.’

Is thug e da e.

(70) Na h-Òrdraigheannan an Tairbeart

B’ àbhaist daibh, h-uile Dihaoine do na h-Òrdraigheannan, b’ àbhaist daibh là chumail mar an t-Sàbaid. Nis, bheireadh an t-èildear bu shine anns an eaglais, bheireadh e mach facal às a’ Bhìoball. Nis, bha agadsa agus bha agamsa, nan canadh sinn gum bu *Christians* a bha ionnainnsa, dh’fhimireadh sinn thighinn cho fagais ris an fhìrinne is b’ urrainn dut dhèanamh.

Is an *uncle* agamsa, chaidh e gu na h-Òrdraigheannan agus, dar a ruig e Tairbeart, thuirt e ri aon do na [h-]èildearan eile,

‘Nach uamhaidh fada tha iad gun toirt mach an *text* tha iad dol thoirt a-mach?’

Is cha robh dùrd ma dheidhinn.

Is thuirt e ri fear eile a bha air a chliathaich,

‘Cinnteach nach eil e dol a bhruidhinn idir, gur e sgleò an t-saoghal a tha orra?’

Dh’èirich e. Thuirt e,

‘Tha *life-boat ready*, h-uile nì anns an *life-boat* ceart ach chan eil stiùir oirre is chan urrainn dith dhol.’

Bha e tron saoghal uile, an rud a thuirt e: nam biodh airgead ann airson an eaglais, bhiodh iad uile strì airson dhol ann, ach dar ’s e Facal Dhia bha ann cha robh dùrd ma dheidhinn. Bheir e air an ad is bha e siubhal is thàinig e dachaigh.

Agus innsidh mi rud eile dut ma dheidhinn. Thug mo mhàthair agus an *auntie* agam, thug iad [da] uile an t-aodach¹ bhiodh bòidheach air dol gus an eaglais. Agus chaidh e air là na h-Òrdraigheannan, bha e dol sìos agus thuirt mo mhàthair riumsa,

¹ thug iad da an t-aodach uile.

‘Nis, feuch gum bi h-uile nì agad *prim* bħail tha mi dol a shiubhal mi fhìn!’

‘Ò,’ thuirt mi, ‘*pholishig* mi h-uile nì tha anns an t-aodach aige glan is chuir mi *shift* nan tachradh nì air an rathad air.

Dar thàinig eise gus an t-siosacot, ged a gheobhainn an saoghal agus gum faighinn Baile a’ Chnuic is Tairbeart, chan fhaighinn an t-siosacot.

‘Càite a bheil an t-siosacot?’

Is thuirt mise ris, ‘Chan eil fhios agamsa càite a bheil e.’

‘Hàch,’ arsa eise, ‘dh’fhaithnich mi gum biodh rudeigin ann.’

Chùm an Diabhal an t-siosacot ach sheas mi leis an geansaidh agus an *dickie* agus chuir e geansaidh uaine air. Agus creid thusa nach deach e fichead slat, siubhal gus an eaglais, dar fhuair mise an t-siosacot. Agus dh’fhàg e sin agamsa, dh’fhàg e e mar sin agamsa.

(71) Nàbaidhean a’ carraig

Uill, cha robh mise aig an eaglais ach dh’innis iad domh dar thàinig iad dachaigh. Bha dà nàbaidh agus cha robh iad riamh ach carraig bho thàinig iad gu chèile. Cha chluinn thu sin glè thric! Rachadh an nàbaidh agamsa tron mhuir airson mi: bha i seo an-diugh dèanamh h-uile nì b’ urrainn di dhèanamh domh.

Agus, Thighearna, dar bha an tè eile gabħail oirre gun d’ robh i gu math agus, dar bha i dol mach gus am bòrd¹, ’s ann a chuir an *randie* eile mach a teangaidh cho fada ri sin oirre – an nàbaidh aice – chuir i mach a teangaidh cho fada ri sin oirre. Chaidh sin tron dùthaich mar teine.

(72) An uaigh dochair

Bha mo sheanair is mo sheanmhair – bha àite anns a’ chladh anns a’ Mhanachainn aca. Bha caileag anns an t-àite againn is chaochail i. Caileag glè, glè *nice* a bha innte. Agus fear do na h-èildearean aig an eaglais, chuir e a’ chaileag anns an t-àite a bhuiineadh duinn agus cha robh gnothaich aige a dhèanamh sin.

¹ .i. aig na h-Òrduigheannan.

Cha robh agamsa ach dhol gu duine uasal a dh'iarraidh air dè dhèanainn.

Thuirt e riumsa,

‘Siubhail thusa gu Conon agus gheobh thusa an duine a dh’fhosgaileas an uaigh aig an *uncle* agad dar tha an t-ainm aige air a’ chiste aige. Agus, rèist, chan eil an còrr agad ach thoirt a’ chaileag às.’

‘Uill,’ thuirt mise, ‘cha toir mi a’ chaileag às, ach thèid mi air adhairt gu Conon gus an duine sin.’

Bha agam ris an duine a phàigheadh gus a’ Mhanachainn – ’s iomadh rud a thàinig mi troimhe. Dar chuala am fear [an t-èildear] gun d’ robh mi dol a Chonon ag iarraidh an duine sa,

‘Hàch,’ arsa eise, ‘s fheàrr domhse toirt an-àirde e bhail tha mi smaoineachadh gu bheil mi dochair.’

Thuirt mi ris am ministear agam,

‘Cuimhnich seo, Mr MacKay! Ma bhios e ag ùrnaigh anns an t-àite am bi eise¹ no san eaglais, thèid mi mach às an eaglais. Agus ma dh’iarras neach orm carson a chaidh mi mach, innseas mi dhaibh!’

(73) An seann seacaид aig a’ mhiniستear

Bha *sale o’ work* ann is thuirt mi ri Jess anns a’ mhadainn,

‘Feuch am faigh thu rudeigin chuireas tu air an stàile. Chan eil thusa ag iarraidh nì.’

‘Ach gheobh mise rudeigin chuireas ceart thu,’ [thuirt ise.]

Is, Thighearna, bha ise aig Beauly – a bheil thu faicinn? – is thuirt a piuthar riumsa,

‘Dar thig thusa aig Invergordon, leumas tu às an trèan. Iarr air am piuthar an sgùil aice! Bios fhios againn dè fhuair i.’ – Bhail cha tug i còmhla rithe anns an trèan idir e.

Thàinig sinn gu Inbhir Gòrdain is tha tìm an-còmhnaidh sin. Thuirt mi nis ri *guard*,

‘Here, give me that creel! She has a parcel of mine.’

Thilg e nis am parsail domh. Dar a dh’fhosgail—

¹ i.e. san àite àbhaisteach aige.

‘Ò, Thighearna nan Gràst, an e seo uile a fhuair thu?’
 ‘S e.’

Bha mile coilear fasta ri sin aige le *safety-pin* anns an rud. Dar bha sinn dol mach aig Delny, bheir Bella Johndan air an còrda aig an rud is dh’fhosgail i an uinneag is thilg i an t-seacaид a-mach. Bha bean an ath-dhoras:

‘À,’ thuirt i, ‘*a man went oot*. Fimireas mi—.’

‘Od! À, na bean ris an tràean!’

Shaoil leis a’ bhean gur e duine a leum às an tràean.

(74) Duine nach robh siubhal ceart

Uill, bha duine anns am baile an seo is bha an duine gasta. Is chaochail e. Cha robh *hearsearchan* dol anns na làthachan sin. Bha iad dol gus a’ chladh is – bha an ciste air na guaillean aig na daoinibh. Is thuirt an duine an seo ris an duine eile seo,

‘Uill, ’s e duine gasta bha an Dòmhnaill.’

‘Ò, chan eil mise ràdh nach robh e na d[h]uine gasta ach cha robh e siubhal ceart.’

‘Gu dè bha ceàrr?’

‘Uill, phòs e dar bha e an duine òg¹. Cha robh aige ach dà chloinn. Bu chòir deichnear bhith aige!’

‘Uill, ’s e t[h]oil fhèin bha sin.’

‘Chan e, no t[h]oil fhèin! Cha robh aige ach an dà chloinn: bu chòir deichnear bhith aige. Bha e pòsta airshon còig bliadhna fichead. Cha robh ann ach a dhà. ’S e peacadh mòr tha an sin an sùilean Dia!’ (ÙR)

(75) ‘Bu tu mo ghlug!’

Bha seann boireannach dol ’an eaglais aon mhadaidh is chaidh i gus a’ phreas is chunnaic i leth-botal uisge-beatha anns a’ phreas. Is thug i bhàn i. Is thug i an *cork* às is chuir i siud ris a’ bheul. Is chuir i siud a-bhàn is thuirt i rithe fhèin,

‘Àch, dè an donas feum tha an eaglais dol² domh?’ Is:
 ‘Bu tu mo ghlug – cha b’ e guth a’ mhiniestar!’ (ÙR)

¹ Leugh *na dhuine òg*. ² i.e. déanamh.

(76) A' gabhail an Leabhar

Anns an t-seann tìm bha bochdas uamhaidh ann: thuirt a' bhean ris an duine,

'Feuch an tèid thusa a-bhàin gus am bùidsear am faic thu am faigh thu cnàimh. Nìos e *soup* no rudeigin don teaghlaich.'

Dar thàinig eise steach, bha eise¹ gabhail an Leabhar airshon an oidhche mar a b' àbhaist.

Is thuirt i ris²,

'An d' fhuair thu nì?'

'Ò uill,' arsa eise, '[A' SEINN] "tha an ceann sin, na casan fom bòrd"!'

(77) An dà chraobh

Bha brogach is caileag [ann], agus màthair am brogach, 's e *Free Presbyterian* bha innte, is cha robh i ag iarraidh a mac phòsad a' chaileag. Agus chaochail a' chaileag is chaochail am brogach. Chuir iad craobh air a' bhrogach agus craobh air a' chaileag. Thachair sin ann an Stornoway. Dh'fhàs an dà chraobh cho àrd gun d' robh iad coinneachadh a chèile.

Mur deach am boireannach don saoghal³, thuirt i,

'Ged nach eil sinn pòsad air an talamh, bidh sinn cuideachd an Nèamh.'

Agus bha iad.

A' BHUIDSEACHD

(78) Leigheas airson foinneachan

Aig cùlaibh an taigh aig Daisy Tarail tha dhà no thrì chlachan ann. Ach tha aon chlach ann agus chanadh an t-seann fheadhainn nam biodh foinneachan, nì do foinneachan⁴ air t' aghaidh no nì air na làmhan agad, nis, rachadh tu gus a' chlachag. Is tha bùrn innte tron geamhradh agus tron samhradh agus chuireadh tu air na foinneachan e, am bùrn, agus cha bhiodh e fada ach am biodh tu clior diubh.

¹ i. am bùidsear. ² i. ris an duine aice nuair a thill e.

³ den t-saoghal, i. bhon t-saoghal. ⁴ gin de dh'fhoineachan.

(79) Uisge airgid

Bha bobhla mòr fiodh aca agus bhiodh leth-chrun anns am bobhla agus, rèist, bhiodh sia sgilling anns am bobhla agus bonnan trì sgilling anns am bobhla. Bheireadh iad sin dut a dh'òl agus nan fhastadh an t-airgead ri tùin am bobhla 's e buidsidheachd a bha ann, buidsidheachd. Nan fhastadh an t-airgead gu tùin am bobhla, bhiodh fhios aca, rèist, gur buidsidheachd bha deis dut – a bheil thu tuigeil? – agus, nis, rachadh e tron àite.

(80) A' bhana-bhuidse

Dar bhiodh iad dol gus a' mhuir agus a chitheadh iad am ministear, rachadh iad dachaigh. Cha d' rachadh iad gus a' mhuir dar a choinnicheadh iad am ministear.

Nis, corr uair choinnicheadh iad boireannach nach d' robh gu math¹ – rachadh iad dachaigh agus cha d' rachadh iad gus a' mhuir. Bha fear eile dol sa mhadainn a dh'obair agus chunnaic e an geàrr sa air an rathad agus thuirt e,

'Ó, Thighearna,' arsa eise, 'nam biodh mo ghunna agam!'

'Dè bha thu dol dhèanamh?' bhruidhnich i. 'Dè bha thu dol dhèanamh ged bhiodh do ghunna agad?'

'Dol a chur am bullet ionnadsa!'

(81) An nota a chaidh air chall

Bha mi creic iasg an Inbhir Pheofharain agus bha mi toirt iasg don tè h-uile seachdain ach an ruitheadh e an-àirde timcheall mìos, a bheil thu tuigeil? Agus dar bha i toirt an t-airgead domh, thuirt i riumsa,

'Ó, gu dearbh, chan eil fhios agamsa ciamar tha mi toirt an nota dut, bhail tha mi feum an nota!'

'Ged a feumadh tu no nach feumadh do chac, fimirreas tu an nota a chur an sin – tha an t-iasg agamsa ri chreic.' – A bheil thu cluinntinn? Bhail tha e cho fior!

Nis, bha seann bodach air an t-sràid an seo, bha e à chiall

¹ i.e. tè dhona, a dh'fhaodadh a bhith dochaireach, cronail.

airson biosgaidean cruaidh agus b' àbhaist domh fiach tastan a bhiosgaidean thoirt dachaigh da. Agus chaidh mi steach gus a' bhùth is thuirt mi ris am fear,

'Feuch an toir thu dà bhiosgaid domh!'

Agus thug mi nota da – an creid thusa?

Tha mi ag innseadh dut: dar ruig mise an taigh choimhead mi dè an t-airgead a rinn mi – a bheil thu tuigeil? – leis an t-iasg. Diabhal mi fhìn, bha mi clòr nota! Bana-bhuidse an donais a bha innte. Agus chaill mi nota bu chòir duinn fhaighinn airson an t-iasg.

(82) 'Carson a dh'fhàg thu Dan?'

Bha sinn dol a Yarmouth agus càrnán bha toirt an-àirde sinn gus an stèisean. Agus a' chaileag sa – bha iad dol a phòsadh cho fada is bha iad cuideachd¹ – agus dh'fhàg an tè am brogach. Dar bha sinn anns an càrn, thuirt màthair am fear. Thàinig i mach [thugainn]:

'Càite a bheil sibh dol?'

'Gus an sgadan.'

Thuirt i ris a' chaileag, 'Carson a dh'fhàg thu Dan agamsa? Bha Dan còmhla riut fad nam bliadhnachan. Dè an *reason* a dh'fhàg thu mo bhrogach còir-sa, Dan?'

'Chan eil gnothaich agaibh ris. Dè do ghnothaich?'

'Tha gnothaich agam: gun caomh liom mo mhac agus tha e rathadeigin croibeach, no chan eil e ceart bhail dh'fhàg thu. Ach coimhead! Bhiodh tu cho math thighinn a-bhàn às an càrn agus a phòsadh bhail *bloody* nì² nì thu!'

Agus dar bha na h-Órdraigheannan ann, chuir mo mhàthair fios thugamsa a Yarmouth chur dachaigh ad di *correspond-*adh ris an cota. Uill, Joe, cha do rinn sinn na phàigheadh sin, maille ri ad! Bha agam ri sgrìobhadh gu mo mhàthair:

'Cuir nota domh, bhail chan eil airgead agam cheannas ad dut.'

Thàna sinn dachaigh mar sin.

¹ i.e. a' falbh le chèile. ² i.e. a chionn 's nach dèan thu dad idir (de chosnadh).

Agus thuirt an t-seann *bitch*,

‘Tha e cho math dut thighinn a-bhàن agus a phòsadh bhail
cha dèan thu nì an t-àite a bheil thu dol!'

(83) An ìomhaigh

[Rug caileag san àite leanabh dìolain do bhrogach agus, nuair
a dh'ainmich i e mar athair dha, 's ann a loisg a chàirdean
iomhaigh dhith.]

Bha am brogach leis a' chaileag sa. Dh'fhang e a' chaileag.
Phòs e boireannach eile. Agus cha robh e nas mothà na còig no
sia bliadhna – bha an leanabh timcheall còig no sia bliadhna
– rinn iad *effigy* le seacaid agus seàla mòr air a ceann is chuir
iad a-bhàن anns a' mhuiр air creig i. Chuir iad spong rithe.

Phòs am fear – dè dhèanadh sin air a' chaileag? Agus cha
robh e trì bliadhna pòsta dar chaochail a' bhean aige.

Bha e air a' *yacht* aig Baile nan Gobhainn còmhla ris an
duine-uasal. Thàinig e don *yacht* – thachair rudeigin ris:
thàinig a chuinnseas air ais air; thàinig e dachaigh gu Baile a'
Chnuic. Nis, bha a' bhean aige marbh. Phòs e an tè aig an d'
robh an leanabh. Bha seachdnar a theaghlaich aige. Bha e anns
a' phrìosan cho tric is tha an fhalt air mo cheann, ach thàinig a
chuinnseas air ais air.

Bha cùidseachan fiodh dol an uair sin anns na ceàrnaidhean
– a bheil thu faicinn? – an àite seathraichean, agus thilg e am
brogach aige – bha¹ an t-seann *auntie* bha togail e, bha i muigh
aon là agus thàinig e – thilg e an leanabh aige, leis an Diabhal a
bha ann, agus thachair rudeigin don chas aig a' bhrogach: bha
e crùbach riámh.

Bha am brogach sin an Dundee le long mòr aige – 's e
caiptean bha ann an deaghaidh sin. Chaochail athair is cha-
tànig e gus an tiodhlacadh. Is thuirt mise – thigeadh e an-
còmhnaidh seo,

‘Ò, Dhàibhidh, m' eudail, tha sin cruaidh. Carson nach
tànig thu gus an tiodhlacadh aig t' athair?’

¹ Leugh 3*i.*

‘Bell Ann,’ arsa eise, ‘s ann aig Dia tha fhios ciamar bha mi fuireachd còmhla riutha. Cha robh gaol agamsa do m’ athair nas mothà na bha do cheàrd bha dol¹ an rathad!’

(84) An neapaig san t-seann seacaид

San t-seann tìm bha brogach is caileag agus bha iad an-còmhnaidh cuideachd ach, nis, dh’fhalbh a’ chaileag gu deas gu muinntireas agus choinnich i fear eile agus phòs i e. Bha am brogach, bha e fagais air gun do bhris e chridhe airson i. Agus dè rinn e ach dh’fhalbh e gus an t-seòladh le briseadh cridhe agus tha mi creideil gun d’ robh fagais air deich bliadhna chan mun tàinig e dachaigh agus phòs e caileag à Baile nam Bruthach is dh’fhalbh e gus an t-seòladh rithist. Agus dar dh’fhalbh e gus an t-seòladh rithist sin aigesa, bha e air a bhàthadh fagais air Ceanna P[h]àdraig. An t-athair is a’ mhàthair, cha robh fhios aca càite an d’ robh e bàthte agus bha cùram uamhaidh orra ciamar a thachair e ann an nì²: cha d’ chuala iad ceart ciamar a thachair e.

Agus nach tàinig e ann am bruadar gus an tè bha e dol phòsadhl an tòs, gus a’ chaileag a bha aige, agus thuirt e rithe,

‘Gheorge’ – ‘s e Georgina a bha oirre ach ‘s e ‘George’ thuirt e rithe – ‘George, an tèid thu m’ athair³ is mo mhàthair is innis daibh gu bheil seachd *fathom* do uisge air uachdar mo chorpaig Ceanna Phàdraig?’

*

Thàinig e oidhche [eile, a shealltainn air mo mhàthair]. Bha tobha aige. Bha e cur an tobha timcheall a h-amhaich is thuirt e – thug e an tobha di,

‘An tèid thu gu m’ athair is gu mo mhàthair. Innis daibh gum faigh iad neapaig anna mo phòcaid [anns an t-seacaيد] tha air an tarraig air an doras a-muigh.’

‘S e tìm na h-Òrduigheannan a bha ann is thuirt Dànaidh [a bràthair] rithe,

¹ falbh. ² ann an dòigh. ³ Airson *an tèid thu a m’ athair*.

‘Cha tèid sinn gus na h-Òrduigheannan. Thèid sinn ’an t-àite an d’ iarr¹ e.’

Dh’fhalbh mo mhàthair agus an *uncle* agam a’ siubhal agus bha trì mile aige agus nas mothà.

‘À uill,’ thuirt a’ bhean, ‘shin uile na bhuineadh da, an seann seacaid aig an taoibh steach sin, air tarraig sin is chan eil nichein ann.’ Dar dh’fhalbh mo mhàthair gus an t-seacaid bha an neapaig [ann]. Chan fhaca mo mhàthair e tuillidh an deaghaidh sin.

(85) An radan san t-shed

À, ’s e *uncle* domhse bha sin, anns an t-seann tìm. Tha mi creideil gu bheil trì fichead bliadhna is a deich bhon uair sin, agus an còrr. Tha, is an còrr. Uill, fuirich ort! Dar bha mise na mo bhalachan bheag, timcheall còig bliadhna, no ceithir, bha e fuireachd air a chùlaibh sin – air càulaibh an t-àite a bheil am *bungalow* sin, air an t-sräid air a chùlaibh. B’ àbhaist domhse dhol a-staigh chèilidh agus thuirt a nigheanan rium,

‘Tha radan anns an t-shed. Tha baraille sgadan staigh sin is tha iad [na radanan] ag ithe iad.’

Is dh’fhaighnich e riumsa rèist,

‘A bheil *trap* agad da, *trap* rabaid? Agus bidh sinn *setigeadh* i.’

Shetig sinn an *trap*: chuir sinn a’ phìos feòil innte no rudeigin. Is dar thàna an ath-mhadainn – cha robh an t-seann duine ag èirigh gum biodh am meadhan-là ann – chunnaic mise e muigh siud ... na seasamh. Bha e muigh gabhail smoc an deaghaidh èirigh. Meadhan-là. Thuirt mise,

‘An robh sibh anns an t-shed fhathast?’

‘Cha robh!’ he says – ‘Bhal!’ he says. ‘Chan eil nì san *trap*. Leigidh sinn dith gu seasamh na mara.’

Nis, bha sin *all right*.

An ath-mhadainn dh’fhaighnich mi ris san t-seann tìm, meadhan-là,

¹ Leugh a *dh’iarr*.

'An robh sibh [aig] an *trap*?'¹

'Bha. Tha e air a cheanna mòr sin an-diugh!'¹ (US)

(86) Teip dubh

Dar a bha mise na mo leanabh, bha mi glè bhochd is bha mo sheanmhair is mo mhàthair coimhead na mo dheaghaidh. Thàinig seann boireannach staigh gus an taigh is thuirt i ri mo mhàthair,

'Cionnas tha am balach a-nochd?'

'Chan eil nì ach gu bheil e ann.' Is chaidh i mach.

'Càite a bheil sibh dol, Sheun?'

'Och, cha bhi mi fada.'

Is chaidh i shuas a' bhaile² is chaidh i staigh gu seann boireannach bha sin.

'Ò, an e seo thu fhèin?'

"S e.'

'Dè do naidheachd a-nochd? Cionnas tha an fhear beag a-nochd?'

'Uill, bha mi staigh an-dràsta is bha e na shuidhe sa chreathall glocadaich, is dh'ith e truinnsear lite, an cuala tu, ag ithe³ paidhir each agus—.'

'Ò, is math sin! Uill, gu dè tha e feum mise cumail seo air mo s[h]liasaid nis!' Is thog i a sgiort, bhris i an teip dubh bha air ceangail ris an sliasaid is thilg i 'an teine e.

'Gu dè tha e feum mise bhith cumail sin air mo shliasaid nis!' Dh'eirich Sheun⁴.

'Tha thu falbh mar-thà?'

'Ò, cha robh cuimhne agam air na⁵ snoitean agam – bios mi air ais ann am mionaid.'

Is dar chaidh i mach, thàinig i staigh gus an taigh aig mo mhàthair. Thuirt i ri mo mhàthair,

'Cionnas tha an fhear beag nis?'

¹ i.e. Bha e ri fhaicinn an latha sin, ceann an-àirde. ('S e gnàthas-cainnt a bha ann an seo, a rèir choltais, ach cha chuala mi ach an uair seo e.)

² Leugh suas am baile. ³ Leugh a dh'itheadh. ⁴ Leugh Seun. ⁵ Leugh an.

‘Uill, cha robh thu deich slat bhon taigh dar dh’èirich e anns a’ chreathall is bha e glocadaich.’

Chuir i a shùil¹ air an leanabh. Bha mise cho brèagha dar bha mi beag is chuir i a shùil¹ orm. ’S e sin rinn ise: cheangail i an teip an seo air an sliasaid aice. Agus dar a bhris i e, theirig an tinneas. (ÙR)

AN T-SLÀINTE

(87) Na dealachan

Dar bha mise òg – bha mi timcheall ceithir bliadhna deug – b’ àbhaist domh dhol bhàn gus an Lòn ag iarraidh am bainne againn. Rachadh sinn gus a’ chroiteag bheag sa agus bha seann boireannach ann ’an canadh iad Màiri. ’S e Artair Ros, ’s e sin an *uncle* aice – bha e na èildear anns an Eaglais Shaor agus ’s e bàrd a bha ann agus dhèanadh e amhran do glè bheag². Bha criomag talamh aice. Bha dà bhràthair aice, Uilleam agus Ailidh. Bha bò anns an taigh aca agus bhithinn-sa ag iarraidh bainne: gheobhadh sinn fiach sgilling an-àirde sin bhail bha lite is bainne againn h-uile là.

Agus bha *jar* mòr aice san uinneag. Cho fada is bha ise toirt duinn am bainne, bhiodh sinn coimhead ris an *jar* agus bha na rudan beag dubh sa, leithid gum biodh iad ann am bùrn no rudeigin. Agus dè bha san *jar* ach *leechachan*. An-dràsta, nam faigheadh neach srac, chuireadh iad *leech* ris an sin agus bheireadh e an fhuil dubh diubh. Uill, bhiodh sinn coimhead ris an *jar* agus chanadh Màiri ruinn an-còmhnaidh,

‘Bithibh coimhead ris an *jar*, ceart gu leòr, ach, airson an Aon-fhear! na cuir do mheur an gaoith da!’

Bha iad cho beag nach b’ urrainn dut faithneachdainn gum biodh e ann – rudeigin le ful a bha ann san *jar* còmhla riutha is bha iad beò air sin.

Chanadh ise, ‘Cuimhnich, m’ eudail! na cuir do mheòir a-bhàn, bhail marbas tu iad. Agus tha sin glè fheumail do neach bhios air a chiùrradh.’

¹ Leugh *a sùil*. ² a-mach à glè bheag.

Shaoil leinn a-riamh gur e iasg a bha ann. Bha e san *jar* agus bha e *swimigeadh* sin. Cho fada is bha i toirt a' bhainne, bhiodh sinn coimhead ris.

(88) An leigheas air an at-sgòrnain

Dar bha Doilidh òg bha *brownkatis* oirre agus bha i na shuidhe¹ là-eigin aig an teine agus cò thàinig steach gus an taigh ach ceàrd – bana-cheàrd. Bha i creic na branndairichean agus thuirt i riumsa,

‘Ò, m’ eudail,’ thuirt i, ‘tha *brownkatis* air an leanabh sin.’

‘Ò,’ *I said*, ‘tha i dona leis am *brownkatis*.’

‘Uill,’ arsa ise, ‘innsidh mise dut *cure* ma chuireas tu oirre i,’ arsa ise. “S aithne dut am pàipear tha iad cur air parsailean?”

“S aithne.”

‘Uill, cuir dà phàipear do sin gu chèile agus thoir toll air an dà phàipear agus cuir oirre e: caob dom pàipear a dhol air a cùlaibh agus a' chaob eile air a beulaibh. Agus thig mise air ais ann an trì mìosachan is bios i cho math riumsa.’

‘Ò, Thighearna, mòran taing dut,’ thuirt mise. ‘Bheirinn an saoghal uile gum biodh i clíoras deth.’

Agus, nis, bha agam – dar bha an doctair *examinigeadh* a' chloinn anns an sgoil, chanadh i riumsa is mi dol a-mach,

‘Mother, nach fhuirich thu aon leth-là ach an tèid thu còmhla riumsa an-àirde gus an doctair? Tha na cloinn eile faicinn mise leis am pàipear donn orm.’

‘M’ eudail, fimireas e bhith ort bhail cha bhi thu ceart – cho fada is tha thu dh'easbhaidh iad.’

Chaidh i an tìm sa an-àirde gus an doctair agus an nurs is thuirt mise ris an doctair – chuir mi *line* còmhla rithe an-àirde gus an nurs gun cuireadh i steach ann an rùman i agus an doctair agus gum faiceadh an doctair gun d' robh i ceart. Reub an doctair am pàipear is thug e – rinn e *fold* mar parsail e. Agus fhuair i clíoras [deth] agus 's e bana-cheàrd a dh'innis domh.

¹ Leugh na suidhe.

(89) ‘Chan e seo mo làimh-sa!’

[Choinnich Isbeil Anna ri tè san ospadal nach robh ag aithneachadh a làimhe fhèin le cho geal is a bha i nuair a chaidh am plàst a thoirt dhith.]

Bha là *beautiful* ann is bha mo *sandals* orm is nach do shlaoid an *sandal* is dh’fhalbh mi air mo cheann is bhris mi mo làimh. Agus, nis, bha agam ri dhol – thàinig an *ambulance* ag iarraidh mi – bha agam ri dhol trì no ceithir uair gus a’ *hospital* le mo làimh. Dar a ruig mi, an là sa, bha seann boireannach an sin agus bha i glanadh a làimh is thuirt i riumsa,

‘Bell Ann!'

‘Dè, nis?’ thuirt mi rithe.

‘Àch, chan e mo làimh idir a tha ann. Chan e, chan e mo làimh idir a tha ann.’

‘Thighearna,’ arsa mise, ‘ciamar nach e do làimh a tha ann?’

Thuirt an nurs,

‘An tug sinn an làimh diot? Cinnteach nach eil thu glic! ’S e do làimh fhèin a tha ann. Airson Dia glan do làimh agus bi dol às! Bi dol a-mach às an rathad, bhail tha thu amaideach!’

(90) Aig an fhiacaille

Dar bha mise dol a dh’Inbhir Pheofharain, bha mi toirt *salmon* gus an fhear aig na fiacailean agus cha tug a’ bhean aige riamh fiù ri còta bhiodh orm ged bhithinn fliuch. Chaidh mise a-steach, nis, airson na fiacailean fhaighinn às. Ach dar chaidh mi steach, ’s ann bha caileag na laighe air an cùidse – bha i ann an gas – ’s e le gas bha e toirt na fiacailean às – lodh gun d’ robh i gu tinn leis an gas fhuair i. Thàinig seann bodach às an Eilean Dubh steach airson an *dentist* thoirt na fiacailean às.

Dh’iarr e orm c’as a bha mi.

‘À Baile a’ Chnuic, àitean beag anns a’ Mhanachainn.’

Chuala e an *dentist* cantainn, nis, ‘*Are you all right now, Molly? Are you all right?*’ Bha e dùisgeadh i às an gas.

Chuir e [am bodach] am boineid aig mo chliathaich is thuirt e riumsa,

‘Bhean,’ arsa eise, ‘an e mar sin tha e toirt na fiacailean asad?’

‘Tha mi creideil gur e, leis na fiacailean mòr a tha ionnad fhèin.’

Bha am boineid air mo chliathaich is thog e am boineid.

‘Thighearna,’ arsa mise, ‘chan eil thu cur boineid ort airson na fiacailean thoirt as?’

‘Chan eil mise, ach tha mi dol a-mach. Chan fheadar nach e mar sin tha e dol dhèanamh mise. Chan eil e dol a reubadh mise.’

‘Càite a bheil thu dol?’

‘Mach an t-sräid?’ thuirt e ge-ta.

Thuirt an dentist riumsa,

‘Càite an deach an duine?’

‘Mach an t-sräid. Ghabh e feagal. Dar thuirt thu rithese, “*Molly, are you all right?*” bha feagal air gur e mar sin bha thu toirt na fiacailean as.’

Thog e am boineid is air adhairt chaidh e.

Choinnich e mise air an t-sräid is mo bheul le ful:

‘Is tu bha na t’ òinnseach. ’S fheàrr dut na seann fiacailean a bhith ionnad na sin!’

(91) Am fiacaire an Stronsay

Bha sinn aig an sgadan an Stronsay agus chaidh sinn – mi fhìn agus boireannach eile – chaidh sinn ag iarraidh peile bùrn bhàn gus am *pump*. Chaidh sinn a-bhàn; cò choinnich sinn ach brogach, agus bha e cho uasal – chan e boineid ach ad air is h-uile nì, leis an rudan¹ slaoid ann².

Agus thuirt mise ris, ‘Dè an *job* a tha agad?’

‘Ó,’ thuirt e, ‘tha mise na mo *dhentist* – toirt mach na fiacaillean.’

‘Ciamar tha thu cho dorcha ri seo?’

[Greiseag an dèidh sin,] bha e dà dheug air an t-uaireadair. Aon do na brogaich bho Inbhir Narann, bha e na shuidhe is thuirt mi ris,

¹ Leugh *leis na rudan*. ² a’ slaodadh rithe.

‘Nam faiceadh tusa an *lad* a bha agamsa a-raoir is tha e anns a’ *hotel!*’

‘Dè an seòrt *shape* a tha air?’

Dh’innis mi da. Fuirich thusa, nis: aon do na caileagan, bha i marbh leis a’ chnuimh, is dh’innis mise di mu dheidhinn am fear sa agus thuirt mise rithe,

‘Ma dh’iarras tusa ann an tìm, bheir e na fiacailean asad.’

Agus na leapachan a bha againn, bha an leabaidh sa [an leabaidh aig a’ chaileag] air uachdar an leabaidh [agamsa], a bheil thu tuigeil? Bha dà leabaidh ann agus thuirt mise ris am brogach sa à Inbhir Narann,

‘Ò, nam faiceadh tu am *blos* do fear bha agamsa oidhche a-raoir!’

‘Ò,’ arsa eise, ‘fuirichidh mi ach am faic mi cò e.’

Thighearna, dar thàinig am fear [eile] an-àirde,

‘Thighearna,’ arsa eise [fear Inbhir Narann], ‘chan e *dentist* tha sin, ’s e *cook* anns am Britannia¹.

Thòisich an tè bha aig an leabaidh,

‘*Bugger* an donais!’ thuirt i. ‘Tilgibh mach e! Na toir càis no aran no teatha da! Tilgibh mach air an doras am *bugger*.’

AM PÒSADH

(92) An oidhche ron phòsadh

Ach an oidhche mu[m] pòsadh i, bha cùdainn bùrn le leth-chrun. Bha an leth-chrun [ann], is bha sgilling, is bha *cinderan* às an teine agus tarraig is fainne boireannach. Rachadh, nis, na caileagan bhàn anns a’ chùdainn feuchainn dè gheobhadh iad. Nam faigheadh iad an *cinder* – bha aon falt bhuineadh don bhrogach, bha e anns an *cinder* – nis, bha thu dol a phòsadh am fear sin.

Agus, nis, am fainne: cha robh thu fada ach am biodh tu dol chur am fainne ort; *luck* anns an tarraig agus *luck* anns a’ ghuail. Cha robh an còrr ann. Cha robh copar idir ann. Ach ’s e na

¹ ainm taigh-òsta.

caileagan bha dol gus a' phòsadh rachadh air an glùinean; bha ise cinnteach don duine, bhail bha ise pòsta, canaibh, màraich.

(93) Diabhlaireachd air oidhche a' bhainis

Ach [a' bhean,] bha iad cur an sùith air a casan, cur an làimh an-àirde anns an t-similear is chuireadh iad sùith oirre. Sin an rud bha ann.

Mur do phòs mo bhràthair-chèile – bha e pòsta ri caileag à Baile an Todhair – bha mi fhìn agus Willie, mur do phòs sinn, thug sinn na *boltachan* anns a' mheadhan às [an leabaidh]. Dar chaidh i an-àirde anns an leabaidh bha i thurad agus bha an duine bhàn anns an toll air a thòin anns an leabaidh. 'S ann bha i còineadh is cur an taigh dith.

(94) Am prèasant aig a' phòsadh

Bha seòrt do gloidhc an seo – chan e gloidhc bu chòir domh chantainn. Bha i pòsta an seo. Ach rachadh sinn air Disathairne gus an tè bha dol phòsadh agus bheireadh sinn dhà no thrì thastanan mar sin di na làimh: dar bheireadh i drama duinn, bheireadh sinn rudeigin di na làimh-se, tastan no dhà. Dè rinn mise ach – donas mi fhìn! cha robh mi smaoineachadh gur e bha ann – thug mise an-àird e agus cha do choimhead mi: 's e bonn-a-sia bha agamsa.

Aig an oidhche, thàinig aoneigin a-steach gus an taigh agaínn agus thuirt e,

'Diabhal! It's rumpus bha shìos aig Billy Bonnie!'

'Carson?'

'Thug aoneigin bonn-a-sia di an àite airgead is tha i dol fagais air à a ceann a-mach¹ leis am bonn-a-sia fhuair i.'

(95) Na deargadan

Bha mi na mo *bhridesmaid* aig C—— am Bun Ilidh – aig màthair an tè sin. Bha an taigh aca làn deargadan agus bha h-uile builg orm cho mòr ri sin leis na deargadan, h-uile

¹ às a ceann.

builg cho mòr ri sin! Agus an duine-as-fheàrr aige, dh'innis mi da – bha mise dèanadaich le mo dhruim¹. Thighearna, bha e air ithe leis na deargadan, sgròbadh gu bàs! Ô, dar dh'èirich mise anns a' mhadainn, bha h-uile builg air h-uile àite air mo chorp. Å, nàire! Chan eil fhios agamsa càite an d' robh e, ach bha an leabaidh cur thairis. Bha e anns am brusgaireachd. Bha an taigh cho ròpach ris an donas. Tòrr chloinn bheag ann, làn do deargadan, is chuir i sinn anns an leabaidh, [mi fhìn] agus a' chaileag eile bha còmhla riumsa. Bhobh, obh, obh! H-uile builg cho mòr ri sin orm. Och, bhobh, obh!

Rèist, an oidhche aig am pòsadh dar thàinig mi dachaigh, arsa mo mhàthair,

'Dè an *grill*igeadh tha ort?'

Bha aice ri dhol gus an doctair ag iarraidh rud a chuirinn air mo dhruim: bha mo dhruim nas miosa na *bitch-up*, h-uile aon cho mòr ri sin air mo mhuin! Obh, obh! Bhith cho mòr ri sin! Brùidean dubh! Agus dar fhuair iad an craicinn còir agam, 's ann a reub iad an craicinn diom.

Bha an t-àite sa cho glan, h-uile taigh cho glan ris an òr ach bha siud air ithe. Bha *soap* againn, bha cloinn glan an seo ach an diabhal taigh rapach – tòrr chloinn bheag is iad air ithe! Bha iad mar mo mheur – cho tana – leis am brusgaireachd. Cha robh i glanadh iad. Agus siud an tè as sine aice a phòs agus thug ise *invitation* domhse. M' anam fhìn! Bios cuimhne agam cho fada is tha an anail na mo shròin.

Bha mo mhàthair-sa mar *amber*! Nan d' rachainn-sa a-mach anns a' mhadainn gun m' aghaidh a ghlanadh, bheireadh i air an fhalt agam,

'Siubhail steach seo is glan t' aghaidh mur tèid thu mach!'

'S ann a bha mo mhàthair-sa ro ghlan!'

(96) An duine bha subhach

Anns an t-seann tìm bha iad gu truagh gun biadh agus bha an duine sa dol – an gin sa dol a phòsadh an t-seachdain an

¹ .i. ga thachais.

deaghaidh seo. 'S ann fhuair e làn an sgoth phollaich – sin *cod* – agus siud a dh'fhalbh iad a Inbhir Nis leis na pollaich agus thug e am boireannach bha e dol a phòsadh agus a piuthar airson bhith creic na pollaich ann an Inbhir Nis.

Nis an deaghaidh an t-iasg bhith creic', siud a dh'fhalbh iad ag iarraidh aiteal biadh gu *restaurant* is thuirt e dar chaidh e steach,

'Splesh doon plate o' broth an' two spoons!'

(97) Cupal òg a' faighinn taigh

Cha robh neach riamh dol a phòsadh gun taigh. Dh'fhimireadh iad taigh bhith aca mur'm pòsadh iad. Cha d' rachadh iad steach leis na párrantan. 'S e rùm nas mothà na nì – bha rùm aca gum b' urrainn daibh ceannachd taigh. Bha sin ceart gu leòr ach rachadh iad steach ann an rùm airson tìm ach am faigheadh iad air adhaint san t-saoghal.

Bhiodh leabaidh san rùm agus bhiodh teine ann agus sin uile. Gheobhadh iad dreasair beag no seathraichean. Nam biodh airgead aig an duine, dh'fhaodadh e taigh a cheannachd agus chur an òrdugh e. Ach anns an t-seann tìm cha b' urrainn do sin a bhith, bħail cha robh airgead ann. Agus dar phòsadh iad, dh'fhimireadh iad dhol steach ann an rùm, no gheobhadh iad steach còmhla ri cupal eile bhiodh anns a' cheann eile agus gum faigheadh iad an aon taigh eadar-riutha.

'S e mar seo a tha e: dar phòsadh tu, 's e t' athair gheobhadh an rùm dut. Fagais air h-uile taigh a bha ann, bħuineadh iad do chàch-a-chèile agus, nam biodh rùm agadsa gun nichein bhith ann, bħeireadh tu an rùm daibh, don cupal. 'S ann mar sin a bha e. Nis, dar gheobhadh an cupal air adhaint anns an t-saoghal, cheannadh iad seann taigh mar tha iad dèanamh [an-dràsta] agus chuiriadh iad ceart e airson iad fhèin.

(98) Ag iarraidh faidhreanan

Bha cupal anns an t-seann tìm dol a phòsadh is chaidh iad steach airson faidhreans a Bhaile Dhubhthaich, e fhèin is a' bheanag, an

tè bha e dol a phòsadh. Agus dar bha am fear [a bha sa bhùth] toirt timcheall iad anns a' *hall*, bha a' bhean cantainn,

'Hò, hò! yes, yes! hò, hò!'

Ghabhadh i h-uile nì ach cha robh an t-airgead aca.

Arsa an duine rithe,

'Ciorstaidh, bi sàmhach! Cuimhnich gu bheil "hò, hò!" na mo phòcaid!' Nach d' robh mòran aige.

(99) 'Chan eil diofar'

Bha aon chuairt, bha bean-uasal agus bha i airson fhaighinn aon uair gu Inbhir Gòrdain, is chaithd i anns an sgothag beag còmhla ri dà dhuine. Is thuirt aon fear ris am fear eile,

'À, dhuine! Nach math an oidhche a dhèanadh i?'

"S i dhèanadh!"

Is thuirt i ris an duine a thuirt e, 'Cuir do mheur anns a' mhuir agus cuir an do bheul e!'

Rinn e so.

'Cuir nis air an taoibh eile aig an sgoth e!'

Nis, rinn e an aon rud a-rithist is chuir e ri bheul e.

'A bheil diofar? A bheil diofar aig aon taoibh don sgoth no bhon taoibh eile?'

'Chan eil!'

'Uill, chan eil diofar eadar mise agus do bhean.'

A' CHLANN

(100) Am pàigheadh aig a' bhean-ghluine

Bha ceithir bhean-ghluine ann an seo bhiodh gabhail teaghlaich, agus an t-ainm aig aon diubh bha Seònaid Riabhach, agus chan eil neach ann am Baile a' Chnuic a chumadh¹ tu smaoineachadh idir ma dheidhinn nach tug i leanabh ann a h-uile teaghlaich ann am Baile a' Chnuic – thug i gus an t-saoghal iad. Is 's e am pàigheadh a gheobhadh i, cupa mòr *toddy* – *liquor* – agus siùcar ann. Sin am pàigheadh bha i faighinn.

¹ Leugh *dh'fhaodadh*.

(101) Cùm ort!

Bha e an-àirde air uachdar Crombadh fuireachd, agus bha e – 's e cìobair a bha ann. Agus dar bha cloinn dol bhith aig a' bhean aige, bha feagal air. Feagal! A bheil thu faicinn, nis? Agus thuirt e ris a' bhean,

“Tha mi an dòchas gum bi thu nas fheàrr tron là. Mur bi, 's ann aig Dia tha fhios ciamar thèid mise bhàn airson a' bhean-ghlùine dut – an-àirde anns an cnoc.”

Bha an taigh aca ann an t-àite¹ air cnoc àrd is bha e ag ùrnaigh gus an Tighearna gum biodh i nas fheàrr tron là, ach 's ann a dh'fhàs i nas fheàrr tron oidhche.

Is thuirt e rithe – thuirt i ris,

‘Mhurdo, bi ag èirigh! Fimireas tu dhol ag iarraidh a' bhean-ghlùine domh.’

Chaidh e gus an doras is chunnaic e an dorcha. Bha an dorcha cho dorcha ris an t-sùith.

Ó, thàinig e steach thuice:

‘Bhetty, m' eudail, ma tha Dia umad, feuch an cùm thu ort ach an tig a' mhadainn.’ – Rud nach b' urrainn dith dhèanamh.

(102) Plangaid airson leanaibh

Dar rugadh leanabh, an àite am *powder* tha sinn cur air an leanabh, gheobhadh iad criomag plangaid. Chuir iad gus an teine e is *rubigeadh* iad is *rubigeadh* iad gus an tigeadh e *smooth* – a bheil thu tuigeil? – gum b' urrainn daibh chur air an leanabh e, an deaghaidh an leanabh għlanadh mur rùsgadh an leanabh.

Chitheadh tu mach air an t-sràid corr uair:

‘Dè tha thu dèanamh, Seònайд?’

“Tha mi glanadh caob plangaid chuireas mi air an leanabh.”

Àch, tha sin ceart. À, m' eudail! Anns an t-seann tìm 's e plangaid bhiodh air thilgeil air an ùrlar is am baoiteadh aca ri dhèanamh, [is chanadh iad ris an leanabh.]

‘Ma bhios tu beò, bi beò ach mur bi, chan fheagal dut!’

¹ Leugh *ann an àite*.

NA SEANN DAOINE

(103) A' dol a laighe lomnochd

Bha nàbaidh agam an ath-dhoras, seann duine. Bha e glè chiùin. Agus bha e dol laighe h-uile oidhche da bheatha gun lèine. Bha e tilgeil a lèine dheth. Agus 's e an *uncle* aig an duine agam a bha ann ach chanainn-sa ris an duine,

'Airson Dia! Rugadh mise air a chliathaich¹ is chan fhaca mise riamh lomnochd e.'

Is chan fhaca mise riamh lomnochd e. Bha e bhàn [an duine agam] – cha robh *laviean* dol anns an t-seann tìm: bha na daoinibh dol cùlaibh na creagan – a bheil thu faicinn? – agus bha eise tighinn an-airde is chunnaic e Wully lomnochd aig an uinneag is thàinig e steach thugamsa.

Arsa eise,

'Thoir an leanabh do do mhàthair. Tha leth Baile a' Chnuic dol a-steach do Wully: tha e bochd.'

'A bheil, ge-ta? Thighearna, chan eil. Bha e seo sa mhadainn ag iarraidh spongan.' Leis am piocaireachd cha robh e ceannachd spong, a bheil thu cluinntinn?

'Ach ged a bhiodh, tha eise bochd agus 's fheàrr dut dhol steach.'

Is chaidh mise steach rathadeigin gu mo nàbaidh. An donas a bha air [an duine agam]²! Dè rinn e? Dar fhuair e mise a-staigh, thug e leis an doras, an duine agam fhìn! Thighearna, dar chunnaic mise Wully, bha e cho buidhe ri sin, a bheil thu cluinntinn? Lomnochd mar thàinig e gus an t-saoghal.

Thuirt e,

'Nach eil nàire ort, boireannach pòsta? Dè chuir a-steach an seo thu?'

'Thighearna, thuirt Willy riumsa gun d' robh thu gu tinn agus gun robh am baile dol steach.' – Agus eise marbh air an taoibh eile don doras, fagais air dochair an' inntinn.

Thuirt e riumsa dar thàinig mi mach,

¹ .i. ri thaobh. ² .i. bha e làn fealla-dhà.

‘A bheil thu nis creideil?’

Cha do bhruidhnich mise airson seachdain ris.

(104) Seann chupal a’ dol a laighe

Seann bodach is boireannach, bha iad shuas am baile agus bhiodh sinn dol aig an oidhche – bha iad anns a’ chlòsaid dol laighe. Cha robh *screen* riamh orra. Agus bhiodh sinn coimhead riutha dol laighe h-uile oidhche agus – an donas mi fhìn! – dè rinn e [an seann bodach] ach chuir e *barbed wire* aig cùlaibh an uinneag agus, dar chaidh mise choimhead ris, chaidh an tè eile air mo chùlaibh. Nach do thuit mise air am *barbed wire* is thuit i ormsa is thàinig caob mòr às shin agamsa – tha *mark* air – caob mòr às a’ chas eile àsam. Bha an doctair aca, Doctair Gillies bha am Baile Dhubhthaich – is mi colach ris a’ bhàs leis am *barbed wire*. Thug e a’ chaob às an dà shliasaid agam.

(105) A’ cur athair gus an taigh-bhochd

Anns an t-seann tìm bha seann duine air cùlaibh fear òg dol gus an Taigh-bochd. Agus choinnich an duine sa ris. Bha e gabhail anail air a’ chlach-mìle. Is thuirt an duine ris,

‘Ò, nach eil sin cruaidh? Dol bhith cur seann bodach mar sin gus an Taigh-bochd.’

‘À,’ arsa eise [an seann bodach], ‘m’ eudail, chan eil, no cruaidh idir.’

‘Ciamar tha thu cantainn sin, nach eil e cruaidh?’

‘Rinn mise an rud tha mo mhac dèanamh air m’ athair cuideachd. Agus dar nach d’ rinn mi ceart eadar mi fhìn is Dia, tha mi nis dol gus an Taigh-bochd – agus tha mo mhac cur mi ann!’

AM BÀS

(106) An taigh-faire

B’ àbhaist don t-seann fheadhainn, dar bhiodh iad suirghe, dhol steach fad an oidhche agus cumail teine air an taigh-fhaire, a

bheil thu faicinn? Bha seann boireannach san t-àite is chaochail [i]. Bha an dithis sa na shuidhe¹ aig an teine agus chaidh teine mòr air. Bhiodh poit-teatha – h-uile nì – aca airson aiteal teatha dhèanamh tron oidhche. Bha an cupal òg sa dol an aon oidhche is an cupal eile an ath-oidhche, nam buineadh iad di, a bheil thu tuigeil?

Agus dar a choimhead am fear bha na shuidhe air an leabaidh, chunnaic e an t-siot ag èirigh mar sin.

‘Thì! Thighearna,’ thuirt e, ‘chan eil Margaidh marbh! ’

Rinn iad an t-sràid deth agus fhuair iad boireannach a-steach agus, dar thog i an t-siot, ’s e cat bha sin, an cat aig Margaidh. ’S ann bha an cat fo na siotachan.

(107) ‘Bidh am bàs againn duinn fhèin.’

Nis, bha dà bhrogachan aig tòm bàs aoneigin agus cha bhuineadh an dà bhrogachan don taigh an d’ robh am bàs idir. Agus bha iad fad an là aig an doras feitheamh dè gheobhadh iad agus cha d’ fhuair iad nì, na chloinn bhochd! Is thuirt aon fear ris am fear eile,

‘Tig dachaigh!’

‘Och, cha tèid!’

‘Thèid sinn dachaigh. Bidh am bàs againn duinn fhèin is gheobh sinn ceapaire.’

A’ GHÀIDHLIG

(108) An diol-urras a’ dol gu Canada

Timcheall dhà no thrì bhliadhna chan chaidh seachad, bha *auntie* agamsa agus ’s e Mrs MacAngus a bha oirre. Agus bha dà *cist* air a ceann. Bha feagal a bheatha² oirre dhol tro *operation* an seo airson iad. Chuir i fios – bha an teaghlaich uile aice ann an Canada – agus chuir i fios gus an teaghlaich gun d’ robh dà *cist* air a ceann agus gun d’ iarr an doctair oirre dhol anns an ostail, ach bha i *nervous*: bha feagal oirre dhol [ann]. Is thuirt an teaghlaich rithe,

¹ Leugh nan suidhe. ² Leugh a beatha.

‘Na tèidibh idir gus an ostail ach tig a-mach thugainn agus cuiridh sinn gus an ostail seo thu is gheobh thu deis seo¹ agus bidh sinn uile timcheall thu!’

Bha an teaghlaich, rèist, bhiodh iad uile timcheall i, agus siud a dh’fhalbh ise agus bha i seachad trì fichead is deich a dh’aois dar dh’fhalbh i agus is math an *courage* bha aig an dìol-urras a dhol air falbh, cho fada air falbh bhon dachaigh agus i cho sean.

À, mìle mort! Dar ruig ise an t-àite, dar thàinig an long a-steach gus a’ *phier*, dar choimhead i mach,

‘Ò, Thighearna,’ thuirt i, ‘chan eil Teeny² seo. Dè nis tha dol a thachairt domh?’ – Ann an tìr nach b’ aithne di càite an t-seòladh³ i ceann!

Agus dè bha sin ach *stevedore* agus bhuineadh e do Stornoway is thuirt e rithe,

‘Thig thu còmhla riumsa.’

‘Ò, thèid mi còmhla riut dar tha a’ Ghàidhlig agad ged a b’ e *tramp*, ged a b’ e robaire, a bhiodh ionnad.’

(109) An duine-uasal air an tràean

Dar bha sinn òg, bha sinn an-còmhnaidh dol a-mach leis an t-iastg, mi fhìn is i fhèin agus bhiodh sinn an-còmhnaidh bruidhinn a’ Ghàidhlig dol a-mach. Agus bha sinn, dar thigeadh sinn dachaigh, bhiodh sinn tighinn air an tràean cuideachd agus bhiodh sinn ag innseadh da chèile gu dè an fheadhainn bha sinn còmhla riutha ’s a h-uile nì. Ach cha b’ urrainn daibh bhruidhinn, neach dhiubh, Gàidhlig ruinn ach sinn fhìn.

Agus bha sinn aon la dol air an tràean agus bha duine-uasal air an tràean sa còmhla ruinn agus cha do leig e ris gun d’ robh a’ Ghàidhlig aige is bha e ag èisneachd riumsa agus rithease [Isbeil Anna] anns h-uile nì bha sinn cantainn.

Is e gabhail mach, thuirt e, arsa eise,

‘Tha fhios agam h-uile nì thuirt sibhse!’ (IJ)

¹ cuidhteas dhiubh seo. ² a nighean fhèin.

³ Leugh càite an seòladh.

(110) Air an trèan còmhla ri Dr Myles

Bha sinn air an trèan aon oidhche agus bha fear anns a' *charriage*
dar thàinig sinn steach. Bha e cho balbh. Cha tuirt e ruibh,

'Nach brègha an là tha ann,' no rud sam bith mar sin.

Agus bha, dar chaidh mise mach anns a' mhadainn, bha,
bha *case* aig Willigans le iasg dom piuthar aige, bhàn an Inbhir
Pheofharain, agus bha an *case* an-àirde air an *rack* aig an trèan.
Agus thuirt piuthar Bella Johndan, Jess,

'Nach diabhlaidh balbh tha e? Chan eil e cantainn dùrd.'

'Chan eil.' – Agus 's e doctair a bha ann. Doctair, cuimhnich!

'Àch,' arsa Jess, 'chan eil mi coimhead nach e aig na *hurdy-gurdies* a bha e. Coimhead an dà làimh a tha air, cho *genteel*?'

Thuirt an tè eile,

"S ann tha e colach ri *butler*.'

Thuirt mise riutha,

'Carson tha sibh cur sibh fhèin troimh-a-chèile? Dè an donas diofar dè tha e? Ma tha e balbh, biodh e balbh!'

Dar thàinig mise a-mach, bha an *case* aca air an *rack*. Thug e an *case* domh:

'Oidhche mhath dhuibh!'

'Ò, Thighearna, tha fhios aige air h-uile dùrd a bhiodh sibh [cantainn].'

Bha e marbh le gàire.

(111) A' dol 'n an sgoil an toiseach

Dar a chaidh mi 'n an sgoil an toiseach, bha iad bruidhinn Beurla. Cha robh fhios agamsa gu dè bha iad ag ràdh seach *foreigner* ach, dar a bha mi dol 'n an sgoil airson greis, ghabh mi fhìn grèim air falal siud is seo is fo dheireadh chanadh mi *the line* mi fhìn anns a' Bheurla. Ach dar a bha mi bliadhna no dhà, bha mi faighinn air adhairt glè mhath anns a' Bheurla. Ach bho dh'fhàg mi an sgoil, bha mi, dhèanadh mi a' Bheurla bhruidhinn glè mhath. Nis, dar thàinig mi an-àirde gu aois, chan fhaigh mi neach bhruidhnicheadh a' chainnt Ghàidhlig idir rium. Bha agam ri bhith bruidhinn Beurla, co-dhiù, bho cha robh neach ann

bhruidhnicheadh Gàidhlig rium agus, dar a bha mi òg, cha robh neach ann ach sluagh Gàidhlig uile. (AC)

(112) Na mionnan aig na brogaich

Cha robh Gàidhlig aig mo sheanmhair ach bhiodh na brogaich tighinn steach còmhla rithe. Bhiodh iad cantainn na mionnan agus dar thigeadh mo sheanair dachaigh bhon sgadan, an àite bhith bruidhinn Crìostail, 's ann a bha ise bruidhinn tòrr mionnan.

Bhiodh iad cantainn is chanadh i [e] an deaghaidh iad. Cha robh fhios aice nas mothà na chuireadh an-àirde an t-similear i dù bha iad cantainn.

(113) A' toirt a' ghuail a-steach gu Barraigh

Aig an aon tìm bha shinn *coaligeadh* muigh anns an loch: 's e Loch ann am Barraigh is *coaster* tighinn à Ardrossan is à Troon leis an guail. Dar thàna a' bucaid bho dheireadh air bòrd – A bheil thu tuigeil mi? A bheil thu leantainn mi? – bha a' *chrew* ag obair air na lìn, air an toiseach. Agus dar thàna am bucaid bho dheireadh air bòrd thuirt [mi] – seallaibh balach bha dachaigh bhon t-seòladh à Barra, bha e dachaigh air *holidays*.

Bha e dèanadaich air na *winchachan* is lionadh e anns a' *bold*, a bheil thu *tuigsinn*? Dar thàna am bucaid bho dheireadh air bòrd thuirt mise ri[s],

'An e guail math tha seo-an?'

Choimhead am fear riumsa mar seo-an agus thuirt e riumsa,

'Cha chreiceadh mi fear do¹ do sheòrt-sa aig a bheil a' Ghàidhlig!' (US)

(114) Seann lsbeil agus na brogachanan òga ann am Barraigh

Ghabh sinn fasgadh, ò! naoinear – sia no seachd [dhinn]. Agus air feasgar na Sàbaid bha e. Is thàna fras uisge, thàna fras uisge, eil thu ga mo thuigsinn? Is ghabh sinn fasgadh mar g[h]abhadh sinn anns an *recess* bha sa *building*, an doras fosgailte. Bha dhà, triùir

¹ de.

bhrogachanan an sin is bha seann chailleach tighinn ag iarraidh am bainne. Agus thuirt an dàrna fear ris an fhear eile – an dàrna balach ris an fhear eile,

‘Seallaibh seo!’ – chan eil fhios agamsa an t-ainm, a bheil thu tuigsinn? – ‘Seallaibh! seallaibh Isbeil ag iarraidh a’ bhainne! À uill, tha i math aosta.’

‘Ò, tha mi creidsinn gu bheil i trì fichead.’

‘Tha, is barrachd air sin,’ thuirt e. ‘Tha i trì fichead is a deich.’

Nis, bha sin mar sin.

Bha sinn nis, bha an dà bhalach cona riumsa bha sna *drifteran* – aon do na *drifteran* – ag iasgach is bha mise draibhigeadh i. Thuirt an sgiobair bha an seo – bhuineadh e do Bhanbh,

‘Robh thu tuigeil iad, Willy? Robh thu tuigsinn dè bha iad ràdh?’ (US)

NA CEÀIRDEAN

(115) Am pòsadhbh aig na ceàirdean

Bha mo mhàthair agus nàbaidh, bha iad shìos fo na creagan ag iarraidh bàirnich – sin baoit airson an lòn – agus, dar bha iad tighinn an-àirde às an tràigh, chuala iad pìobaireachd. Dh’fhàg iad na peileachan leis na bàirnich. Chaithd iad sios bhail bha fhios aca gur e às a’ *chove* bha am pìobaireachd tighinn. Dè bha sin ach gràinne ceàirdean agus bha an cupal òg leum air an teine. Sin an seòrt rathad bha iad pòsadhbh.

Agus chaithd trì gillean bòidheach [on àite againne] sìos gus am pòsadhbh agus aon do na brogaich bha eise smocaigeadh, am brogach sa. Dè riinn e ach riinn spong steach anns a’ *chove* – fhuair iad *liquor* bhutha – agus thilg e an spong anns an leabaidh an d’ robh an cupal òg dol is chaithd sin na theine. Thòisich na ceàirdean air carraig riutha¹. Ruith iad ’an deaghaidh ach an tàinig iad gus an t-àite sa fhèin, gus am *bothie*, agus nam faigheadh na ceàirdean iad, bha mìrean deis diubh!

¹ Leugha *leotha*.

(116) Bana-cheàrd a' breith leanabh

Bha sinn ag iarraidh am buntàta agus bha dà sgùil againn toirt dachaigh am buntàta aig Baile Mhuchaidh. Agus bha coille mòr ann an-àirde, agus thàinig an leanabh mach – bha i trì bliadhna chan no nas mothà – is thuirt mo mhàthair riumsa,

‘Chan eil mise tuigeil dè tha i cantainn.’

‘Ò, Thighearna!’

Chaidh sinn a-nis a-steach gus a’ Choille Bheag agus bha *spring cart* an-àirde san adhar. Bha an duine ann am Baile Dhubhthaich. Dh’fhàs ise gu tinn.

Arsa mo mhàthair,

‘Ged a gheobhainn an saoghal sa, chan urrainn dhomh dhol an gaoith dil?’

‘Tha sin diabhlaidh math, ach dè ma bhios i marbh mur tig an duine? Dè bha ann?’ arsa mise.

Bha seòrt do àite an d’ robh iad a’ cumail pana mòr.

‘Fimireas tu dhol a-bhàn gus an taigh sin. Ma tha Dia umad, iarr oirre criomag plangaidean – rudeigin – thoirt dut?’

‘Agus a bheil thusa dol ghabhail an leanabh leat fhèin?’

‘Tha. Fimireas mil?’

A bheil fhios agad càite an do ghlan mi an leanabh? Ann am poit, an am pana, a bheil thu cluinntinn? Bha *bundle* aodach aice le h-uile nì air an talamh dh’fhimireadh i. Agus dar thàinig an duine dachaigh, bha an leanabh *beautiful*.

Ò, Thighearna, air an t-Sàbaid thàinig e. Bha e sìreadh an t-àite airson an t-ainm: thug mi an t-ainm Bell Ann don bhean is thàinig e air an t-Sàbaid.

‘Thug mise an t-ainm agad air an leanabh.’

‘Ciamar fhuair thu an t-ainm agamsa?’

‘Fhuair mise an t-ainm agad. Bhiodh mo bhean marbh nam b’ e¹ thu?’

Thug an *auntie* agam, Elspeth, dise leth-plangaid bhail chuir sinn² an t-ainm – ’s e Bell Ann a bha innte. Agus thigeadh ise agus chanadh i aig an doras, mur tigeadh i steach, ‘Bell Ann!’

¹ mura b’ e. ² Leugh *eise*.

(117) Bana-cheàrd a' goid

Bha i goid agus thàinig i steach seo aon là¹ agus chaidh i steach anns an taigh aig an *auntie* agam. Agus dè bha air an tarraig ach aon do na sgiortachan aice, a bheil thu faicinn? Agus mur d' robh² i agamsa an t-seachdain roimhne sin, cur *elastic* anns a' *bhand* di, *elastic*.

À, choimhead mi ris a' bhana-cheàrd. Thuirt mi rithe,

'Càite an d' fhuair thu sin?'

'Cheannaich mi sin ann an Inbhir Pheofharain, an t-àite a bheil thu fhèin dol leis an t-iasg.'

Agus dà mhionaid an deaghaidh sin cò thàinig ach an *auntie* agam:

'A bheil a' bhana-cheàrd sa an seo?'

'Tha. Seallaibh i!'

'Ò, tha mi dol ag iarraidh am poilios dut. Ghoid thu sgiort don tarraig³ anns a' *phassage*.'

'Feuch a bheil thu ceart, a bhean!'

'Tha mi cho ceart gun cuireadh tu mo sgiorta an-dràsta dhìot, no cuireas mi an-àirde airson am poilios dut!'

(118) An ceàrd sa bhùth

Cèàrd bha dol aon chuairt agus chaidh e steach ann am bùth agus – tha fhios agad, aig a' chunntair bhios mar sin feuchainn na rudan – dar chunnaic eise sin, thòisich eise air ithe an rud nach buineadh da.

Is thuirt an tè ris,

'God bless me! You ate all that!'

'S ann a bha iad a' gàire ris, gun d' robh e cho *far back* agus dol ithe na bhiodh anns a' chunntair. Thighearna, chan fhaca e an còrr.

(119) Geordie a' toirt guail do na ceàirdean

Tha na ceàirdean nis cho math ris an sluagh. Tha iad faighinn treabhair. Dar bha Geordie dol timcheall seo, bha na ceàirdean

¹ Leugh *an là sa*. ² mura robh, .i. nach robh. ³ den tarraig.

an-àirde mur tigeadh tu a Bhaile Dhubhthaich. Thilgeadh e, dar bha e air an t-seann *engine*, thilgeadh e clach guail mach air an rèile daibh.

Agus thàinig an tè le truinnsaran seo is thuirt i¹ – chuir i an² truinnsaran an sin,

‘Dè na— tha gu leòr a sothichean agamsa. Chan eil mi feum iad.’

‘Chan ann dutsa a tha iad, mo ghràidh,’ thuirt i, ‘ach ’s ann tha iad dom balach air an *engine*. Tha e gu math. Tha an taigh againn an³ meadhan an rathad agus, dar tha e dol seachad leis an *engine*, tha e tilgeil clach ghuail an t-seachdain duinn.’

Bha e gu math daibh, na ceàirdean. Bha George uamhaidh math: thilgeadh e clach mòr.

(120) Duanag nan ceàirdean
Dhèanadh iad *pitcheran* is peileachan:

‘Bheil a-staigh bhon taigh⁴,
bheil dad sam bith ri chàradh againn?
Bheil toll air pana?
Bheil toll air *pot*?
Bheil toll air airgead agaibh
no spàinean againn⁵?’ (US)

(121) An aithis aig a' bhana-cheàird
A bheil fhios agad dè chuala mise? A' bhana-cheàrd maille ris am fear beag tighinn an deaghaidh i. Is bha e reòthadh is bha na rathadan sleamhainn – a bheil thu gam thuigsinn? – na rathadan sleamhainn. Thuit am brogach beag. A bheil fhios agad dè thuirt am màthair ris?

‘Nam b’ e glainne a bhiodh na do thòin, bha e briste bho ùine fhada!’

‘S e sin thuirt i ris. Chuala mi fhìn i ag ràdh sin. (US)

¹ Leugh *mi*. ² Leugh *na*. ³ Leugh *am*. ⁴ Leugh *anns an taigh*.

⁵ Leugh *agaibh*.

VII
FEARAS-CHUIDEACHD

CUR-SEACHADAN

(122) A' seinn anns na *concertan*

Dar bha mi òg, cha robh mi às an *concert* idir – *concert* eadar seo is Inbhir Pheofharain, Inbhir Nis is bhàن gu Wick. Agus chanadh mo mhàthair bochd rium,

‘Ò, Thighearna, a bheil thu dol gu sin a-rithist? Dè an t-aodach a tha agamsa dhut h-uile mionad?’

Dhèanadh i froca domh do¹ glè bheag. Bha *auntie* agam, bha i pòsta an Glasgow is chuireadh i slat no dhà d’ aodach – is chuireadh i *lornes* orm – dhachaigh domh airson bhith dol ann. Is rinn i dhà no thrì frocachan domh à criomagan bha i ceannach. Agus tha fhios agadsa air Johnson, am bùidsear, uill, bha bhràthair-chèile-sa, bha eise an-còmhnaidh còmhla rium airson *alto*, a bheil thu tuigeil?

Agus dar thigeadh Dihaoine dar bhiodh sinn dol gu *concert* àite sam bith, gheobhadh sinn dachaigh aig dà uair às an sgoil, leigeadh iad dachaigh sinn. Agus chanadh an duine agam fhìn – bha e anns an sgoil còmhla rium,

‘Bell Ann and Andrew John, be ready for the night!’ – a bheil thu faicinn? – fachaid orainn. Agus bha sinn an-còmhnaidh cuideachd.

Tùm bochd! Cha b’ urrainn do mo mhàthair bhith toirt aodach h-uile mionad aig² na *concerts*. Is a-rèist, donas mi fhìn! cha robh iad ceart ach am bithinn ann. À, Thighearna, tha cuimhne agamsa air fear le *whitewash brush*, dèanamh rud leis a’ *whitewash brush*. ‘Caesar’ a bha air, agus an tè bha tighinn còmhla ris, an tè bha dol a dhèanadaich còmhla ris, dh’fhàs i gu tinn no rudeigin, is leth-tùm, mur’n tàinig eise air adhairt air an rud, thàinig iad bhàن ag iarraidh mi.

‘Ó!’ arsa mise. Dh’innis e domh dè dhèanainn air cùlaibh an

¹ de, a-mach à. ² do, airson.

screen. Bha iad uile a' cantainn gun d' robh mi mòran nas fheàrr na an tè bheag.

(123) Am *phonograph*

Bha seann bodach eile aig mo chliathaich agus 's e seann diabhal a bha ann. Seann diabhal, agus bha mac aige. Bha 'a' C[h]urracag' – cha robh seòladair air an dùthaich colach ris – bha e air a' mhuir bhail rugadh e, bhail thàinig e gu aois. Agus thàinig e dachaigh aon chuairt is dè thug e leis ach *cockatoo* agus *phonograph* – is aithne dut. Chuireadh tu *cuff*¹ a-steach air. Bha an t-seann bodach, bha e à a ciall – a athair – dar chunnaic e an rud bha seo. Chuir a' C[h]urracag air e, a bheil thu faicinn? Chanadh an rud, am *phonograph* a bha ann, '*There was I, waitin' at the church, waitin' at the church.*'

Chanadh an t-seann bodach,

'À, tha an Diabhal an sin, bhail tha e bruidhinn air eaglais Dhia.' *At the church, at the church*, a bheil thu faicinn? Chuireadh eise an làmhthuagh air!

Is thàinig Dr MacKenzie ag iarraidh an *cockatoo* is thuirt an t-seann bodach,

'Chan fhaigh thu an *cockatoo*, ach gabh sin! Agus mur gabh thu e, curidh mise an làmhthuagh air bhail tha e dèanadaich an-còmhnaidh air² Taigh Dhia!'

(124) Duine a bha diabhaltaidh math

Bha teaghlaich fuireachd an sgìre an Uig, an-àirde sa Bheinn. Bha trì no ceithir bràithrean ann. Is bha aon bràthair glè amaideach. Bha e anabharr ag òl is dèanamh dròlaireachd gu sìorraidh. Chan eil fhios agam dè a' Ghàidhlig chuireas fear air *ventriloquist* ach bha e glè m[h]ath aig sin. Uill, aon là bha seann boireannach an-àirde sa Bheinn. Thachair i ri fhaicinn bràthair don duine seo is thuirt i ris an duine,

'Bha Johnny, do bhràthair, glè mhath aig an fhidheall.'

¹ gu litireil 'muinchill', i.e. tè de na seann teipichean cèire air chruth siolandair a bhiodh a' sgriubhadh a-steach dhan inneal. ² i.e. a' sìor luaidh air.

‘Ò, ’s e bha math aig an fhidheall.’

‘Bha e glè mhath aig an dannsa is bha e gu math aig seinn.’

‘Is bha e diabhaltaidh math aig sabaid!’ (ÙR)

(125) Falach-fead

Dar bha mo mhàthair òg bha, gun canadh tu, tè eile còmhla rithe an-còmhnaidh, agus chaidh iad a-steach ann an taigh tort na falach-fead: bha brogaich ruith ’an deaghaidh agus bha iad dèanamh falach-fead. Nis, anns an taigh aig an t-seann fheadhainn sa bha tarraigean bhiodh cumail an t-aodach aca. Agus nach d’ fhast a’ chaileag eile bha còmhla ri mo mhàthair: chaidh an t-aodach aice fasta san tarraig is cha b’ urrainn di thigheann a-bhàn. Bha i ag èigheachd air àirde gun cluinneadh tu aig Beinn an Uig i,

‘Obh, thoir a-bhàn mi! Mur toir thu bhàn mi, bios mi ann an glòir còmhla ri Dada!’ – A h-athair, ’s e duine math bha ann. ‘Obh, nach toir sibh bhàn mi! À, mur toir sibh bhàn mi, bidh mi ann an glòir còmhla ri Dada!’

(126) A’ cluich a’ *football*

Bha na brogaich againn, bha iad cluich ann am Baile an Todhair aig *football* agus ’s e an *team* aig Alness bha nan aghaidh agus, ò, bha tìm uamhaidh dona aca. Cha robh an fheadhainn againn idir cur steach aon. Is cha robh Alness fhèin dèanamh mòran, agus bha mi fhìn is boireannach eile coimhead riutha cluich a’ *football* is thuirt mise ris an tè,

‘Ò, Thighearna,’ arsa mise, ‘gu dearbh, chan eil mise coimhead,’ arsa mise, ‘nach dèan Alness *job* diubh.’

Agus an *goalie* bha ann, bha e air na cliathaich¹ agus dar choimhead mise ris – ’s e brogach bochd a bha ann, tha mi creideil – bha an *vest* aige, bha e aige ri chraiginn. Bha e tighinn a-bhàn anns an trùsar a bha air. Trùsar goirid a bha air. Is thuirt mise ris,

‘Thighearna,’ arsa mise, ‘tha an *vest* agad tighinn a-bhàn fon

¹ air ar cliathaich.

trùsar agad, m' eudail,' thuirt mi ris-sa. 'Tha *safety-pin* agamsa,' arsa mise, 'bheir mi dut.' – A bheil thu cluinntinn?

'S e *back* bha ann an George [an duine aig mo nighean] – a bheil thu faicinn? – *outside-left* bha ann an George. Choimhead mise ri George mar sin is chuir mi an-àirde am maide-làimhe. Chuir George aon ann. Aon! Chaidh aon a-steach duinn. Eadh! *Score*-ig e an *goal* airson na Rovers. Cho fad is bha mise cur an rud agam¹, choimhead mise ris. Chuir e e steach mar sin, air a cheann, agus cha deach aon ach an aon steach fad an là.

NA FÈILLTEAN

(127) Oidhche Shamhna

Bliadhna chan air ais, dar bhiodh Oidhche na Shamhna ann, bhiodh am fear sa – bhuineadh e do Baile Mhuchaidh – 's e gobhainn a bha ann agus bha e làn do diabhlaireachd². Agus dè rinn e? Bhiodh na seann daoinibh dol gus a' mhuir aig trì uairean sa mhadainn, agus dè rinn e ach chaidh e gus an uinneag sa is thug e an èigheamh,

'A bheil thu na do chadal, Dhàibhidh?'

'Chan eil.'

'Uill, èirich! Dh'fhalbh h-uile sgoth san t-àite gus a' mhuir ach thu fhèin.'

'Thighearna,' thuirt e ris a' bhean, 'a bheil thu cluinntinn siud, a Mhargaidh? Èirich ach an dèan thu aiteal teatha domhse! Dh'fhalbh na sgothan uile gus a' mhuir.'

Nis, dh'èirich e.

'Tig gus an uinneag ach an innis mi dut!' [arsa an duine a bha aig an taoibh amuigh.]

Dh'fhalbh e, nis, na dhìol-urras gus an uinneag. Cha robh fhios aige gun d' robh diabhlán aig taoibh muigh an uinneag. Dar chaidh eise a thogail an uinneag, chuir am fear a-steach a làimh is bheir e air lèine an duine is chùm iad an lèine fasta an sin.

¹ i.e. am prìne. ² i.e. fealla-dhà.

Agus nis, thuirt Dàibhidh ris a' bhean,

‘Èirich! Sgiobalta is bi ag èirigh, Mhargaid! Tha mise fasta anns an uinneag leotha.’

‘Dè am “fasta” tha thu cantainn?’

‘Tha mo lèine aca anns an uinneag. Tha mi fasta anns an uinneag aca. Èirich!’

Dh’èirich ise. Thàinig i gus an uinneag:

‘À, nach eil näire oraibh bhith dèanamh sin air seann duine, bhith fasta san uinneag leis an lèine aige?’

Dar choimhead i – bha i spionadh an duine mach bhon uinneag – ’s ann a bheir iad air an còta-bàn a bha oirre. B’ àbhaist don t-seann fheadhainn còta-bàn bhith aca airson èirigh sa mhadainn. Bha an dithis fasta sin airson uair. Thòisich a’ bhean air còineadh, thòisich i air còineadh.

Thuirt i, ‘Coimhead! Ma bheir Dia domhse a’ mhadainn agus ’s e am Baile Dhubhthaich a bhios sibh!’

(128) An dà mhuc

Anns am baile sa b’ àbhaist do h-uile taigh anns a’ bhaile muc no dhà bhith aca agus, nis, bha dà nàbaidh agus bha muc an aon aca agus bha an dà fhail fagais air a chèile. Agus Oidhche na Shamhna bha na brogaich, chuir iad a’ mhuc tana steach anns an fhail aig a’ mhuc bha reamhar; agus thug¹ iad a’ mhuc reamhar, chuir iad e anns an t-àite aig a’ mhuc bha cho tana ri páipear. Agus dar thàinig a’ bhean aig a’ mhuc reamhar bhàin sa mhadainn, thuirt i,

‘Thighearna, chan e seo a’ mhuc agamsa idir.’

Agus ’s ann a thuirt a’ bhean eile,

‘Ó, m’ eudail, is uamhaidh reamhair dh’fhàs a’ mhuc tron oidhche! – A bheil thu faicinn?’

Agus nis, a’ bhean leis a’ mhuc reamhar, chaidh i gus an fhail aig an tè eile is thuirt i rithe,

‘Sin a’ mhuc agamsa tha agad, bhail bha spot dubh air a h-amhaich. Agus sin mo mhuc! Cuir mo mhuc air ais gus an

¹ Leugh *thog*.

fhail agam agus, mur cuir thu air ais i, cuiridh mi am poilios thugad!

(129) An *Loch Ness Monster*

Tha mi creideil gu bheil dusan bliadhna chan bhail bha trì brogaich is cha robh nì aca ri dhèanamh. Agus nach d' chuala iad mu dheidhinn – anns am pàipear – an *Loch Ness monster*. Siud a thòisich iad a dhèanamh brùid do rud agus bha iad dol tron bhaile leis, le tobha mòr air an amhaich aige. Agus bha h-uile seann bhoireannach is duine anns a' bhaile ruith airson am beatha: bha feagal am beatha bhuaite.

Agus dar bha e dol seachad air an uinneag agamsa, 's ann a thug e aon leis an t-seaman aige gus an uinneag. Shaoil liom gun do thuit an taigh. Dh'fhalbh mi airson mo bheatha bhàn gu taigh nàbaidh agus chuala mi sin gun do laigh e air an t-sràid ann am Baile Dhubhthaich is gun d' ith e fichead *tommy* à bùth Strachan agus leth bò – tha iad cantainn, mas e an fhìrinn tha ann, gun do thilg iad sa mhuir e. Àch, Thighearna, bha e feum gun tilgeadh iad anns a' mhuir e, bhail nam faiceadh tu e chuireadh e feagal a bheatha ort¹.

(130) Na stocaidhean aig a' Challainn

Anns an t-seann tìm, dar bhiodh a' Challainn ann, bhiodh a' chloinn cur an-àirde an stocaidh airson, mas fhior, *presents* don chloinn. Agus bha dà bhrogach anns an taigh sa agus bha aon chaileag bheag ann timcheall seachd bliadhna, is chuir i an-àirde an stocaidh aice. Agus dar thàna èidsa làn *liquor* – bha iad anns an Inn ann am Baile an Todhair is dh'òl iad làn a' chorpa a *liquor* – thàinig iad dachaigh is bha an t-acras orra agus bha ùbhlann is peadarann is *nutachan* anns an stocaidh aice.

Leis an t-acras, thug iad às na h-ùbhlann agus na *nutachan* is h-uile nì bha anns na stocaidhean aig an leanabh is dh'ith iad e leis an t-acras. Agus 's ann a lion iad an stocaidh aig an leanabh le *cinderan* agus nach deach i fagais air mach a [h]-inntinn.

¹ Leugh *feagal do bheatha ort*.

Agus arsa ise ri [h-]athair,
 'Cluich ri seo!'

AN TOMBACA

(131) Mar thòisich duine a' smocaigeadh

Dar thòisich mi an toisich, bha mi faicinn balaich beag òg an aon size rium fhìn a' smocaigeadh is dh'fhimireadh mise a dh'fhaighinn chance don phìob cuideachd, ag ionnsachadh a chèile mar sin. Chan fhaigheadh tu tombaca – cha robh mòran airgead dol an uair sin dar bha mise òg. Ô, cha robh. Bha na pìobachan glè—gann.

Ach dar theaghadh sinn a-bhàin 'an tràigh gus na creagan, gheobhadh sinn coidheag mòr is bha spògan mòr air. Dar bha i air a bruich, bheireadh sinn an *claw* dheth agus bheireadh sinn am biadh às an *claw* agus bha an *claw* fosgalte anns an taoibh staigh, agus ghabhadh sinn am barr geur aige is dhèanadh sinn *rubigeadh* air clach no air creag gus an tigeadh toll air. Bha *vent* nis dol troimhe. Bha sinn, nis, lònadh an spòg an seo làn tombaca is bha sinn smocaigeadh sin airson piob. (AC)

AN DEOCH

(132) An duanag a bha aig an smeòrach

Bha Ùistean dol dachaigh aon oidhche, làn *liquor*. Shuidh e anns an *ditch* is bha smeòrach seinn. Bha an smeòrach ràdh is seinn,

'Òl uile e, òl uile e, òl uile e, òl uile e!'

'Chan eil mise amaideach! [thuirt Ùistean.] Tha thusa ag iarraidh mi òl uile e, ach chan òl! Tha mi cumail glainneag airson am madainn.' (ÙR)

(133) Botal teatha an àite an rumha

Bha stoirm ann agus bha e fagais air tìm an trèan againn dol bhith dol air falbh. Agus cha robh Jess an là sa – cha d' fhuair i iasg – ach bha mi fhìn is Bella Johndan is Jessie Peigeag cuideachd, an triùir againn, agus fhuair sinn an t-iasg. Nis, bha am bàs orainn gun

bhiadh no nì aig stèisean na Manachainn. Agus b' àbhaist do Jess fhàgail am basgaid ach an tigeadh a' mhadainn is, rèist, thigeadh i an ath-là, bheireadh i dachaigh e. Agus dar chaidh Bella gus am basgaid, 's ann a fhuair i *gill rum*.

'Thighearna,' arsa ise, seallaibh *gill rum* aig Jess! Òlaidh sinn eadar an triùir againn e!'

Bha *jug* ann an uair ud, bha siuga le *chain* air aig a cùlaibh, agus cò thàinig ach Miller – tha e nis marbh – agus 's e bha aig an stèisean.

'Oh, you buggers!' [thuirt e.]

Dh'òl an ceathrar againn an *gill liquor*: bha sinn fann. Agus nis, bha an taigh aig taoibh an stèisean.

'Siud,' arsa eise, 'a bheil fhios agad dè nì mi? Bheir mi am botalan *gill* an-àirde gus an taigh is cuiridh mi teatha ann.' Chuir mi air ais sa bhasgaid e.

Thàinig, nis, an *station-master* an ath-là rithe agus thuirt e [ri Jess],

'Tha basgaid a bhuineas dut aig an stèisean.'

'Ò, tha. Tha am basgaid tighinn an-còmhnaidh. Ma chaill mise an tràean, tha iad cur am basgaid air an tràean aig a' mhadainn.'

Chaidh i, nis, gus am basgaid aice mur d' rachadh sinn air adhairt air an tràean. Ò, glòir do glòir, nan cluinneadh tu i!

'Trì bugairean! Dh'òl sibh an *gill rum* agam agus coimhead, 's e teatha tha ann!'

(134) Am botal dubh

Bha tìm uamhaidh bochd ann agus b' àbhaist daibh aig a' Challainn botal *liquor* bhith aca, ach – och! – leis am bochdas cha b' urrainn daibh am botal a cheannachd. Siud a dh'fhalbh mo mhàthair is chuir i an *uncle* agam suas gu Baile an Todhair ag iarraidh *gill liquor* agus chuir i an *gill* ann am botal dubh agus chaidh i steach gus an nàbaidh againn is thuirt i,

'Thoir domh glainne ach an toir mi aiteal *liquor* à seo dut.'

Sa mhadainn dar dh'èirich i, chaidh i gus a' bhùth is a' chiad rud fhuair i,

‘Càite fo Dhia an d’ fhuair thu an t-airgead airson am botal mòr dubh *liquor*? – A bheil thu faicinn?’

Thuirt an nàbaidh ri feadhainn eile gun d’ robh i anns an taigh aice le botal *liquor*. Agus an uabhas a ghabh am baile uile gum biodh am botal dubh aice, agus an aon *gill* beag a bha ann!

(135) Wully agus an t-airgead aig an *rent*

‘S e miser a bha ann. Thigeadh e steach thugam, dar thiginn dachaigh, le 10 tastan a dh’airgead:

‘Thoir notag¹ domh! – A bheil thu faicinn? Bha mi dèanamh sin h-uile uair. Ma bha *ten-shilling note* agam, chumainn e ach an tigeadh e dachaigh is chuireadh e bhàn na deich tastan – *boy!* – agus gheobhadh e an nota. Is dè rinn e ach bha seann drathars aige agus gheàrr e sin an drathars agus an-àirde an seo, an drathars. Thigeadh e steach thugamsa,

‘Feuch a bheil notag agad domh?’

Bheirinn-sa da an-còmhnaidh e dar a thiginn dachaigh. Agus dè rinn e ach gheàrr e an drathars aige. Bha e cur sreang an seo agus sreang an-àirde an sin. Bha e cur na deich tastan a-bhàn an sin, a bheil thu faicinn?

Agus thàinig a’ Churracag [, a mhac,] dachaigh agus thuirt e – thàinig e steach thugamsa – arsa eise,

‘Chan eil fhios agam fo Dhia dè tha m’ athair dèanamh. Tha airgead aige ach Dia tha fhios càite a bheil e.’

‘Bha e steach seo an t-seachdain mu dheireadh ag iarraidh deich tastan, notag deich tastan. Bha e cur ann an caob drathars e.’

‘Thighearna,’ arsa eise, ‘an e sin an rud a tha aige? Uill, donas mi fhìn!’ arsa eise, ‘dar thèid e mach an-diugh, bios an taigh air a *thurnigeadh upside down* ach am faic mise am faigh mi e.’

Thàinig e steach.

‘Fhuair mi e,’ arsa eise. ‘Tha timcheall fichead nota agam, gun nichein ach *green ten-shilling notes*.’

‘À, Thighearna!’ thuirt mo mhàthair rium. ‘Ò, ma tha Dia umad, innis don t-seann bodach gun d’ fhuair e an t-airgead!’

¹ Nota airgid air luach 10 tastain.

‘Chan innis! Chan eil mi dol ghabhail gnothaich riutha.’

Agus thàinig an t-seann fear steach, an ath-dhoras.’

‘Ò,’ arsa eise, ‘cha robh Danag¹ riamh cho math domhse is a tha a-nis. Tha mi faighinn an teatha an mo leabaidh agus *ham and egg* airson mo bhracbhast.’ – Agus mise marbh mar thug² e an t-airgead aige fhèin.

Fuirich thusa! Dar thàinig an tìm aig an *rent* agus chaidh e ag iarraidh na deich tastan a phàigheadh an *rent*, donas mi! nam faigheadh e biod deth.

‘Ò, Thighearna,’ arsa eise, ‘chan iongantach gun d’ robh e gu math domh. ’S ann tha e gu math leis an t-airgead agam fhìn.’

(136) Wully agus an *carbolic*

Bha a phiuthar pòsdadh, a bheil thu faicinn? Is bha botal *liquor* aige fo cheann san leabaidh agus dh’èirich an t-seann fear tron oidhche is chaidh e air a chasan gus an t-àite an d’ robh Curracag [na laighe] is dh’òl e am botal *liquor*, an seann fear.

Agus dar dh’èirich e sa mhadaidh, thuirt Curracag,

‘Chan eil fhios agam cò fo Dhia dh’òl an *carbolic*?’

Thàinig e³ steach seo. Cha robh fhios aige dè bha sa *liquor* ceart.

‘Dh’òl mi an “*abolic*”! Bidh mi marbh mur tig an oidhche. Cha robh fhios agamsa nach e aiteal a ruigeadh mo chridhe a bha ann agus dh’òl mi e. Agus ’s e an “*abolic*” a bha ann!’

(137) An tàillear misgeil

’S e caileag à Steòrnabhagh dh’innis domhse e agus shaoil liom gun do chaochail mi [leis a’ ghàire] air an t-Sàbaid. Bha mi fhìn is i fhèin dol an-àirde ag iarraidh bainne ann an Stronsay, agus thuirt mi rithe,

‘Ò, Thighearna, chan eil ceannachd domh air a’ bhainne. Trì mile airson botalan bainne mar sin, trì mile an-àirde!’

Thuirt i,

‘Bha tàillear ann aon chuairt, Bell Ann, agus diabhal do fear

¹ i.e. a mhac, a’ Churracag. ² Leugh *thog*. ³ an sean bhodach.

airson *liquor* agus rachadh e chreic an t-aodach a dhèanadh e agus ghabhadh e an t-airgead bhon sluagh. 'S ann cha chumadh e cat is cù na bha e toirt don bhean bhochd. Is cha robh fhios aice bho Dhia dè dhèanadh i is thuirt i, dh'innis i da bhràthair¹ gun d' robh i air a sàrachadh, nach d' robh i faighinn airgead airson biadh don chloinn.

“Ó, Thighearna, chan eil fhios agamsa dè nì mi.”

‘Dh'innis e do fear bha dol còmhla ris. “Cuimhnich,” arsa eise, “an diabhal tha siud leis an *liquor!* Chan eil fhios ciamar tha mo phiuthar bochd beò.”

‘Àch, cò dhèanadh sin ach thu fhèin? Tha thu dol gus an taigh-sheinnse, toirt air do mhuin e dachaigh gus an taigh. Rèist, chan eil diofar aige. Tha fhios aige gum bi e dachaigh, co-dhiù. Ach innsidh mi dut dè ni thu. Thig thu mur² a' chladh agus tilg e steach measg na clachan. Dèanadh e laighe an sin ach an dùisg e anns a' mhadainn. Cha thachair nichein da.”

‘Dh'innis iad don bhean ma dheidhinn. Chaidh am bràthair-chèile air a thòir gus a' hotel no àite sam bith a bha e ag òl an *liquor*. Chuir e air a mhuin e. Bha e dol, nis, seachad a' chladh is thuirt am fear sa,

“Tilg an seo e!”

‘Thilg e. Thighearna, dar choimhead e càite an d' robh e, dh'èirich e, tha mi creideil, is dh'fhalbh e dachaiddh gus a' bhean.

‘“Margaidd! Margaidd! Geall fichead nota nach b' urrainn dut fhaighinn a-mach càite an d' robh mise bho raoir na mo laighe!”

“Càite an d' robh thu? Nach eil thu mar sin an-còmhnaidh, laighe leis an *liquor*. Nam b' e³ mo bhràthair-sa, cha bhiodh tu dachaigh idir.”

‘“Anns a' chladh! Ach, mionna Dhia, cho fada is tha an saoghal ann, cha tèid *drap liquor* sìos na mo chorp.”’

(138) A' bhean nach robh faighinn mòran airgid
Bha tà agus bha cloinn dol bhith aice. An duine aice, 's e diabhal

¹ Leugh da bràthair. ² mun cuairt. ³ mura b' e.

dona a bha ann airson an *liquor*.

‘Uilleam!’

‘Dè?’

‘Nach eil tìm agad bhith glic? Tha thu ag òl an sin mar robaire gu sìorraidh, ag òl, ag òl. Ma bhios tastan na do phòcaid, cha bhi thu ceart ach an cuir thu anns an taigh-sheinnse e.’

‘Ò, Chiorstaidh, Chiorstaidh! Nach eil mise air mo shàrachadh leatsa? Chan eil fhios agadsa dè na tha mise dèanamh. Dè an donas diofar dut dè tha mi toirt dut?’

‘Ò, chan eil sin mòran.’

‘Ò uill, ged a chuirinn-sa [e] air a’ bhòrd, ag innseadh dut an fhìrinn, tha *bloody sight* nas mothà [ann] na tha agamsa. Tha e dà thastan no trì thastan nas fheàrr na tha mise fhaighinn. Carson tha thu dèanamh othail airson dhà no thrì thastanan? Ged tha thu ag èigheachd sin, tha thu ag èigheachd gu sìorraidh, bithbhuan. An e sin? Dè dhèanadh sin, dhà no thrì thastan?’

(139) Am botal Congo

Thàinig am brogach[, Cogga,] à Canada agus bha dà bhotal *Congo* aige. Is ghlèidh mi na botalaichean bhàn an sin air mo chùlaibh. *Of course*, bha sinn ag òl sinn fhìn – gràinne. Àch, chùm mise am botal an seo. Bha eise, rinn mi *blackenin'* do Cogga, a chur air na bòtan a bha air – seallaibh! – is dh'fhalbh e suas gus an dannsa.

Thuirt mise,

‘A-nis, cuimhnich gum bi thu dachaigh mur bi còig uairean sa mhadaidh, bħail tha Doilidh dol an rathad is mi fhìn dol a dħol an rathad air a’ *bħridge* air falbh.’

Bha nis, cha d’ rinn sinn ach coimhead an tigeadh e. Cha tainig e.

[An uair sin,] thàinig e gus an leabaidh, Cogga:

‘*Are you waken?*’

‘Tha,’ I said. ‘Tha mi seo. Dè a-nis?’

‘Càite an do chuir thu am botal *Congo*?’

‘Dè an *Congo*?’

‘Nach do ghlèidh thu botal an sin?’

‘Uill, ma ghlèidh mise, siubhail ach an—. Òl ach am faic thu?’ Ged a dh’itheadh e an taigh sa, cha d’ fhuair e an *Congo*, no dùrd mu dheidhinn an *Congo*.

VIII EACHDRAIDH NA DÙTHCHA

AN T-SEANN AIMSIR

(140) Beinn an Uig

Uallach òr an¹ Beinn an Uig
 Artair Cam bhios air am fear a gheobhadh,
 ruith an deaghaidh seann gobhar
 air madainn shamhraidh. (ÙR)

(141) Poit òir aig Port Làirig

Shìos aig Port Làirig, dar bhios tu dol an-àirde am bruthaich, anns an t-seann tòm bha seann bodach agus thàinig e bho *foreign* agus bha poit òr aige agus an tòs cha robh fhios aig an sluagh gun d’ robh poit òr aige. Ach mu dheireadh chuala iad mu dheidhinn e agus, rèist, ghlèidh e am poit òr dar a bhios tu dol an-àirde an rathad aig Port Làirig. Agus, coimhead, bha na ceudan sireadh airson am poit òr is cha d’ fhuair iad riagh e.

(142) An *Linnet*

(i)

Thàinig i gu tìr seo is bha i air na creagan agus chaidh *crew* às an àite an seo bhàn is bha iad *examinigeadh* i. Fhuair iad *caskachan* is cheangail iad *caskachan* ri taoibh na soitheach is, dar a thàinig an tide a-steach, na *caskachan* – bha i *air-tight* – is leis na

¹ Leugh *am*.

caskachan, dh'èirich an soitheach do na creagan¹. Is chaidh iad air bòrd i, is thàinig stoirm is thug i an soitheach air falbh is a' chrew a bhuineadh do seo còmhla rithe.²

Agus mìltean air falbh bho seo, chaill iad uile am beatha. Is bha aon balachan òg air bòrd, agus chuala mise earrainn don t-amhran agus bha na loidhneachan anns a' earrainn,

'Meangan òg bha seo cha robh dol às aige bhon càs na b' fhaide na bàrr nan crannagan'. (AC)

(ii)

'S e long mòr a bha innte. Thàinig e bho páirtean fad às an t-saoghal – chan eil fhios agam c'as a thàinig i. Ach dar thàinig i, chuir iad fios – chaidh iad steach an àiteigin – is chuir iad fios airson *pilot* à seo. Agus chaidh am brogach òg sa – cha robh e ach na slùsach òg – chaidh eise còmhla ris am *pilot* airson chur an *Linnet* a-steach anns am port an sin shòis, Port Làirig.

Fuirich thusa nis. Dar chaidh – mur'n do ruig iad Port Làirig – thàinig a' mhuir a-steach air an long, is dh'fhàs an coirce dar fhuair e an t-uisge – fuirich thusa! – dh'at e mach. Dh'at e mach – a bheil thu faicinn? – agus, nis, cha robh an còrr aca ach feuchainn an ruitheadh iad steach aig Port Làirig. Is cha tàinig iad steach Port Làirig. Cha do ruig iad – chaidh iad steach aig Cadabol. Tha sin shòis sin anns a' phàirc sin, a bheil thu faicinn? Chaill iad uile am beatha is cha b' urrainn, leis an stoirm, cha b' urrainn do neach anns an t-àite sa dhol a-mach. Cha robh sgoth *fit* a dhol a-mach. Bha iad nis deis.

Nis, bha an t-amhran – seann bodach bha seo agus thog e an t-amhran ''*Linnet Mhòr*'' – bha i mòr!

'Linnet Mhòr bha siubhal a' chuan,
thàinig i steach air oidhche ghruaim
is thilg an stoirm a Chadabol i.

¹ de na creagan, bhàrr nan creag. ² Thachair seo ann an 1843.

Seocan Mhorar, am meangan òg
 a dh'èirich bho glùin a mhàthair
 – gum biodh am bàs cho fagais air.

Le stoirm ainchrìosdail a bha ann – stoirm mòr – chuir e steach a Chadabol nis i ann am mìrean, na criomagan.

TÌM A' CHOGAIDH

(143) Bellag a' falbh leis na saighdeirean

Bha saighdeirean an seo anns an campa an-àirde sin agus bha dà dhuine [de na maraichean] dol gus a' mhuij agus, aig a' *hotel* ann am Baile an Todhair, bha dìg ann is ghabh iad anail; chuir iad na sgùileachan dhiubh.

Agus am fear sa – b' àbhaist don bhean aiteal teatha dhèanamh do na saighdeirean bhiodh air an *look-out* tron oidhche – agus thuirt am fear sa, seòrt do bàrd¹ a bha ann, arsa eise ris,

‘Dòmhnull Alec, ciamar tha thu dol gus a' mhuij?’ thuirt e.

‘Carson nach d' rachainn gus a' mhuij?’ thuirt e.

‘Och, Thighearna,’ arsa eise, ‘nach eil fhios agad,’ arsa eise, ‘gu bheil Bellag agad dol còmhla ris na saighdeirean?’

Dh'fhàg e an sgiùl aig Baile an Todhair is thàinig e dachaigh gus an taigh agus dh'èirich a' bhean.

‘Dè thug air ais thu?’

‘À, thuirt am fear tha còmhla rium gum biodh tu còmhla ris na saighdeirean.’

‘Ó, amadan an donais!’ arsa ise, ‘Na bi cho diabhlaidh amaideach! Siubhail gus a' mhuij ach am faigh thu rudeigin!’

Bha teaghlaich aig a' bhean. Ach thuirt an diabhal sa do fear, thuirt e,

‘Chan fheadar nach eil na saighdeirean còmhla ri Bellag!'

Ach bha an là deis da: bha an tìde a-nis a-muigh is cha b' urrainn da fhèin dhol gus a' mhuij, a bheil thu tuigeil? Dar a thèid an tìde a-mach chan urrainn do sgoth dhol a-mach.

¹ i.e. de dhuine èibhinn.

(144) An *Natal*

Thàinig long an-àirde, aon don *fleet*, gu Inbhir Gòrdain, agus, aon do na h-oidhchean bha i an-àirde an Invergordon, thug an caiptean *invitation* do na h-uaisibh, do Evanton, Invergordon agus an-àirde gu Inbhir Nis, nas fhada na sin. Agus anns an uair sin sa mhadainn, dar nach robh dùrd aca mu dheidhinn *German submarine*, thàinig an *submarine* is chuir i an *Natal* san adhar. Agus bha na ceudan air agus bha iad uile bàthte.

Ach bha am brogach sa [a bha air bòrd], 's e gobhainn a bha ann agus bhuineadh e do Seannduaig. Bha athair marbh ach bha an t-seann mhàthair beò. Dar a bha e *foreign*, cheannaich e dà phioctair bheireadh e dachaigh – rudeigin da mhàthair. Is thuirt an *commander*,

'Fimireas sinn h-uile *one* a tha ann bhith aig na bòird.'

Chaidh e¹ a thìr agus chaidh e gus am fòn. Fònaig e gu mhàthair nach b' urrainn da fhaighinn air falbh leis an dannsa mòr bha seo. Dar bha eise aig am *post office*, dh'fhalbh an *Natal* san adhar.

Ach fuirich ach an innis mi sin dut. Bliadhnhachan an deaghaidh sin, nis, thàinig e dachaigh agus *retire*-ig e ann an Seannduaig. Bha e gu dona airson *dropag liquor*.

Bha e dol dachaigh aon oidhche. Caite an deach e leis an *liquor* ach anns a' mhuir. Fhuair a' mhuir grèim air. Cha b' urrainn da thighinn leis an *liquor* às. Ò, bha e air an *Natal* fada.

*

Bha mi dol leis an t-iasg gus an taigh sa an Inbhir Gòrdain agus, dar chaidh mi steach anns a' mhadainn, bha an t-seann boireannach a bhuineadh 'an taigh, bha i còineadh rium is bha leanabh beag aice timcheall ceithir mìosachan agus thuirt i rium,

'Coimhead seo,' thuirt i, 'tha an leanabh air fhàgail agamsa agus an t-athair is a' mhàthair anns a' chuan. Chuir mi fios ag iarraidh am piuthar aice-sa ach an tig iad ag iarraidh an leanabh.'

¹ i.e. am brogach.